BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh Air loidhne Dimàirt 26/05/2020 10.00– 15.00 CLÀR-GNOTHAICH		**Board Meeting Online Tuesday 26/05/2020 10.00 – 15.00 AGENDA**	
9.0	**TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE:**	**OPEN SESSION START**	10.00-10.10
9.1 9.2 9.3	Fàilte bhon Chathraiche Leisgeulan A' nochdadh chom-pàirtean	Welcome Apologies Declarations of interest	
10.0	**COVID-19**	**COVID-19**	10.10-10.40
	Suidheachadh an-dràsta is san ùine fhada	Current and long-term outlook	
11.0	**PLANA GNÌOMH IS COILEANADH**	**OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE**	10.40-12.40
11.1	Coileanadh a' Phlana Gnìomh 19-20 C4	Operational Plan 19-20 Q4 Out-turn	
11.2	Plana Gnìomh 20-21 (Covid-19)	Operational Plan 20-21 (Covid-19)	
	Bèarn	**Break**	11.10-11.30
11.3	Aithisg Planaichean Gàidhlig	Gaelic Plans Report	
11.4	Adhartas nas Luaithe	Faster Rate of Progress	
11.5	Maoineachadh PT1 Stòrlann PT2 Molaidhean GLAIF 2020-21 PT3 Maoin Covid	Funding PT1 Stòrlann PT2 GLAIF 2020-21 Recommendations PT3 Covid Support Fund	
11.6	Aithisg Ionmhais gu 30/04/2020	Finance Report to 30/04/2020	
12.0	**RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN**	**RISK MANAGEMENT**	12.40-13.00
12.1	Ro-innleachdail Rianachd mhì-chinntean	Risk Management Strategy	
12.2	Clàr mhì-chìnntean Ro-innleachdail	Strategic Risk Register	
	Lòn	**Lunch**	13.00-14.00
13.0	**LEASACHADH NA BUIDHNE**	**ORGANISATIONAL DEVELOPMENT**	14.00-14.45
13.1	Am Plana Leasachaidh	Improvement Plan	
13.2	Poileasaidh Strì eadar Com-pàirtean	Conflicts of Interest Policy	
13.3 PT1 PT2 PT3	 Bun-riaghailtean na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan Bun-riaghailtean na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd Gnàth-riaghailtean	 Policy & Resources Committee Terms of Reference Audit & Assurance Committee Terms of Reference Standing Orders	
13.4	Buaidh Trèanaidh aig Bòrd na Gàidhlig	Impact of training at Bòrd na Gàidhlig	
13.5	Aithisg Slàinte Sàbhailteachd is Sunnd	Health Safety and Wellbeing Report	
13.6	Oifigear Dìon Dàta	Data Protection Officer	
14.0	**PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH**	**BOARD WORK PLAN**	
	Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh 2020/21	Board Workplan 2020/21	
15.0	**GISBE**	**AOCB**	
	Ceann-latha na h-ath coinneimh 23/09/2020	**Date of next meeting 23/09/2020**	
	Dùnadh na coinneimh	**Close of meeting**	15.00

Seisean Fosgailte
Cuspair 10

A' freagairt ri	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	25/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	10.0

Tiotal a' Phàipeir	Plana Gnìomh 2020-21 (Covid-19)	
Moladh do Bhuill	Ri Dheasbad	
Neach labhairt:	Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13-05-2020	Ri aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Eàrr-ràdh 1 – Covid-19	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Is e adhbhar na h-aithisge seo iomradh a thoirt air dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig Covid-19 air a' Ghàidhlig.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha Alba is an saoghal air fad ann an suidheachadh nach fhacas riamh, is tha beatha gach duine gu tur eadar-dhealaichte on àbhaist. Tha sgoiltean dùinte, tha daoine a' call nan obraichean aca; tha an eaconamaidh a' crìonadh; tha daoine a' fàs tinn is a' bàsachadh agus aig an aon àm, tha daoine is coimhearsnachdan a' fàs nas coibhneile is nas dlùithe ri chèile agus tha iomairtean ùra a' tòiseachadh. Tha am pàipear a' coimhead air còig cuspairean gu sònraichte agus mar a tha iad no a dh'fhaodadh iad a bhith a' bualadh air a' Ghàidhlig agus luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. 'S iad: - Buaidh fharsaing - Iomairtean a tha air tòiseachadh mar-thà - Dùbhlain - Cothroman - Bòrd na Gàidhlig fhèin. Tha barrachd mu obair Bhòrd na Gàidhlig ann am pàipear 11.2.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh deasbad a chumail air seo is molaidhean a dhèanamh air ceumannan a bharrachd a bhiodh iomchaidh airson suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	-
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	-
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**

Seisean Fosgailte
Cuspair 10

	-			
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdach agus Corporra**			
	-			
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**			
	AR N-ADHBHAR		**AR LUACHAN**	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann & Òigridh	☒
	Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
	Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
	Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		
5.6	**Buaidhean air Cliù**			
	-			
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	-			
5.8	**Buaidhean Laghail**			
	-			
5.9	**Buaidhean air Co-ionannanachd** -			

Seisean Fosgailte
Cuspair 10

Covid-19 - Dùbhlan is Cothroman dhan Ghàidhlig

1. Suidheachadh Farsaing
   - Foghlam Gàidhlig – tràth ìrean; bun-sgoil agus àrd-sgoil – sgoilearan aig an taigh a' dèanamh leasanan air-loidhne; chan eil seirbhis tràth ìrean ann.
   - Taic do sgoilearan taobh a-muigh nan sgoiltean – cuid a-nise air-loidhne ach cuid eile nach tèid a libhrigeadh air-loidhne
   - Tachartasan Gàidhlig – a' mhòr chuid air a chur dheth (Am Mòd Nàiseanta Rìoghail; fèisean; Sgoil Samhraidh (Ceòlas);
   - Ìomhaigh na Gàidhlig – barrachd a dhith gus dèanamh cinnteach gum bi feumalachdan luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air am freagairt

2. Eisimpleirean den Iomairtean gu ruige seo
   - Gàidhlig nan Òg – làrach-lìn le goireasan do phàrantan is luchd-cùraim airson cloinne le Stòrlann (le taic airgid bho BnG)
   - Goireasan Gàidhlig – làrach-lìn le goireasan airson ionnsachaidh (le taic airgid bho BnG)
   - E-sgoil
   - Tha barrachd fiosrachaidh air iomairtean eile ri fhaighinn air an làrach-lìn againn - https://www.gaidhlig.scot/ga/bord/education/online-education-resources/
   - #Cleachdiaigantaigh – iomairt shanasachd agus fiosrachaidh airson tachartasan air-loidhne, air a chur air dòigh le BnG, FnG agus CnaG.

3. Dùbhlan
   - Teaghlaichean a' taghadh FtB airson na cloinne aca air sgàth nach eil sgoiltean-àraich Gàidhlig ann an-dràsta
   - Teagamhan ag èirigh aig teaghlaichean leis nach eil an cuid chloinne air a bhith ann am FtG fad mìosan
   - Ùghdarrasan ionadail a' dèanamh ghearraidhean (m.e còmhdhail gu sgoiltean Gàidhlig) no gun a bhith leudachadh FtG
   - Gnìomhachasan a tha a' reic sheirbheisean/bathair Gàidhlig a' crìonadh no a' dol a-mach a bith
   - Coimhearsnachdan air eileanan no ann an sgìrean dhùthchail a' fàs nas lugha

4. Cothroman
   - Tachartasan air an libhrigeadh air-loidhne a tha fosgailte do bharrachd clann/inbhich
   - Barrachd co-òrdanachadh gus na goireasan a tha rim faighinn a neartachadh
   - A' fosgladh dhòighean ùra airson seirbheisean/taic/tachartasan a libhrigeadh
   - A' cruthachadh coimhearsnachd Gàidhlig air-loidhne
   - Àireamh luchd-ionnsachaidh a' fàs tro Duolingo gu sònraichte
   - A' sanasachd nan iomairtean a tha a' ruith

5. Bòrd na Gàidhlig
   - Ag obair le com-pàirtichean gus dòighean lìbhrigidh ùra a chur air dòigh
   - Ag obair le Sgioba Gàidhlig is Albais aig an Riaghaltas gus aire a thoirt do shuidheachadh na Gàidhlig
   - A' cur air dòigh maoineachadh airson co-obrachadh is dòighean ùra a bhrosnachadh
   - A' cumail conaltradh le buidhnean a tha sinn a' maoineachadh

Seisean Fosgailte
Cuspair 10

- A’ cumail conaltradh le ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig
- Taobh a-staigh na buidhne:
    - A’ leantainn comhairle an Riaghaltais
    - A h-uile duine ag obair bhon taigh
    - Ag obair air na pròiseactan is siostaman gu ìre mar as àbhaist
    - A’ cumail taic a bharrachd a thaobh slàinte is sàbhailteachd, a’ gabhail a-staigh slàinte inntinn
    - A’ cumail coinneamhan neo-fhoirmeil trì tursan gach seachdain
    - A’ dèanamh cinnteach gu bheil uidheamachd iomchaidh aig a h-uile duine
    - A’ libhrigeadh trèanadh air-loidhne
    - A’ cumail clàran de na gnìomhan gu h-àrd.

Shona C NicIllinnein

10.05.2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

A' freagairt ri	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	11.1

Tiotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/05/2020	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha Eàrr-ràdh 1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 19-20	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Bhòrd-stiùiridh air coileanadh ghnìomhan ann an 2019/20 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2019/20.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023.
2.2	Tha Plana Gnìomh 2019/20 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an ìre seo, tha a' bhuidheann air 6 de na Prìomh Chomharran Coileanadh a ruigsinn, agus tha fiosrachadh a dhith gus na 3 eile a dhearbhadh. Tha 85 gnìomhan eadar-dhealaichte sa Phlana Ghnìomh, agus tha a' bhuidheann air 73 a choileanadh gu lèir; adhartas a dhèanamh air 8 eile; agus gun 4 dhiubh a choileanadh. Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach Prìomh Chomharra Coileanadh agus gach gnìomh.
4.0	**Moladh**
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird toirt fa-near don fhiosrachadh seo
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an fheachd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Oigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

A' COILEANAIDH A' PHLANA GNÌOMH 2019-20 – Ràith 4 (gu 31.03.20)

Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta – Riaghaltas na h-Alba
AR N-ADHBHAR Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach
AR LUACHAN 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
• Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta
• Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine
• Tha sinn fallain agus gnìomhach
• Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach
• Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a' toirt deagh bhuaidh gu h-eadar-nàiseanta.
• Bidh sinn a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne
• Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte.
• Fàsaidh sinn suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sin ar làn chomasan
• Tha spèis againn air còraichean daonna, tha sinn gan dìon agus gan coileanadh agus tha sinn saor bho lethbhreith
• Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
• Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd

Bòrd na Gàidhlig

Ar Lèirsinn:
Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Prìomhachasan Ro-innleachdail
1. Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd
2. Tha cothroman air leudachadh agus nas ruigsinniche do dhaoine aig aois sam bith an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh
3. Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil dhan Ghàidhlig is a cultar
4. Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

Prìomhachasan Ro-innleachdail Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha Plana Corporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig gu mòr stèidhichte air Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus tha e a' toirt stiùir dhuinn air mar a bhios an obair againn a' dèanamh diofar gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha**.** Tha sinn a' cuideachadh barrachd dhaoine le bhith a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd tro bhith:- • Ag obair le 68 ùghdarrasan agus buidhnean poblach aig a bheil plana Gàidhlig reachdail aontaichte no tha ag obair a dh'ionnsaigh fear a chruthachadh. Tha seo a' toirt buaidh air faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig air feadh Alba. • A' cumail taic-airgid ri 215 pròiseactan air feadh Alba a bhios a' neartachadh cleachdadh na Gàidhlig. A' cumail taic ri 14 prìomh bhuidhnean lìbhrigidh a bhios ag obair aig ìre coimhearsnachd air feadh na h-Alba agus airson a' mhòr-chuid dhuibh, aontaidhean trì bliadhna airson a' chiad uair gus am b' urrainn dhaibh a bhith ag obair aig ìre nas ro-innleachdail.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/ Uaine	Aithris le
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh	150 pròiseact air taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, a tha a' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh. *(Targaid 18/19 - Gum bi 200 neach a' dol an sàs san sgeama le stuthan comharrachaidh Gàidhlig. – Cha deach seo a choileanadh an-uiridh ach chaidh am-bliadhna.)*	Uile gu leir ann an 2019/20 Taic Freumhan Coimhearsnachd – 73 Maoin co-obrachaidh - 7 GLAIF – 58 Colmcille – 19 Eile – 58 **Iomlan – 215** *3476 Bràistean cruaidh* *2433 Lanyards* *1928 Postairean* *5823 Steigearan beaga* *1170 Steigearan uinneig*		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha"	Bidh gach buidheann agus pròiseact a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig a' toirt dhuinn dàta mun aithris seo	Tha sinn air dàta fhaighinn bho gach buidheann.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn?
Adhartas nas Luaithe – Thathar an dùil gum bi an glasadh co-cheangailte ri COVID-19 a' toirt buaidh air an iomairt Adhartas nas Luaithe a chur an gnìomh am measg diofar ùghdarrasan poblach, Riaghaltas na h-Alba na measg. Tha obair Adhartas nas Luaithe taobh-a-staigh na buidhne a' tighinn air adhart, le barrachd co-òrdanachadh agus conaltradh a' gabhail àite. Tha adhartas ann cuideachd leis an sgrùdadh a tha a' dol air adhart le sgioba taobh-a-staigh na buidhne, gus measadh a dhèanamh air na geallaidhean a th' anns na planaichean reachdail a tha aontaichte mu thràth. Tha Adhartas nas Luaithe a' toirt cothrom math do Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag obair le diofar bhuidhnean gus leasachadh na Gàidhlig a thoirt air adhart. **COVID-19** – Tha an glasadh air sgàth COVID-19 a' ciallachadh nach eil tachartasan beò aghaidh-ri-aghaidh a' dol air adhart idir ach tha seo a' toirt cothrom dha daoine a bhith a' bruidhinn ri chèile air-loidhne. Ged a tha an suidheachadh an-dràsta doirbh agus duilich, tha cothrom ann gum bi daoine a' smaoineachadh mu dheidhinn dòighean-obrach a bhios feumail anns an ùine fhada.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Tha cothroman air leudachadh agus nas ruigsinnich do dhaoine aig aois sam bith an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro: • Sgeama taic airson buidhnean tràth-bhliadhnaichean air a ruith agus taic-airgid gu bhith aca airson na bliadhna ùir – tha seo a' leudachadh nan cothroman gus Gàidhlig a dh'ionnsachadh is a chleachdadh • Tha obair a' dol air adhart le ùghdarrasan ionadail gus fàs a thoirt air FtG sna sgìrean aca agus bha a' choinneamh san Dùbhlachd le LPM John Swinney a' neartachadh ìomhaigh is cleachdadh an Stiùiridh Reachdail • Bidh e nas fhasa do luchd-ionnsachaidh inbhich slighean gu fileantas a leantainn leis gu bheil am frèama airson ionnsachaidh (SCEMIC) a-nise air LearnGaelic agus tha manaidsear ionnsachaidh inbhich LearnGaelic air tòiseachadh san t-Samhain 2019.
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	• Tha cùisean a' tighinn air adhart gu mòr on a thòisich Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig agus gu bheil Oifigear Leasachaidh (Tidsearan) air tòiseachadh cuideachd. Tha adhartas air a bhith ann tro thaic is comhairle a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail (Comhairle Siorrachd Àir a Tuath, Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear, Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas; agus oifigearan nan comhairlean air GLAN) agus do phàrantan (Obar Dheathain; coinneamh le Comann nam Pàrant agus ùghdarrasan a tha a' toirt taic do FtG)

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/2020 Dearg/Orainds/Uaine	Aithris le
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean	Chaidh 1,500 duine-cloinne a chlàradh ann am buidhnean Gàidhlig 0-3 anns an Lùnastal 2019. [18/19 – 1,428]	1,038: clann clàraichte aig buidhnean 0-3 san Lùnastal 2019. 1,004: clann clàraichte aig buidhnean 0-3 san t-Samhain 2019. 997: clann clàraichte aig buidhnean 0-3 san Gearran 2020 Tha àireamhan a bharrachd ri thighinn agus thathar an dùil ruitha san Ògmhios 20.		Manaidsear Foghlaim
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd chothroman aig daoine an sgilean Gàidhlig a leasachadh	Leudaich an àireamh de dhaoine a tha a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh gu nàiseanta gu 5,000 [18/19 – 4,773]	Thathar an dùil gum biodh fiosrachadh ann bhon aithisg bhliadhnail ann am beagan sheachdainean. Tha dearbhadh ann tron àireamh dhaoine a tha clàraichte le Duolingo (c300k) gu bheil fàs air a bhith ann an ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbhich.		Manaidsear Foghlaim

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/2020 Dearg/Orainds/Uaine	Aithris le
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh"	Bidh gach buidheann agus pròiseact a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig a' toirt dhuinn dàta a thaobh na h-aithris seo	Tha dàta ann a-nis airson gach phròiseact.		Manaidsear Foghlaim

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
• Adhartas nas Luaithe – sruth-obrach airson Trusadh is Trèanadh Thidsearan – co-obrachadh eadar GTCS agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba Adhartas nas Luaithe – sruth-obrach ùr a' dèanamh ceangail eadar cùisean didseatach agus foghlam. Bha a' chiad coinneamh ann Diluain 2na Sultain agus chaidh aontachadh gun obraich Bòrd na Gàidhlig is GTCS còmhla gus leabhar a chruthachadh mu dheidhinn nan slighean gu teagasg ann am foghlam Gàidhlig. • Duolingo – on a thoisich a' Ghàidhlig air Duolingo air 30/11/19, tha mu 300k dhaoine air clàradh air a' chùrsa. Bheir seo cothroman air leth do bharrachd dhaoine a bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil dhan Ghàidhlig agus a cultar

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	'S e fìor deagh naidheachd a th' ann gu bheil 300,000 clàraichte airson Duolingo sa Ghàidhlig, beagan mìosan às dèidh seo a' tòiseachadh agus a rèir coltas, tha a mhòr-chuid fuireach ann an Alba. Tha seo a' dearbhadh gu bheil tòrr a bharrachd dhaoine ann an Alba ag ionnsachadh na Gàidhlig agus tha deagh naidheachd air a bhith anns na meadhanan mu dheidhinn na Gàidhlig air sgàth seo. A bharrachd air sin, tha an sgeama Cleachdi a' dol bho neart gu neart agus tha duine anns an fharsaingeachd a' cur fàilte air an iomairt.
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas mu choinneimh na lèirsinn a' dol nas fhèarr na bhathar an dùil leis gu bheil Duolingo sa Ghàidhlig air a bhith cho soirbheachail agus 300,000 clàraichte. Bhon a tha Oifigear Conaltraidh làn-thìde a bhith ann an dreuchd, tha ìomhaigh Bhòrd na Gàidhlig air a bhith nas àirde agus tha daoine mothachail air seo.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine	Aithris le
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	Leudaich cleachdadh na Gàidhlig air lìonraidhean sòisealta le 10% [Am Màrt 2019: #Gaelic 690 agus #Gàidhlig 350]	[Màrt 2020 postaichean air Instagram #Gaidhlig 3,737 #Gàidhlig 13,013] Tha am Bòrd air a bhith a' sgaoileadh barrachd fiosrachaidh air na meadhanan sòisealta agus tha an iomairt #cleachdi air a bhith gu math soirbheachail.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba"	Bheir gach buidheann agus pròiseact a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig dàta dhuinn a thaobh na h-aithris seo	Tha dàta ann a-nis airson gach phròiseact 2019/20.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn:
Tha e follaiseach bho Duolingo sa Ghàidhlig agus Cleachdi gu bheil tòrr taic airson na Gàidhlig ann an Alba agus tha dùbhlan ann gus barrachd taic a chumail ris na daoine a tha ag amas air fileantas a ruighinn sa Gàidhlig – tro chlasaichean agus trèanadh aig ìrean nas adhartaiche, barrachd chothroman cleachdaidh anns a' choimhearsnachd agus cothroman coimearsalta ùra airson daoine a tha airson seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig a chleachdadh mar eisimpleir turasachd Ghàidhlig. Tha fìor deagh chothrom an-dràsta deagh rùn airson na Gàidhlig a' tionndadh gu barrachd cleachdaidh agus bu chòir Bòrd na Gàidhlig a bhith a' cumail fòcas teann air a' chothrom seo. Tha an glasadh COVID-19 a' ciallachadh gu bheil tòrr tachartasan Gàidhlig a' dol air adhart air-loidhne a-nis agus ged a tha an t-suidheachadh an-dràsta doirbh agus duilich, tha cothroman ag èirigh a-mach à seo a dh'fhaodadh a bhith gu math feumail airson coimhearsnachd na Gàidhlig anns na bliadhnaichean ri teachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

4. Deagh Riaghladh

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro:
▪ **A bheil adhartas mu choinneimh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Toraidhean suirbhidh an luchd-obrach a' cur ri dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann air a stiùireadh agus air a leasachadh nas fheàrr agus gu bheil taic nas fheàrr aice Dàimh nas fheàrr eadar Bòrd na Gàidhlig agus an luchd-ùidh againn

	Targaid	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20	Aithris le
			Dearg/Orainds/Uaine	
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig Bòrd na Gàidhlig a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar"	Suirbhidh an luchd-obrach anns a' Ghiblean 2020 gu bhith a' sealltainn gu bheil 90% den luchd-obrach ag aontachadh leis a' bheachd	Thèid seo air adhart anns a' Ghiblean 2020 is bidh na toraidhean ri fhaighinn sa Chèitean 2020.		Ceannard
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh"	Gum faigh sinn ìre-riarachais de 70% anns na beachdan a gheibh sinn air ais bho luchd-ùidh	Bha 82.9% smaoineachadh gun robh am Bòrd èifeachdach gu h-iomlan, gu ìre mhòr no ìre bheag. Cha robh 14.9% cinnteach agus bha 2.1% a' smaoineachadh nach robh sinn èifeachdach.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
Tha Plana Leasachaidh an-dràsta ga chur an gnìomh agus tha seo air atharraichean a dhèanamh air dòigh-riaghlaidh na buidhne is bheir seo buaidh san àm ri teachd cuideachd. Tha am program in-sgrùdaidh a' neartachadh na teachdaireachd gu bheil siostaman is pròiseasan ceart is làidir aig a' bhuidhinn gus an obair againn a lìbhrigeadh mar a tha iomchaidh do bhuidheann phoblach.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

Iomradh air PCC sa Phlana Gnìomh 19-20

	PCC sa Phlana Gnìomh 19-20	Targaid	Uaine	Orainds	Dearg
1.	Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh	150 pròiseact air taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, a tha a' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh.			
2.	Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha"	150 pròiseact air taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, a tha a' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh.			
3.	Barrachd clann a' gabhail pàirt ann an seiseanan tràth-bhliadhnaichean	Chaidh 1,500 duine-cloinne a chlàradh ann am buidhnean Gàidhlig 0-3 anns an Lùnastal 2019. [18/19 – 1,428]			
4.	Barrachd chothroman aig daoine an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh	Leudaich an àireamh de dhaoine a tha a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh gu nàiseanta gu 5,000 [18/19 – 4,773]			
5.	Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh"	Bidh gach buidheann agus pròiseact a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig a' toirt dhuinn dàta a thaobh na h-aithris seo			
6.	A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	Leudaich cleachdadh na Gàidhlig air lìonraidhean sòisealta le 10% [Am Màrt 2019: #Gaelic 690 agus #Gàidhlig 350]			
7.	Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba"	Bheir gach buidheann agus pròiseact a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig dàta dhuinn a thaobh na h-aithris seo			
8.	Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig Bòrd na Gàidhlig a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar"	Suirbhidh an luchd-obrach anns a' Ghiblean 2020 gu bhith a' sealltainn gu bheil 90% den luchd-obrach ag aontachadh leis a' bheachd			
9.	Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh"	Gum faigh sinn ìre-riarachais de 70% anns na beachdan a gheibh sinn air ais bho luchd-ùidh			

Iomradh air na gnìomhan sa Phlana Gnìomh 19-20

Bho gach prìomhachas bha iomradh air na gnìomhan eadar-dhealaichte a bhiodh a' cur ri coileanadh a' phlana. San chlàr seo, tha iomradh air

Prìomhachas sa Phlana Chorporra	Gnìomhan uile gu lèir	Uaine	Orainds	Dearg
1. A' cleachdadh na Gàidhlig	**17**	**15**	**2**	**0**
2. Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**20**	**16**	**3**	**1**
3. A' cur na Gàidhlig air adhart	**17**	**15**	**0**	**2**
4. A' leasachadh nan dòighean-obrach againn	**31**	**26**	**3**	**2**
	85	**73**	**8**	**4**
	Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais			

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair a thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

Aithisg air na Gnìomhan sa Phlana Gnìomh 19-20

Gnìomhan 2019-20 – Prìomh Amas – A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
A' comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh	Cruthaich seata-innealan airson a bhith a' cumail sùil air cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd. Tòisich rannsachadh gus faighinn a-mach dè na cnapan-starra a th' ann a thaobh cleachdadh na Gàidhlig am measg dhaoine aig a bheil Gàidhlig mar chiad chànan	Dèante – PR17-06 "Coimheadachd Cànain." Thathar an dùil coinneamhan poblach a' cumail ann am Barraigh agus Uibhist mus tèid seo fhoillseachadh. Thathar an dùil cuideachd gun tèid pìos eile den obair seo air adhart ann an 2021 ann an coimhearsnachd eile gus am bi e comasach coimeas a dhèanamh eadar toraidhean an cunntas-sluaigh agus an obair seo.	
		Dèante. Thoisich an rannsachadh seo PR18-05 "L1 gu L1" mar a bhathar an dùil ach tha an glacadh air sgàth COVID-19 a' ciallachadh gum bi atharrachaidhean a dhìth anns an dòigh-obrach leis gun robh an neach-rannsachaidh gu bhith stèidhichte airson trì mìosan anns na Hearadh.	
A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann	Co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean gus Cairt Coimhearsnachd na Gàidhlig a chruthachadh do na h-Eileanan Siar	Dèante. Tha co-obrachadh a' dol air adhart eadar Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar, Riaghaltas na h-Alba agus le taic a bharrachd bho Iomairt na Gàidhealtachd gus seo a thoirt air adhart. Tha seo gu mòr a chur ris an struth-obrach Coimhearsnachd fo Adhartas nas Luaithe, gus freagairtean a chur air dòigh a rèir feumalachdan an àite fhèin. Chaidh aontachadh bho chionn greis gum bi an iomairt seo ag obair fon bhratach "Gàidhlig mar phrìomhachas / Gaelic First" agus 's e ceum air adhart mòr a tha seo gus ar Lèirsinn a chur an gnìomh anns na h-Eileanan Siar agus gu nàiseanta.	
	Cùm taic ri cruthachadh co-ionadan airson cleachdadh na Gàidhlig ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Inbhir Nis.	Dèante. Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' cumail taic ris na buidhnean mòr-ionad ann an Inbhir Nis, Glaschu agus Dùn Èideann. Tha cùisean a' gluasad air adhart ann an Inbhir Nis le oifigear ann an dreuchd le taic a' Bhùird agus tha am Bòrd a' cumail taic ri diofar buidhnean aig An Lèanag ann an Glaschu. Tha beagan adhartais air a bhith ann an Dùn Èideann, le conaltradh cunbhalach ann eadar am Bòrd agus a' bhuidheann stiùiridh air cùl na h-iomairt seo.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
	Cùm taic ri buidhnean gus àiteachan a thoirt seachad ann an coimhearsnachdan dùthchail agus bailteil airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh	Dèante. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri buidhnean ann an Steòrnabhagh agus Glaschu gus mòr-ionadan a chruthachadh far an tèid Gàidhlig a chleachdadh gach latha san àite-obrach. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri buidhnean mar Cheòlas, Taigh Chearsabhagh, An Lanntair, Sabhal Mòr Ostaig, Urras Oighreachd Ghabhsainn, Am Fuaran, Urras Bhràdhagair is Àrnoil, Comunn Eachraidh Nis agus ICCI – a bhios a' ruith phròiseactan agus tachartasan aig ìre coimhearsnachd far am bi daoine a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice.	
	Gabh pàirt ann am pannal Inbheisteadh Sgilean na Gàidhealtachd is nan Eilean.	Dèante. Tha an Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd a' gabhail pàirt anns a' bhuidhinn seo às leth Bhòrd na Gàidhlig. Chaidh an "Skills Investment Plan" ùr airson na Gàidhealtachd fhoillseachadh aig COHI ann an Inbhir Nis air 28 Dàmhair 2020, le iomradh air cothroman airson na Gàidhlig mar phàirt dheth.	
A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean	Thoir taic do phròiseactan a bheir cothroman cosnaidh Gàidhlig san àite-obrach do dh'òigridh	Dèante. Thoisich preantas aig ìre neach-ceum aig Bòrd na Gàidhlig san Sultain 2019. Tha i a' dèanamh ceum le Oilthigh Robert Gordon ann an Rianachd Gnìomhachais, agus mairidh a' chùrsa seo 4 bliadhna. A bharrachd air seo, chùm Bòrd na Gàidhlig taic ris na leanas a bhios a' toirt chothroman cosnaidh do dhaoine òga le Gàidhlig:- **TFC 1920** • A' cur taic ris an dreuchd oifigear leasachaidh na Gàidhlig ann an Tiriodh **GLAIF 1920** • Eden Court: A' fastadh Oifigear Gàidhlig agus Ealain Thraidiseanta airson làthaireachd Gàidhlig nas làidire • A' cur taic ris an sgeama, Greis-gnìomhachais Ghàidhlig, aig CnES gus cothroman-cosnaidh a thoirt do dh'oileanaich le Gàidhlig ann am buidhnean far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh san àite-obrach • A' cur taic ri Luchd-obrach nan Tràth-bhliadhnaichean a tha ag obair air a' Ghàidhealtachd còmhla ri Care and Learning Alliance • Trèanadh ceannais ann an spòrs a thoirt seachad do chloinn às a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan an Iar sa Ghàidhlig	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
		• A' cur chlasaichean Gàidhlig air dòigh do dhaoine a tha an sàs ann an sgeama preantasachd CnES. • Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. A' fastadh oifigear gus tachartasan Gàidhlig a chur air dòigh agus taic a chur ri buidhnean Gàidhlig anns an sgìre gus pròiseactan a lìbhrigeadh.	
A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga	Cùm taic ri gnìomhachdan far-churraicealaim, le fòcas air òigridh a th' ann am Foghlam Gàidhlig mar-thà.	Dèante. Chùm Bòrd na Gàidhlig taic ri Comunn na Gàidhlig, Spòrs Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal. An Comunn Gàidhealach, Ceòlas, An Lòchran agus ICCI a bhios a' ruith pròglaman às dèidh na sgoile airson clann ann an FtG cheana. Tha taic a' dol gu diofar phròiseactan eile tro na sgeamaichean taic-airgid cuideachd, gu sònraichte Taic Freumhan Coimhearsnachd.	
A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhonn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach A' cuideachadh le bhith a' cur ri comasan, sgilean agus seasmhachd ann an roinn nan ealan	Comhairlich Ùghdarrasan Poblach mu bhith a' deasachadh phlanaichean Gàidhlig reachdail anns a bheil gnìomhan a thaobh a bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach	Dèante. Thug oifigearan Bhòrd na Ghàidhlig comhairle seachad gu 68 ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean reachdail aontaichte no tha ag obair a dh'ionnsaigh fear a chruthachadh. Bidh na buidhnean seo air fad a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach aig diofar ìrean, mar fhear de na prìomh amasan anns gach plana. A bharrachd air seo, chaidh an sgeama "Cleachdi" a chur air bhog air 10 Dàmhair agus tha fòcas sònraichte air cleachdadh na Gàidhlig am measg ùghdarrasan phoblach tron sgeama seo. Gu deireadh a' Mhàirt 2020 chaidh na leanas de ghoireasan a-mach tron sgeama seo:- 3476 Brìistean cruaidh 2433 Lanyards 1928 Postairean 5823 Steigearan beaga 1170 Steigearan uinneig	
	Brosnaich agus thoir comhairle do bhuidhnean prìobhaideach agus san treas-roinn mu bhith a' cruthachadh Phlanaichean Gàidhlig neo-reachdail.	Dèante. Tha plana saor-thoileach aig Bòrd na Gàidhlig aontaichte a-nis agus foillsichte. Tha còmhraidhean a' leantainn air adhart leis a' BBC gus plana a chur ri chèile fo sgèith Cairt Rìoghail a' BhBC seach Achd na Gàidhlig agus tha dreachd phlana aig an GTCS aig a' Bhòrd airson beachdachadh air.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
	Cùm taic ri buidhnean ealain gus pròiseactan ealain a lìbhrigeadh a chuireas ri cleachdadh na Gàidhlig.	Dèante. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri Theatre Gu Leòr, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach, Ceòlas, An Lòchran agus ICCI a bhios a' ruith phrògraman ealain a' bhios a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig. Tha taic a' dol gu diofar phròiseactan eile tro na sgeamaichean taic-airgid cuideachd, leithid Maoin Ealain na Gàidhlig, TFC, Colmcille agus GLAIF	
	Thoir taic do dh'iomairtean gus an comas airson barrachd chothroman-cosnaidh Gàidhlig anns na h-ealainean a choileanadh	Dèante. Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith an sàs leis a' bhuidhinn "Adhartas nas Luaithe" a tha a' coimhead air an eaconamaidh is margaid-obrach agus tha na gnìomhachasan cruthachail mar phàirt den t-sruth obrach seo. Tha sinn a' cumail taic ri buidhnean ealain leithid, Ceòlas, Taigh Chearsabhagh, An Lanntair, Sabhal Mòr Ostaig, Theatre Gu Leòr, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach agus An Lòchran a bhios a' fastadh luchd-ealain tro na diofar phròginaman aca.	
	Thoir comhairle agus stiùireadh do bhuidhnean	Dèante. Tha oifigearan Bhòrd na Gàidhlig a' toirt comhairle do bhuidhnean a tha ag amas air cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh tro na h-ealain. Gu math tric tha sinn a' toirt comhairle dhaibh mu dheidhinn thùsan airgid freagarrach bho bhuidhnean eile leithid Alba Cruthachail agus tha sinn ag obair ann an co-bhonn le buidhnean maoineachaidh eile gus cuid de na pròiseactan a thoirt gu buill.	
A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca	Thoir taic do phròiseactan a tha a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, le cuideam air teaghlaichean a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig	Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri diofar phròiseactan a bhios a' cumail taic no a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh agus bidh a' mhòr-chuid an sàs le foghlam Gàidhlig, ach chan eil inneal againn airson seo a dhearbhadh fhathast. Tha obair a' dol air adhart gus seo a chur air dòigh. Leis a' ghlacadh COVID-19, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le diofar bhuidhnean Gàidhlig gus iomairt #cleachdiaigantaigh a stèidheachadh gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. Thathar an dùil gum bi seo a' dol beò anns a' Ghiblean 2020.	
	Co-obraich le iomairtean gus cur ri seasmhachd shòisealta agus eaconamach nan coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta	Dèante. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri diofar phròiseactan gus seasmhachd shòisealta agus eaconamach a thoirt air adhart – leithid an sgeama Gàidhlig is Gnothachas aig Urras Oighreachd Ghabhsainn, na	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
		leasachaidhean sòisealta agus eaconamach aig Urras Coimhearsnachd Bhràdhagair is Àrnoil agus Cnoc Soilleir aig Ceòlas. Tha còmhraidhean a' dol le diofar phròiseactan eile air a' Ghàidhealtachd far a bheil sinn faicinn cothrom Gàidhlig a chur aig cridhe nan leasachaidhean cudromach seo. Tha sruth-obrach ann 'Eaconamaidh is Margaid-obrach' mar phàirt den iomairt Adhartas nas Luaithe, agus tha Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri Comhairle nan Eilean Siar is Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus seo a thoirt air adhart. Tha obair a dhìth gus ceangal nas làidire a thogail eadar sgoilearan le Gàidhlig agus obraichean far a bheil sgilean Gàidhlig a dhìth agus tha am Bòrd ag obair leis na com-pàirtichean seo. Tha BnG an sàs gu mòr leis a' bhuidhinn-ghnìomh turasachd aig VisitScotland gus an tig fàs air an eaconamaidh tro thurasachd Ghàidhlig. Thug Stiùiriche bho VisitScotland taisbeanadh do stiùirichean foghlaim air cothroman sa ghnìomhachas is thog seo ùidh gus ceanglaichean nas fheàrr a dhèanamh.	
A' toirt maoineachadh do dh'iomairtean a bhios a' neartachadh beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chànain	Maoineachadh agus stiùireadh ro-innleachdail airson pròiseactan ainmean-àite, gràmair, briathrachais agus eadar-theangachaidh.	Dèante. Chùm Bòrd na Gàidhlig taic ri Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, Stòrlann agus DASG gus pròiseactan corpas na Gàidhlig a thoirt air adhart agus le taic a' Bhùird, tha Oilthigh Ghlaschu ag obair air barrachd stòran-dàta briathrachais a chur ris a' ghoireas "Lexicopia" aca. Chaidh aontachadh ri pàipear air na h-ath cheumannan air corpas na Gàidhlig aig coinneamh a' Bhùird anns a' Ghearran 2020 agus thèid an coimisean seo air adhart tro phròiseas solarachaidh fosgailte a dh'aithghearr.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

2.1 Gnìomhan 2019-20 - Ionnsachadh na Gàidhlig

2. Ionnsachadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/2020 Dearg/Orainds/Uaine
A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig	Co-labhairt Mhinistreil mu fhoghlam Gàidhlig air a cumail le ion-chur bho phrìomh bhuidhnean	Dèante. Chaidh a' cho-labhairt seo a chumail air 05/12/19 an Dùn Èideann. Chaidh cùisean fhosgladh le Leas Phrìomh Ministear na h-Alba. 'S e latha soirbheachail a bh' ann le riochdairean ann bho 21 ùghdarrasan ionadail a fhuair cothroman conaltraidh is taisbeanaidhean is bho: Bhòrd na Gàidhlig, Foghlam Alba, VisitScotland, Comhairle Baile Ghlaschu is Riaghaltas na h-Alba. Thug am measadh fianais dhuinn gun robh fàilte air tachartas den leithid agus gu bheil iarrtas ann airson tachartas den aon seòrsa co-dhiù turas gach bliadhna. Ged a bha e follaiseach gun robh an tachartas soirbheachail airson nan oifigearan a bha an làthair, cha robh mòran Stiùirichean Foghlaim an làthair. Beachdaichidh sinn a-rithist air an ro-innleachd le ma dh'fhaodte tachartas nàiseanta gach bliadhna agus obair nas fhoirmeile le ADES a dhìth. Chaidh a' chiad Nota Brath-ullachaidh (NBU1)againn a sgrìobhadh airson ADES 04.20. Togaidh sinn plana airson tachartasan trèanaidh a bharrachd aig an ath choinneimh aig GLAN (An t-Ògmhios a rèir a' phlana aca).	
	Plana gnìomh air a bhuileachadh airson curraicealam FtG a leasachadh aig ìre àrd	Dèante. Fhuair moladh a thaobh 'Ro-innleachd airson foghlam Àrd-Sgoile' aonta bho Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan san t-Samhain 2019. Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad aig GLAN san Fhaoilleach 2020 do riochdairean bho ùghdarrasan ionadail mu dheidhinn na Ro-innleachd airson foghlam Àrd-sgoile is mun phlanadh a tha a dhìth aig ìre na h-àrd-sgoile. Chaidh fiosrachadh do ADES tron NBU1 agus chaidh lethbhreac gu GLAN. Thèid seo a chur air a' chlàr-ghnothaich aig an ath choinneimh aig GLAN (06.20).	
	Dreachd ro-innleachd airson FtG air a cuairteachadh ron Mhàrt 2020	Dèante. Fhuair moladh a thaobh 'Ro-innleachd airson foghlam Àrd-Sgoile' aonta bho Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan san t-Samhain 2019. Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad aig GLAN san Fhaoilleach 2020 do riochdairean bho ùghdarrasan ionadail mu dheidhinn na Ro-innleachd airson foghlam Àrd-sgoile is mun planadh a tha a dhìth aig ìre na h-àrd-sgoile.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

		Chaidh fiosrachadh do ADES tron NBU1 agus chaidh lethbhreac gu GLAN. Thèid seo a chur air a' chlàr-ghnothaich aig an ath coinneimh aig GLAN (06.20).	
	Tha stadastaireachd foghlaim (tràth-bhliadhnaichean, sgoil agus ionnsachadh-inbheach) agus modaileadh feachd-obrach rim faighinn	Chaidh dàta foghlaim 2018-19 fhoillseachadh air an làraich-lìn.	
Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG	Bidh targaidean airson fàs ann an FtG agus FLI anns na planaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan ionadail	Dèante. Sgioba an foghlaim ann an conaltradh le sgioba nam planaichean nuair a thèid ùrachadh a dhèanamh air na h-amasan àrd-ìre airson planaichean Gàidhlig gus aontachadh air amasan freagarrach a thaobh FtG agus FLI. Ann an 2019-20 cho-obraich sinn a thaobh amasan àrd-ìre airson: • Comhairle Bhaile Dhùn Dè • Comhairle Siorrachd Àir a Tuath • Foghlam Alba Coinneamh le Foghlam Alba air 6.02 agus aontachadh air an t-slighe air adhart a thaobh amasan àrd-ìre. Sreath de choinneamhan cunbhalach le oifigearan aig FA aontaichte. Taic leis an iarrtas airson oifigear ùr tro GLAIF.	
	Thèid comhairle a thoirt do bhuidhnean nam pàrantan mu chothroman	Dèante. Tha oifigearan Bhòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri Comann nam Pàrant ann an sgìrean eadar-dhealaichte: • Taic a' chumail ri pàrantan ann an Obar Dheathain a thaobh siubhail airson sgoilearan ann am FtG. Tha dàil air seo air sgàth Covid-19. • Air an riochdachadh air buidheann-obrach ann an Inbhir Nis a tha a' coimhead ri sgoil Ghàidhlig ùr a' stèidheachadh. Tha Bòrd na Gàidhlig air taic airgid a chur mu choinneamh sgrùdadh so-dhèantachd san sgìre. • Choinnich oifigearan Bòrd na Gàidhlig le pàrantan ann an Siorrachd Àir a Tuath ann an co-bhann leis a' chomhairle airson bruidhinn air adhartas gu ruige seo ann a bhith a' stèidheachadh FtG ann an Siorrachd Àir a Tuath. • Sgrìobh Bòrd na Gàidhlig do Chomhairle na Eaglaise Brice a' tabhann taic dhaibh airson FtG a leasachadh. • Thadhal Neach-taice tràth-bhliadhnaichean Bhòrd na Gàidhlig agus Oifigear Phàrant Comann nam Pàrant air buidheann thràth-bhliadhnaichean ann am Fìobha san Fhaoilleach 2020. Tha e follaiseach gu bheil ùidh ann am FtG a measg phàrantan. A' gluasad gus coinneamh fiosrachaidh do phàrantan a chur air dòigh mu dheidhinn FtG. Dàil air coinneamh ri linn Covid-19.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

		• Chaidh coinneamhan a chumail le Comann nam Pàrant Nàiseanta agus buidhnean foghlam / Gàidhlig anns an t-Samhain 2019 agus sa Mhàrt 2020. Thèid coinneamh eile a chur air dòigh san Lùnastal 2020. • Bòrd na Gàidhlig air a riochdachadh aig Coinneamhan Chomann nam Pàrant Nàiseanta.	
	Co-obrachadh le Caidreachasan Leasachaidh Roinneil agus ùghdarrasan ionadail gus freagairt air iarrtas nam pàrantan	Dèante. • Taic a' leantainn bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig tro choinneamhan cunbhalach le Comhairle Siorrachd Àir a Tuath gus foghlam tron Ghàidhlig a' stèidheachadh san ùghdarras anns an Lùnastal 2020. • Stiùiriche Foghlam an làthair aig coinneamh Northern Alliance air 05/03/2020. Aithisg bhon choinneimh bho JMW – fòcas air stadasdaireachd - Sgioba Rannsachaidh/JMW a' beachdachadh air. • Air sgrìobhadh do Chomhairle na h-Eaglaise Brice às dèidh toraidhean a-nochd bho suirbhidh mu FtG san sgìre a' cur fàilte air seo agus a' tabhann taic dhaibh. • Bòrd na Gàidhlig air a riochdachadh air buidheann-obrach a tha a' coimhead ri Foghlam Àrd-sgoile a leasachadh ann an Dùn Èideann.	
A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taic a thoirt do theaghlaichean nuair a tha an cuid chloinne aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean	Maoineachadh airson buidhnean saor-thoileach gu bhith air a sgaoileadh a rèir phrìomhachasan	Dèante. Ann an 2019/20 fhuair sinn 41 iarrtas tron sgeama taic Thràth-bhliadhnaichean. Bha 36 iarrtas soirbheachail. Chaidh iarrtas a-steach dhan sgeama 'Families and Communities Fund' ann an co-bhonn le Comann nam Pàrant agus Comunn na Gàidhlig. Tha sinn an dùil co-dhùnadh fhaighinn mun iarrtas seo san t-Sultain 2020. Chaidh airgead CYPIEF is ALEC a shìneadh chun a' Mhàirt 2021.	
	Trèanadh air a thoirt seachad mu bhith a' ruith buidheann shaor-thoileach	Dèante. Chaidh Toolkit a chruthachadh airson nam buidhnean tràth-bhliadhnaichean. Bheir seo taic dhaibh le bhith a' cur air bhonn agus a' ruith buidheann shaor-thoileach. Chaidh dàil a chur air fhoillseachadh ri linn Covid-19 ach chaidh clàr-ama a chur air dòigh airson fhoillseachadh is a sgaoileadh.	
	Thèid 'Trèanaig an Luchd-trèanaidh' a lìbhrigeadh airson gnìomhachdan Gàidhlig sna tràth-bliadhnaichean	Chaidh seisean 'Shared Practice' airson Bookbug Gàidhlig a chumail ann an Sruighlea sa Mhàrt 2020. Bha dà sheisean anns an amharc airson stiùirichean cluiche agus luchd-obrach CNES: 1 - Uibhist 1- Leòdhas anns a' Chèitean ach chaidh sin a chur dheth ri linn Covid-19. Thèid iad sin air adhart ann an 20-21. Chaidh an t-Alltan Beag, cothrom trèanaidh do luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean air adhart san Dàmhair 2019 agus bha 37 an làthair. Tha barrachd a dhìth a thaobh trèanadh luchd-trèanaidh.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

	Aontaidhean ann le prìomh bhuidhnean gus goireasan Gàidhlig a chruthachadh a tha cho math ris an fheadhainn a gheibhear sa Bheurla, (m.e. Urras Leabhraichean na h-Alba, Tràth-bhliadhnaichean ann an Riaghaltas na h-Alba)	Tha pàirt den obair seo air tòiseachadh tro chonaltradh leis an Riaghaltas mun phlana Ghàidhlig aca. Buidheann-fòcais airson *All In* (stòras stuthan airson nan àrd-sgoiltean) air 21.02. Coinneamhan le Cathraiche/Ceannard Stòrlann Nàiseanta gach 3 mìosan: fòcas air stuthan gràmair / SLF 2020 agus planaichean airson *An t-Alltan* 2020.	
A' toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a chruthachadh is a lìbhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach	Ro-innleachd air slighean eile a-steach gu teagasg FtG agus do luchd-taic proifeiseanta air a chruthachadh	Dèante. Oifigearan bho Bhòrd na Gàidhlig agus Oifigearan bhon GTC air bileag fiosrachaidh 'So you want to teach in Gaelic' a chruthachadh. Chaidh seo a chlò-bhualadh agus thèid a' sgaoileadh nuair a tha na sgoiltean air ais. Suirbhidh deiseil aig an GTCS airson sgaoileadh timcheall luchd-teagaisg a tha clàraichte airson fianais a thogail air a bheil ùidh aig luchd-teagaisg Gàidhlig ionnsachadh no sgilean a' leasachadh. Beagan dàil ri linn Covid-19. Cothroman bogaidh do luchd-teagaisg air a thabhann airson 2020-21 ann an co-bhann le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (SMO is LCC) agus Oilthigh Ghlaschu air a chur air dòigh. Taic airson STEM lìbhrigte / sanasachd air cothroman airson FtG.	
	Cùrsa GIfT air a thoirt seachad ann an 19/20	Cha deach an cùrsa air adhart air sgàth 's nach robh tagraichean gu leòr ann. Leis gu bheil sgrùdadh a' dol air adhart air cùrsa GIfT thèid cothroman bogaidh do luchd-teagaisg ann an 2020-21 a thabhann ann an co-bhann le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (SMO is LCC) agus Oilthigh Ghlaschu, mar a chaidh aontachadh aig Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan san t-Samhain 2019. Chaidh fios a sgaoileadh do dh'ùghdarrasan ionadail tro thaisbeanadh aig GLAN agus tro litir a' mìneachadh an t-suidheachaidh. Stiùireadh agus foirm-iarrtas air a chruthachadh agus an dùil ri tagraichean ro deireadh a' Chèitein 2020.	
	Brosnaich com-pàirtichean gus portfolio a chruthachadh de chùrsaichean airson ionnsachadh sna tràth-bhliadhnaichean a tha freagarrach airson daoine le diofar ìrean de sgilean cànain (bhiodh seo a' dol còmhla ris an HNC agus preantasachd ann am FtG)	Goireas 'Gàidhlig nan Òg' air a chruthachadh le Stòrlann a bhios ri fhaighinn air-loidhne do luchd-obrach thràth-bhliadhnaichean agus a ghabhas a chleachdadh le pàrantan. Fhuair Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh taic-maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig airson cùrsa do luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean a lìbhrigeadh. Bidh dàil air seo ri linn Covid-19.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin	Trèanadh gràmair ann an trèanadh tùsail an luchd-teagaisg agus CLPL	Tha Stòrlann Nàiseanta a' cleachdadh nan tòraidhean bhon phròiseact rannsachaidh a rinn DASG air na 10 puingean gràmair as cumanta a tha ag adhbharachadh dhuilgheadasan. Bha sinn an dùil gum biodh fòcas air a' ghoireas seo aig SLF 2020 ach chaidh sin a chur dheth ri linn Covid-19. Tro thabhartasan foghlaim, chùm Bòrd na Gàidhlig taic ri 5 iarrtasan bho luchd-obrach ann am foghlam Gàidhlig airson cùrsaichean CLPL a dhèanamh agus 12 do luchd-obrach ann am foghlam Beurla a tha airson na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart gus gluasad gu foghlam Gàidhlig san àm ri teachd. .	
	Àrdaich mothachadh air na cothroman cosnaidh a tha rim faighinn tro dhà-chànanas	Dèante. Oifigearan Bhòrd na Gàidhlig air a bhith an làthair aig na tachartasan a leanas gus cothroman cosnaidh a bhrosnachadh: • Co-labhairt SALT • Sgoil MhicNeacail • Colaiste a' Chaisteil • Fèill Dhreuchdan ann an Àrd-sgoil St Peter of the Apostle, Oilthigh Ghlaschu Graduate Creative and Cultural Fair • UHI Refreshers Fayre • Acadamaidh Bhràghad Albainn • Àrd-Sgoil Greenfaulds • Sgoil Lionacleit • Siuthad Inbhir Nis Chaidh bhidiothan a' sanasachd dhreuchdan eadar-dhealaichte a sgaoileadh air na meadhanan sòisealta: • Prìomh-thidsear • Neach-teagaisg a ghluais bho fhoghlam Beurla gu foghlam Gàidhlig • Oileanach teagaisg • Riochdaire Ealain • Neach-obrach tràth-bhliadhnaichean • Tha tiomnaidhean o thidsearan a fhuair taic airgid bho na tabhartasan foghlaim air an cruinneachadh agus gu bhith gan sgaoileadh nuair a thèid an sgeama a chur air bhog a-rithist. • Bileag ùr "So You Want to Teach in Gaelic?" dèante agus deiseil airson sgaoileadh às dèidh do sgoiltean is eile a' tilleadh.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

	Cleachd 2019, bliadhna nan Cànanan Dùthchasach mar fhòcas airson òigridh gus dà-chànanas a bhrosnachadh	Dèante. Chaidh bliadhna UNESCO a bhrosnachadh aig Siuthad 2019 san Dàmhair.	
A' cur tuilleadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh is oidean air dòigh air LearnGaelic.scot ann an com-pàirt le MG ALBA feuch am bi goireasan ann airson ìrean nas adhartaiche a chuidicheas inbhich gu bhith a' ruighinn fileantachd	Lean oirnn leis an taic againn airson leasachadh LearnGaelic.scot agus a bhith ga bhrosnachadh mar a' phrìomh ghoireas airson leasachadh sgilean cànain	Chaidh Manaidsear Ionnsachaidh LearnGaelic, air làn-mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, fhastadh aig SMO. Chaidh làrach-lìn ùr aig Learn Gaelic fhoillseachadh san Dàmhair 2019. Chaidh co-labhairt a chumail ann an Oilthigh Ghlaschu san Dàmhair 2019.	
A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh'inbhich	Lean oirnn leis an taic againn do LearnGaelic.scot gus ionnsachadh-inbheach a lìbhrigeadh	Chaidh Manaidsear Ionnsachaidh LearnGaelic, air làn-mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, fhastadh aig SMO. Chaidh làrach-lìn ùr aig Learn Gaelic fhoillseachadh san Dàmhair 2019. Chaidh co-labhairt a chumail aig Oilthigh Ghlaschu san Dàmhair 2019.	
	Lean oirnn leis an taic againn do chruthachadh ghoireasan air-loidhne dhan bhun-sgoil tro Ghiglets	Dèante. Tha goireas litearrachd Giglets Gàidhlig a-nis air a chleachdadh le timcheall air 600 tidsear agus timcheall air 4,500 sgoilear ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean FtG (airson Gàidhlig agus airson litearrachd Beurla). Tha seo na àrdachadh de 50% bho na h-àireamhan mu dheireadh a chaidh aithris aig deireadh 2018, agus tha e mar thoradh air tòrr obair trèanaidh ann am meadhan na h-Alba agus air a' Ghàidhealtachd. Fhuair còrr air 70 bun-sgoil agus àrd-sgoil FtG trèanadh gu foirmeil le Giglets; agus tha cuid dhiubh sin air trèanadh ùrachaidh agus trèanadh luchd-obrach ùr fhaighinn cuideachd. A thaobh susbaint, chaidh 60 teacsa Gàidhlig agus 23 guth Gàidhlig a chlàradh agus fhoillseachadh gu proifeasanta, le tuilleadh gan ullachadh. Chaidh brath-naidheachd ullachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Giglets gus sanasachd a dhèanamh air na cothroman gus an cleachdadh aig an taigh tro shuidheachadh Covid-19.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

3.1 Gnìomhan 2019-20

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20
A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Phlanaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig	Obraich còmhla ri Coimisean Fearainn na h-Alba, Iomairt na h-Alba, am BBC agus Còmhdhail Luchd-siubhail Shrath Chluaidh gus na ciad phlanaichean Gàidhlig aca a dheasachadh	Dèante. Tha oifigearan a' Bhùird air a bhith ag obair leis na buidhnean seo, mar a leanas:- • Coimisean Fearainn na h-Alba – a' sgrìobhadh plana, leis an dùil gum bi e againn airson Lùnastal 2020 • Iomairt na h-Alba – amasan àrd-ìre aontaichte. • BBC – Tha iad ag obair a dh'ionnsaigh plana Gàidhlig a sgrìobhadh fo sgèith Cairt Rìoghail a' BhBC seach Achd na Gàidhlig • Còmhdhail Luchd-siubhail Shrath Chluaidh – tha iad air a bhith ann an conaltradh agus thèid coinneamh air a chur air dòigh a dh'aithghearr.	
	Obraich còmhla ris gach Ùghdarras Poblach a tha a' deasachadh phlanaichean Gàidhlig agus ris an fheadhainn aig a bheil planaichean aontaichte.	Dèante. Tha an sgioba ag obair le 68 ùghdarrasan poblach. Tha dleastanasan agus planaichean obrach soilleir aig gach oifigear gus taic a chumail ris a h-uile ùghdarras poblach le planaichean aontaichte no tha ag obair air planaichean. Tha conaltradh a' dol air adhart mar sgioba gach là gus am bi an dealbh mòr aig an sgioba cuideachd agus airson taic a chumail ri chèile.	
	Dèan com-pàirteachadh leis a h-uile Ùghdarras Poblach aig a bheil plana Gàidhlig aontaichte.	Dèante. Bidh an t-Oifigear Dearcnachaidh a' conaltradh ri gach Ùghdarras Poblach le plana reachdail aontaichte gach bliadhna. Tha an t-oifigear ag obair air siostam ùr airson dàta a thional airson adhartas a shealltainn mu choinneamh metrics bhliadhnail airson gach buidheann agus airson Alba air fad. Thathar an dùil gum bi seo a' toirt dealbh nas soilleire air adhartas agus buaidh nam planaichean.	
A' toirt fhreagairtean seachad do cho-chomhairleachaidhean poblach co-cheangailte ri cuspairean no raointean a bhuineas ris a' Ghàidhlig	Dèan com-pàirteachadh leis a h-uile Ùghdarras Poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig aontaichte.	Dèante. Tha an Sgioba-stiùiridh a' cumail sùil air seo gach mìos agus ag aontachadh cò bhios a' cur freagairtean ri chèile às leth na buidhne. Gu ruige seo am-bliadhna chaidh freagairt a-steach airson na leanas:- Plana Nàiseanta nan Eilean x 2 (1. Prìomhachasan agus 2. Dreachd Phlana Nàiseanta nan Eilean) Plana Leasachaidh eaconamach aig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20
		Comhairle na Gàidhealtachd – Sgìre-sgoile Inbhir Theòrsa agus Dùnadh sgoil, Ùige Co-chomhairle air Maoineachadh Eòrpach às dèidh Brexit Ath-sgrùdadh GTCS air Irean Proifeiseanta agus air a' Chòd-phroifeiseanta Lèirmheas Ro-innleachdail air dàimhean eadar Alba is Èirinn	
A' togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid 'Na Bliadhna airson...', airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt fhollaiseach dhiubh	Stiùirich Bliadhna Colmcille 2021 ann an Alba agus ann an com-pàirteachas le Foras na Gaeilge ann an Èirinn.	Dèante. Chaidh fiosrachadh mu dheidhinn Colmcille 1500 fhoillseachadh aig a' Mhòd anns an Dàmhair 2019 agus tha suaicheantas ùr ann air a shon. Tha obair a' dol air adhart an-dràsta gus ùrachadh a dhèanamh air làrach-lìn colmcille.net gus am bi fòcas nas fheàrr air Colmcille 1500 bho seo a-mach, leis an dùil gun tèid seo beò air 09 Ògmhios 2020. Tha còmhraidhean a' dol air adhart le diofar chom-pàirteachan ann an Alba agus ann an Èirinn gus tachartasan sònraichte a chur air dòigh ann an 2021 taobh a-staigh nam pròglaman àbhaisteach aca.	
	Cùm taic ri 2019, Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach aig UNESCO, agus brosnaich daoine eile gus an aon rud a dhèanamh	Dèante. Tha Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach aig UNESCO a-nis seachad ach ghabh Bòrd na Gàidhlig a h-uile cothrom gus seo a bhrosnachadh – mar eisimpleir bha sinn an làthair airson 3 làithean ann an Pàrlamaid na h-Alba anns an Fhaoilleach 2019 airson seo a bhrosnachadh, dh'iarr sinn air a h-uile buidheann a fhuair taic-airgid bhuainn suaicheantas UNESCO a chleachdadh agus chùm sinn taic-airgid ris a' cho-labhairt "Gàidhlig – An Ath Cheum" ann an Oilthigh Ghlaschu mar phàirt den Mòd Nàiseanta anns an Dàmhair. Bha am Bòrd cuideachd an làthair aig a' cho-labhairt "Buaidh is Piseach" aig Pàrlamaid na h-Alba anns an Dùbhlachd 2019.	
	Thoir taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Glaschu (Dihaoine 11 - Disathairne 19 Dàmhair)	Dèante. Thug Bòrd na Gàidhlig taic ris a' Chomunn Gàidhealach, Comhairle Baile Ghlaschu agus Oilthigh Ghlaschu gus tachartasan a chur air dòigh mar phàirt den Mhòd. Bha am Bòrd an làthair aig Fèille a' Mhòid agus bha seo gu math soirbheachail dhan bhuidhinn agus dhan tachartas. Chur am Bòrd #cleachdi agus Colmcille1500 air bhog aig a' Mhòid.	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20
	Cùm taic ri pròiseactan ann am Bliadhna Chostaichean agus Slighean-uisge 2020.	Dèante. Tha am Bòrd air a bhith ann an conaltradh ri EventScotland gus am bi Gàidhlig mar phàirt den ìomhaigh agus de phròg ram na bliadhna. Cuideachd, tha sinn ag amas air brosnachadh a dhèanamh air na tachartasan Gàidhlig a bhios a' gabhail àite tron bhliadhna tro na meadhanan sòisealta againn. Thug am Bòrd taic do phròiseactan tro na diofar sgeamaichean taic-airgid do thachartasan a bhios a' gabhail àite fo sgèith Bliadhna Chostaichean agus Slighean-uisge 2020 – ach bidh an glasadh COVID-19 a' toirt buaidh mhòr air a' phròg ram seo.	
A' dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan a' tuigsinn agus a' foillseachadh theachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig	Cùm taic ri Duaisean na Gàidhlig 2019 mar sponsair-tiotail.	Dèante. Chaidh an tachartas a chumail ann an Glaschu 19/11/19 le Bòrd na Gàidhlig mar sponsair-tiotail.	
	Lean oirnn le bhith a' com-pàirteachadh ann an dòigh chruthachail le pàipearan agus seirbheisean naidheachd na h-Alba.	Dèante. Nochd sgeulachdan mu dheidhinn a' Bhùird agus obair a' Bhùird ann an tòrr phàipearan ionadail ann an 2019-20. A bharrachd air sin, bha sinn ag obair gu dlùth leis an Daily Record gus na Duaisean Gàidhlig a ruith gu soirbheachail a-rithist agus thog sinn dàimhean ùra le pàipearan eile mar eisimpleir leis an Herald mar phàirt de Bhliadhna nan Cànanan Dùthchasach aig UNESCO agus leis an Sun. Nochd tòrr deagh naidheachd anns na pàipearan gu sònraichte co-cheangailte ri Duolingo sa Gàidhlig.	
	Cruthaich sgeulachdan naidheachdan fàbharach gus fòcas a chur air obair Bhòrd na Gàidhlig agus nam buidhnean com-pàirteachaidh aige. .	Dèante. Barrachd is barrachd tha Bòrd na Gàidhlig a' cruthachadh agus a' sgaoileadh deagh naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta agus air bhidio. Tha an dòigh obrach seo air a bhith nas èifeachdaiche ann a bhith ag innse sgeulachdan dhuinn fhèin agus bidh sin a dhèanamh barrachd anns an dòigh seo thairis air na bliadhnaichean ri teachd. Tha seo gu math cudromach airson conaltradh le daoine òga leis nach eil iad a' cleachdadh TBh no rèidio mar a tha daoine nas sine.	
	Cùm làthaireachd ghnìomhach airson a' Bhùird air na meadhanan sòisealta.	Dèante. Chaidh aontachadh ris an Ro-innleachd Conaltraidh aig coinneamh a' Bhùird anns an Dùbhlachd 2019 às dèidh obair ullachaidh leis an sgioba air fad. Tha na meadhanan sòisealta mar phàirt cudromach de seo agus tha an t-Oifigear Conaltraidh làn-thìde a' toirt na h-obrach seo air adhart gu math	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20
Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig	Stiùirich iomairt gus luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gus an cànan a chleachdadh nas trice	Dèante. Chaidh an sgeama "Cleachdi" a chur air bhog air 10 Dàmhair 2020 agus tha fòcas sònraichte air cleachdadh na Gàidhlig a, measg ùghdarrasan poblach tron sgeama seo. Gu deireadh a' Mhàirt 2020 chaidh na leanas de ghoireasan a-mach tron sgeama seo:- 3476 Bràistean cruaidh 2433 Lanyards 1928 Postairean 5823 Steigearan beaga 1170 Steigearan uinneig	
	Stiùirich iomairt le fòcas air na h-àireamhan chloinne a tha a' dol a-steach gu FtG ann an clas 1 a leudachadh, far a bheil FtG ri fhaighinn san àite sin.	Cha deach an iomairt seo air adhart mar a bhathar an dùil ro dheireadh a' Mhàirt 2020	
Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a' chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig	Obraich le com-pàirtichean gus cothroman cosnaidh Gàidhlig a bhrosnachadh do dh'òigridh	Dèante. Bha an sgioba foghlaim ag obair ann an com-pàirt le diofar bhuidhnean, leithid Leasachadh Sgilean na h-Alba, Foghlam Alba, àrd-sgoiltean, colaistean agus oilthighean gus cothrom obrach na Gàidhlig a bhrosnachadh gu daoine òga.	
	Brosnaich toraidhean Rannsachadh Margaidh an Luchd-obrach Ghàidhlig mar phàirt den iomairt Adhartas nas Luaithe	Dèante. Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair le HIE agus Leasachadh Sgilean na h-Alba gus na toraidhean seo a thoirt air adhart. Tha seo air a bhith na phàirt chudromach de na còmhraidhean a tha a' dol air adhart le buidhnean a tha an sàs le Adhartas nas Luaithe agus an *Highlands and Islands Skills Investment Plan*. Tha e gu math soilleir gu bheil na toraidhean a' toirt buaidh air an obair seo. Tha e soilleir cuideachd gu bheil ùrachadh a dhìth gus na figearan as ùire fhaighinn.	
A' dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh'obair thosgairean na Gàidhlig	Comharraich prìomh thosgairean airson Gàidhlig taobh a-staigh gach pàrtaidh poilitigeach agus ann am prìomh roinnean leithid iomairt phrìobhaideach, spòrs agus dibhearsain	Cha deach an iomairt seo air adhart mar a bhathar an dùil ro dheireadh a' Mhàirt 2020	

Bòrd na Gàidhlig Board Meeting 26/05/2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

4.1 Gnìomhan 2019-20

4. Deagh Riaghladh	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
Bheir sinn taic is brosnachadh do ar luchd-obrach feuch an coilean iad gach nì as urrainn dhaibh agus sinn a' toirt nan cothroman trèanaidh is ionnsachaidh agus nan goireasan dhaibh a tha dhìth orra gus na dreuchdan aca a choileanadh	Tha Ro-innleachd nan daoine againn air a chruthachadh agus air a chur an gnìomh	Fhuair *An Ro-Innleachd airson Ar Daoine* aonta bho bhon Bhòrd-stiùiridh air 12/09/2019 agus thathar a nise a' gluasad air aire thogail mu dheidhinn am broinn na buidhne.	
	Plana trèanaidh is leasachaidh air a chruthachadh agus air a leabachadh tron bhuidhinn air fad	Chaidh poileasaidh trèanaidh is leasachaidh aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh is tha sin a-nise ga chur an gnìomh sa bhuidhinn. Chaidh Co-òrdanaiche Trèanaidh a chomharrachadh san Lùnastal 2019 airson taic a chur ris a' phròiseas is le bhith ag ullachadh Plana Trèanaidh don bhuidhinn. Fhuair am plana trèanaidh aonta an Sgioba-stiùiridh air 06/11/2019 agus chaidh e dhan bhòrd-stiùiridh son fios sa Ghearran 2020.	
	Tha prìomh luachan na buidhne air aontachadh agus air an cleachdadh mar bhun-stèidh air an dòigh-obrach againn	Tha luachan na buidhne nam pàirt den *Ro-Innleachd airson Ar Daoine* a fhuair aonta a' Bhùird-stiùiridh air 12/09/2019. Tha obair ga dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum bheil tuigse taobh a-staigh na buidhne air na luachan agus gu bheilear gan cleachdadh mar bhunait airson ar modhan-obrach. Choinnich buidheann-obrach air 01/11/2019 airson bruidhinn air a sin.	
	Plana gnìomh an sàs gus am faod a' bhuidhinn inbhe Creideas nar Cosnaichean (IIP) a shireadh às dèidh a' Mhàirt 2020	Tha sùil ga chumail air gnìomhan Phlana Sgilean airson Fàs an cois nan gnìomhan ann am Plana Leasachaidh na Buidhne. Tha Buidheann-stiùiridh Leasachaidh a cumail sùil air an adhartas a tha ga dhèanamh gus am Plana sin a chur an gnìomh. Chaidh adhartas a dhèanamh ach ri linn Covid-19 chan eil cinnt ann a-nise cuin a bhiodh e comasach seo a dhèanamh.	
	Co-labhairt dà là gu bhith air a cumail do luchd-obrach	Chaidh co-labhairt shoirbheachail a chumail san Eilean Sgitheanach air 24 is 25 Giblean 2019. Chaidh aontachadh gum biodh co-labhairt eile air a cumail air 23 is 24 Giblean 2020.	
	Pròg̀ram leantainneach de leasachadh agus ùrachadh poileasaidhean dhaoine	Tha pròg̀ram leantainneach ann de bhith ag ùrachadh no a' leasachadh phoileasaidhean a chum maith an luchd-obrach, nam measg poileasaidhean daonna, poileasaidhean IT agus poileasaidhean slàinte is sàbhailteachd is thathar air a bhith a' cur grunn phoileasaidhean air beulaibh a' Bhùird son aonta.	
Bidh sinn a' brosnachadh dhòighean-obrach innleachdach air feadh ar n-obrach	Goireas ri fhaighinn gus an urrainn dhuinn a' mhòr-chuid de chùmhnantan maoineachaidh a phròiseasadh tro a bhith a' cur ainm-sgrìobhte ris/a' gabhail ris a' mhaoineachadh gu h-eileagtronaigeach	12/2019: Thathar air iarraidh beachd laghail air seo bho Harper McLeod. Cha deach seo air adhart nas fhaide na sin air sgàth dith ghoireasan.	
	Trèanadh SharePoint gu bhith air deasachadh agus air lìbhrigeadh airson an luchd-obrach air fad	Chaidh ceithir là de thrèanadh a chur air bhonn eadar san t-Sultain 2019, le trèanadh a bharrachd do chuid den luchd-obrach airson an coimeas a neartachadh gus taic a chur ris na roinnean aca is ri luchd-obrach eile.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

4. Deagh Riaghladh	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
	Portal HR ùr air a chruthachadh agus air a chur an gnìomh	Chaidh am portal HR ùr beò san Ògmhios 2019.	
	Ro-innleachd ICT trì-bliadhna gu bhith air cruthachadh is air a chur an gnìomh	Tha seo air tuiteam air dheireadh. Chaidh obair a thòiseachadh oirre, agus thathar a-nise ga dheasachadh airson a dhol chun an Sgioba-stiùiridh san Ògmhios 2020.	
	Bithear a' brosnachadh luchd-obrach gus tionnsgalachd a chur air adhart is a sgaoileadh	Tha siostam ann far am b' urrainn do dhuine sam bith moladh a chur air adhart airson adhartas ann an dòigh sam bith. Tha clàr de na molaidhean air a chumail agus aithris air dè thachair leotha.	
Obraichidh sinn ann an com-pàirt le daoine eile agus sinn a' togail cheanglaichean taobh a-staigh na buidhne agus le buidhnean eile le oifigearan, luchd-stiùiridh agus Buill Bùird nam buidhnean sin	Suirbhidh de luchd-ùidh gu bhith air a dhèanamh	Chaidh seo a dhèanamh. Bha seo a' dearbhadh gun robh a' mhòr-chuid gu math riaraichte agus gu bheil buidhnean a' cur luach anns an taic tha iad faighinn bhon Bhòrd. Tha luchd-ùidhe ag iarraidh cluinntinn bhon bhuidhinn nas trice agus gum bi e nas soilleire adhartas mu choinneamh phrìomhachasan / targaidean fhaicinn.	
	Cairt an luchd-ùidh gu bhith air a cur an gnìomh	Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh san Ògmhios 2019.	
	Dàimh air a chur air dòigh le meantor gnìomhachais bhon taobh a-muigh	Tha ceanglaichean nas làidire ann eadar a' bhuidheann is buidhnean poblach eile tro leithid CoHI; buidheann ceannardan bhuidhnean poblach, meantoradh is taic bhon taobh a-muigh le buidhnean poblach eile.	
Nì sinn soilleir, tro chonaltradh èifeachdach, cò sinn agus dè tha sinn airson a choileanadh nar n-obair	Cleachd na meadhanan sòisealta agus lìonraidhean conaltraidh air-loidhne barrachd gus na soirbheachasan, amasan agus miannan againn a chur an cèill gu h-èifeachdach	Chaidh aontachadh ris an Ro-innleachd Conaltraidh aig coinneamh a' Bhùird anns an Dùbhlachd 2019 às dèidh obair ullachaidh leis an sgioba air fad. Tha na meadhanan sòisealta mar phàirt cudromach de seo agus tha an t-Oifigear Conaltraidh làn-thìde a' toirt na h-obrach seo air adhart gu math agus tha cleachdadh am measg a' phobaill a' fàs fad na h-ùine.	
	Leasaich làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig gus am bi e nas fhasa/tarraingiche cleachdadh	Chaidh adhartas a dhèanamh gu ìre le barrachd fiosrachadh air an làraich-lìn agus ceartachadh air ceanglaichean a bha briste.	
	Cruthaich pròifil le geàrr-chunntas airson gach neach-obrach le fiosrachadh mu phrìomh dhleastanasan	Thòisich obair air seo leis a' mhòr-chuid den geàrr-chunntas air an cruthachadh.	
Bidh sinn fosgailte agus cunntachail, agus sinn a' sgaoileadh fiosrachadh a tha furasta a thuigsinn gu tric agus gun dàil	Foillseachadh cunbhalach de cho-dhùnaidhean a' Bhùird agus tabhartasan a chaidh a thoirt seachad	Tha seo a' tachairt a-nis gu cunbhalach air an làraich-lìn.	
	Tha fiosrachadh anns an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan air a chur ann am fòrmat a tha nas fhasa a chleachdadh/nas tarraingiche do luchd-cleachdaidh	Chaidh coltas ùr a chur air an aithisg bhliadhnail airson 2018/19, airson a bhith nas tarraingeach son luchd-leughaidh	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

4. Deagh Riaghladh	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
	Thèid cinn-là airson gach coinneamh Bùird is Comataidh fhoillseachadh ro làimh airson na bliadhna ionmhais air fad	Dèante.	
	Thèid clàran-gnothaich aontaichte airson gach coinneamh Bùird fhoillseachadh air an làraich-lìn againn	Tha seo ga dhèanamh	
	Thèid fiosrachadh mu chom-pàirtean nam Ball ùrachadh agus ath-sgrùdadh dà thuras gach bliadhna	Tha seo ga dhèanamh	
Cuiridh sinn ri iomadachd is in-ghabhail	Dèan barrachd trèanaidh agus obair com-pàirteachaidh taobh a-staigh na buidhne mu mar a tha am Bòrd ag àbhaisteachadh cho-ionannachdan	Cha do thachair seo fhathast	
Nì sinn cinnteach gu bheil na co-dhùnaidhean a nithear stèidhichte air fianais dhearbhte agus gu bheil fianais sàr-mhath againn le bhith a' toirt taic-airgid do rannsachadh agus iomairtean gus eòlas a cho-roinn	Cruthaich prìomh stadastaireachd mu fhoghlam agus ionnsachadh-inbheach	Tha an obair seo a' dol air adhart mar bu chòir le fiosrachadh poblach air làrach-lìn a' Bhùird agus dàta dìomhair ri fhaighinn airson na buidhne aig a bheil aonta co-roinn dàta.	
	Cruthaich ro-innleachd rannsachaidh gus am Màirt 2023	Bha seo air beulaibh a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air 11.11.19.	
	Coimisean rannsachadh mu phàtranan cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh choimhearsnachdan	Dèante – PR17-06 "Coimheadachd Cànain." Thathar an dùil coinneamhan poblach a' cumail ann am Barraigh agus Uibhist mus tèid seo fhoillseachadh. Thathar an dùil cuideachd gun tèid pìos eile den obair seo air adhart ann an 2021 ann an coimhearsnachd eile gus am bi e comasach coimeas a dhèanamh eadar toraidhean a' chunntais-sluaigh agus an obair seo. Thoisich an rannsachadh seo PR18-05 "L1 gu L1" mar a bhathar an dùil ach tha an glacadh air sgàth COVID-19 a' ciallachadh gum bi atharrachaidhean a dhìth anns an dòigh-obrach leis gun robh an neach-rannsachaidh gu bhith stèidhichte anns na Hearadh airson trì mìosan.	
Bidh sinn a' sìor leasachadh ar modhan-riaghlaidh corporra	Mapadh Barantachadh nam Mì-chinntean air a dhèanamh mar phàirt de phròiseas rianachd nam mì-chinntean	Chaidh obair a thòiseachadh air seo is aithris a chur chun na Comataidh Sgrùdaidh sa Mhàrt 2019. Tha an tuilleadh obair fhathast ri dhèanamh air.	
	A' cumail suas agus a' dèanamh dheuchainnean air Plana Leantainneachd a' Ghnìomhachais	Chaidh deuchainn a dhèanamh air Plana Leantainneachd a' Ghnìomhachais anns a' Mhàrt 2020 nuair a ghluais a' bhuidheann air fad gus a bhith stèidhichte air-loidhne is a h-uile neach-obrach ag obair bhon taigh gu soirbheachail.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.1

4. Deagh Riaghladh	Gnìomhan 2019-20	Adhartas aig 31/03/2020	Coileanadh aig 31/03/20 Dearg/Orainds/Uaine
	A' dèanamh cinnteach gum bi deagh riaghladh ann	Tha am Plana Leasachaidh ga chur an gnìomh air feadh na buidhne. Chaidh 10 aithisgean in-sgrùdaidh a dhèanamh tron bhliadhna is bha 7 aig ìre as fheàrr; agus 3 aig an ath ìre.	
	A' sgrùdadh agus a' cumail smachd air Mì-chinntean	Tha seo ga h-aithris gu mìosail chun an Sgioba-stiùiridh is gu ràitheil chun na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd is chun a' Bhùird-stiùiridh. Bha tè de na h-aithisgean in-sgrùdaidh mu bhith a' cumail smachd air mì-chinntean.	
	A' dèanamh cinnteach gum bi stiùireadh ionmhasail èifeachdach ann	Tha aithisg an luchd-sgrùdaidh air na cunntasan airson na bliadhna gu 31.03.2019 "gun-atharrachadh", agus tha iad dhan bheachd gu bheil modhan-obrach ionmhais èifeachdach aig BnG.	

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – me, a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

A' freagairt ri	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	25/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	11.2

Tiotal a' Phàipeir	Plana Gnìomh 2020-21 (Covid-19)	
Moladh do Bhuill	Ri aontachadh	
Neach labhairt:	Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13-05-2020	Ri aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Eàrr-ràdh 1 – Plana Gnìomh 2020/21 (Covid-19)	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Is e adhbhar na h-aithisge seo dreachd den phlana ghnìomh a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh a' mìneachadh nan dòighean sam bi na h-amasan corporra air an coileanadh thairis air a' bhliadhna ionmhais 2020/21 às dèidh measadh air dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig Covid-19 air a' phlana mar a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh sa Ghearran 2020.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha am Plana Corporra (2018-23) a' mìneachadh nan dòighean sam bi Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh gus am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a thoirt gu buil thairis air an ath thrì bliadhna. Bidh Plana Gnìomh ga ullachadh gach bliadhna cuideachd, agus ann an Eàrr-ràdh 1 chithear am Plana Gnìomh airson 2020/21 a tha a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad air dè an obair tha Bòrd na Gàidhlig an dùil a dhèanamh gus na h-amasan corporra aige a choileanadh thairis air a' bhliadhna ionmhais 2020/21. Tha colbh ùr ann a tha a' mineachadh na thathar an dùil ris leis gu bheil suidheachadh gu tur eadar-dhealaichte againn ann an Alba, gun chinnt air dè cho fad 's a mhaireas an suidheachadh seo. Chaidh an dreachd seo den Phlana Ghnìomh seo ullachadh leis an Sgioba-stiùiridh agus an luchd-obrach gu lèir aig seiseanan a chumadh air-loidhne anns a' Ghiblean 2020.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh aontachadh ri Plana Gnìomh 20-21 (Covid-19).
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Bidh am plana gnìomh ga lìbhrigeadh taobh a-staigh buidseatan na buidhne. Dh'fhaodadh gum biodh buaidh air buidseatan leis nach tèid pròiseactan air adhart san dòigh ris an robhar an dùil.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**

	Tha buaidh air an fheachd-obrach leis gu bheil a h-uile duine ag obair bhon taigh; gu bheil barrachd conaltradh a dhith taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne; is tha dleastanas a bharrachd air an sgioba a thaobh dòighean-obrach ùra a bhrosnachadh agus a lìbhreagadh.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Tha plana trèanaidh aig a' bhuidhinn a bhios a' cur taic ri leasachadh sgiobachd.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdach agus Corporra**
	Tha am Plana Gnìomh a' mìneachadh nan dòighean sam bi Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh gus amasan ro-innleachdail agus corporra a thoirt gu buil thairis air a' bhliadhna ionmhais 2020/21.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann & Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Bhiodh droch bhuaidh air cliù na buidhne mur a biodh plana gnìomh is plana corporra aig a' bhuidhinn.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

BÒRD NA GÀIDHLIG

PLANA OBRACHAIDH 2020-21

(air ùrachadh air sgàth Covid-19)

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

RO-RÀDH

’S e seo an treas plana obrachaidh againn stèidhte air Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23. Chaidh am Plana a leasachadh tro bhith ag ath-sgrùradh a’ Phlana Chorporra, buileachadh a’ Phlana Obrachaidh 19/20 agus tro bhith a’ toirt fa-near do bhuilean ùra a bha air tachairt ann an 19/20, gu h-àraidh na h-iomairt Adhartas nas Luaithe agus leasachadh Cairt Choimhearsnachd an co-bhonn ri Comhairle nan Eilean Siar. Tha e stèidhte air na prìomhachasan sa Phlana Chorporra agus air an deatamas a bhith a’ dèanamh ghnìomhan gus dèiligeadh ri Èiginn na Gnàth-sìde.

Chaidh am Plana seo aontachadh leis a’ Bhòrd air 26 An Gearran 2020 agus ’s e a bha san amharc don bhuidheann an obair seo a làn-choileanadh. Ach, an dèidh aontachadh, sgaoileadh a’ choròna-bhìorais san RA, agus tha a’ bhuaidh aige sin air ar dùthaich, coimhearsnachdan agus Bòrd na Gàidhlig air atharrachadh mòr a thoirt air a’ cho-theacsa sa bheil sinn ag obair.

Ri linn sgrìobhadh an ro-ràidh, thathar a’ casg siubhal neo-riatanach sam bith, thathar ag iarraidh air daoine fuireach aig an taigh uiread ’s a ghabhas, agus tha an luchd-obrach uile aig BnG ag obair aig an taigh. Bidh buaidh ana-mhòr air ar com-pàirtichean – sna roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn. Cha ghabh tomhas air cho fada a mhaireas a’ bhuaidh seo, ach tha e coltach gum mair i fad-ùineach, le tilleadh mòr ach neo-iomlan gu gnìomhan ro-Chovid an dèidh timcheall air sia mìosan.

Sa co-theacsa sin, nì sinn ath-sgrùdadh gu cunbhallach air susbaint a’ Phlana gus dèiligeadh ris na dùbhlain a tha againn an-dràsta agus a bhios againn san àm ri teachd, agus gus gabhail ri cothroman nuair a dh’èireas iad. Tha e coltach gum bi ar buidheann agus ar co-theacsa ann an suidheachadh gu tur eadar-dhealaichte aig deireadh na bliadhna an taca ris na tha againn an-diugh.

Shona C NicIllinnein

Ceannard

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

A' CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Ro-innleachdach 1:

Tha barrachd dhaoine a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' faighinn buannachd aiste aig an taigh, san obair agus sa choimhearsnachd

CARSON A THA E CUDROMACH:

Tha barrachd Gàidhlig ga cleachdadh riatanach airson seasmhachd a' chànain. 'S e a tha san amharc dhuinn barrachd dhaoine a chuideachadh is a bhrosnachadh a bhith ga cleachdadh ann am barrachd shuidheachaidhean nas bitheanta.

Tha daoine òga riatanach a thaobh mairsinneachd na Gàidhlig. O chionn ghoirid nochd fiosrachadh gu bheil mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an coimhearsnachdan air an dùthaich is 50% ann am bailtean is bailtean-mòra. 'S e a tha a dhìth mar sin ach modh-obrach dà-fhillte airson cur ri cleachdadh na Gàidhlig – an dàrna pàirt a tha air stiùireadh ri bhith a' toirt spionnadh ùr do na h-eileanan agus do na coimhearsnachdan air an dùthaich agus a' phàirt eile a tha air stiùireadh ri bhith a' toirt fàs air na coimhearsnachdan Gàidhlig sna bailtean agus sna bailtean-mòra – ach an dà chuid ag amas air daoine òga.

Tha na buannachdan de bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a' sìor fhàs follaiseach – ann an dòighean eaconomach, cultarail agus sòisealta. Bidh na h-ealainean Gàidhlig a' cluich pàirte mòire anns gach rud a tha seo, a bharrachd air a bhith a' toirt dùbhlan don t-suidheachadh a tha ann an-dràsta agus a bhith a' rùrachd bhun-bheachdan ùra. An cois le raon farsaing de roinnean eile, bidh iad sin a' cur ri fàs eaconomach mar a chaidh a chur am follais san sgrùdadh air buaidh eaconomach, Ar Stòras Gàidhlig 2014, agus ann an rannsachadh eile.

NA NÌ SINN – AR PRÌOMHACHASAN PLANA CORPORRA

Le fòcas air a' Ghàidhlig, gabhaidh sinn prìomh phàirt ann an:			
• Aithneachadh, tro rannsachadh, cnapan-starra cleachdaidh agus ro-innleachdan airson a' chùis a dhèanamh orra seo	• A' dealbhadh ro-innleachdan a tha a rèir nam feumalachdan fa leth agus nan cothroman aig coimhearsnachdan air an dùthaich agus sna bailtean, a	• A' meudachadh chothroman airson dhaoine òga agus iad a' leasachadh sgilean a bhuineas ri obair, agus buaidh eaconomach na Gàidhlig, tro	• A' cumail taic ri buidhnean is daoine fa leth a bhith a' cur air dòigh barrachd ghnìomhachdan, tachartasan is stòrasan agus iad nas

	dh'fhàgas na coimhearsnachdan Gàidhlig nas treasa	cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean	fheàrr, an dà chuid le daoine òga agus air an son cuideachd
• A' leasachadh iomairtean an com-pàirteachadh le buidhnean poblach, prìobhaideach is san treas roinn a bhios a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach	• A' cuideachadh ann an cur ri comas, sgilean is seasmhachd sna h-ealainean	• A' brosnachadh barrachd cothroman a tha nas fheàrr airson teaghlaichean a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh	• A' maoineachadh iomairtean a bhios a' neartachadh beartas, buntainneas agus cunbhalachd a' chànain

AR GNÌOMHAN ANN AN 2020-21

Gus taic a thoirt ri coileanadh na buile seo ann an 2020-21, bidh fòcas againn air:

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig don fheadhainn aig a bheil sgilean Gàidhlig
- Cur am meud cothroman do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an cuid Ghàidhlig nas trice
- Adhartachadh aithneachadh den cheangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus piseach a thoirt air sunnd
- Obair còmhla ri coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an leasachaidhean sòisealta, cultarail agus eaconomach

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine an sgilean Gàidhlig a chur gu feum Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Tuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha ann am measg fhileantach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar - Barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Cur ri cleachdadh na Gàidhlig am measg na feadhna aig a bheil sgilean Gàidhlig	• Crìoch a chur air pròiseact rannsachaidh tùsail sna h-Eileanan Siar gus cnapan-starra aithneachadh de chleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig sa choimhearsnachd ud	Thèid ceisteachan a chur an àite an rannsachaidh aig bòrd agus na h-eileamaid eitneografaidh a thathar a' dèanamh aig an ìre seo. Is dòcha gun tig oirnn coimhead ri sìneadh agus / no maoin a bharrachd a thoirt seachad airson 's gum bi pàirt anns a bheil an neach-rannsachaidh a' fuireach sa choimhearsnachd

	• Iomairt #cleachdi air a leasachadh thar nan roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach	Cha tèid againn air stuthan a chur sa phost san ùine ghoirid ach tha gu leòr stuthan didseatach a ghabhas cleachdadh a dh'aindeoin sin. Bheir sinn sùil air an t-solar dhidseatach a mheudachadh, me twibbins. A bharrachd, fàsaidh sinn am brannd airson #cleachdi@antaigh a thoirt a-steach, airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh aig an taigh agus na sgoiltean dùinte. Tha buidhnean Gàidhlig a gheibh am maoineachadh bho BhnG air an aon ràmh le seo mar-thà. Tha a h-uile coltas gum mair cuid de na gnìomhachdan air-loidhne thar-churraicealaim mar dhìleab a' ghlasaidh-shluaigh.
	Cothrom ùr! • Cur air dòigh lìonradh de charaidean cleachdaidh air-loidhne gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud	Obair còmhla ri prìomh chom-pàirtichean (me Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste a' Chaisteil, E-sgoil, LearnGaelic.scot, Duolingo) gus siostam de charaidean cànain a chur air dòigh airson cuideachadh le ionnsachadh agus / no dèiligeadh ri leth-oireachd. Lorg cuideachadh bho lìonraidhean a tha ann mar-thà mar Age Scotland agus Young Scot gus smachd a chumail air clàradh, PVGan agus trèanadh
Cur am meud cothroman do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an cuid Ghàidhlig nas trice	• Pròiseactan thar-churraicealaim air am maoineachadh gus taic a chumail ri sgoilearan àrd-sgoile ann am foghlam na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice	Fòcas gus an dèidh làithean-saora an t-samhraidh air pròg̀ram thar-churraicealaim air-loidhne fon bhrataich #cleachdi@antaigh. Tairgse trèanadh gu com-pàirtichean lìbhrigidh ann a bhith a' cur teicneòlas didseatach is meadhanan sòisealta dhan fheum as fheàrr. Tha cuid ann a tha math is cuid nach eil. Cumail fòcas air stuthan sìmplidh ach èifeachdach.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

	• Cur air dòigh lìonradh de dh'àiteachan is cothroman do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice	Tha an glasadh-sluaigh a' ciallachadh gum bi an lìonradh de dh'àiteachan a' tachairt air-loidhne san ùine ghoirid, le àiteachan-cruinneachaidh a' tighinn an ceann ùine. Bu chòir ceangal a bhith ann eadar seo agus Duolingo agus an siostam air-loidhne de charaidean air an deach iomradh a dhèanamh seo shuas.
	• Pròiseactan air am maoineachadh a tha a' furastachadh tar-chur eadar-ghinealach de sgilean Gàidhlig	Bu chòir gun tèid an siostam air-loidhne de charaidean a leasachadh mar phrìomh bhuil. Cur iomairt a' dol gus daoine òga a bhrosnachadh a bhith a' bruidhinn ri luchd-labhairt na Gàidhlig as sine as aithne dhaibh mar-thà fad 10 mionaidean gach latha rè àm a' ghlasaidh-shluaigh agus às a dhèidh.

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 2: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis a' bharail "Tha Gàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha." Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Comharrachadh àireamh bhun-loidhne de na tha de dhaoine ag aithris gu bheil buaidhean deimhinneach mar thoradh air cleachdadh na Gàidhlig - Fianais gu bheil barrachd chothroman do dh'òigridh a bhith ag inntrigeadh margaidh na h-obrach, far a bheilear a' cur gu feum an cuid sgilean Gàidhlig		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Brosnachadh aithne den cheangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus piseach air sunnd	• Thèid frèam a leasachadh gus buannachdan sunnd a thomhas agus iad ceangailte ri bhith a' cleachdadh na	Thèid am frèam fhèin a leasachadh san dàrna leth den bhliadhna (An Dàmhair agus a' leantainn) le fòcas aig an ìre seo air rannsachadh nam pàipearan

	Gàidhlig	a tha ann an Alba no suidheachaidhean eile le mion-chànanan far a bheilear a' sealltainn ceangal eadar cleachdadh cànain agus sunnd. Sa chiad dol-a-mach bidh am frèam stèidhte air builean rannsachaidh a nithear aig a' bhòrd.
	• Foillseachadh 6 rannsachaidhean cùise a tha ga dhèanamh nochdte gu bheil ceangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus sunnd	Fad nan ciad 6 mìosan, fòcas air 2 rannsachadh cùise a leasachadh a tha ga dhèanamh nochdte gu bheil ceangal eadar Gàidhlig is sunnd ann an co-theacsa an ama fo ghlasadh-sluaigh. Bidh na 4 rannsachaidhean cùise eile a' coimhead air a' cheangal san fharsaingeachd agus thèid crìoch a chur orra san dàrna tràth de 6 mìosan.
Obair le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an leasachaidhean sòisealta, cultarail is eaconomach	• Cairt Choimhearsnachd Ghàidhlig nan Eilean Siar ann an com-pàirteachadh le Comhairle nan Eilean Siar agus Riaghaltas na h-Alba air a cur air bhonn agus air a thoirt am follais. (Adhartas nas Luaithe – sruth-obrach 4)	Bidh Bòrd na Gàidhlig a' tairgse ròl stiùiridh a ghabhail nas trice sna mìosan a tha romhainn, le ro-innleachd is clàr-ama stèidhte air builean a' cheisteachain o chionn ghoirid.
	• Cothroman air an leasachadh do dhaoine òga le sgilean Gàidhlig a bhith a' dol bhon sgoil a-steach gu obraichean de dheagh chàileachd far an tèid aca air na sgilean sin a chleachdadh (Adhartas nas Luaithe – sruth-obrach 3)	Thathar a' gabhail ris nach fosglar sgoiltean gus An Lùnastal 2020 agus mar sin cuingealaichear cothroman a bhith a' tadhal air fèillean-dreuchdan Gàidhlig. Thèid seo a chur a' dol a-rithist san dàrna leth den bhliadhna. Bu chòir na leanas a chur air adhart sna ciad 6 mìosan: 1. Còmhradh le HIE is SDS mu bhith ag ath-nuadhachadh an rannsachaidh Ar Stòras Gàidhlig 2. Ath-nuadhachadh an Leabhrain aig BnG air Dreuchdan Gàidhlig, agus a bhith a' meudachadh seo le bhideothan. 3. Leasachadh rannsachaidhean cùise le fastaidhearan mu ciamar a thug luchd-obrach

		le Gàidhlig piseach air an cuid obrach 4. Leasachadh rannsachaidhean cùise le fastaidhearan airson susbaint a chur ris a' bharail gu bheil fastaidhearan a' measadh ioma-chànanachas gu fàbharach san fharsaingeachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

AG IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Amas Ro-innleachdach 2:

Tha cothroman do dhaoine cur ris an sgilean Gàidhlig aig aois sam bith air a dhol am meud agus air fàs nas fhasa fhaighinn.

CARSON A THA E CUDROMACH:

Tha Gàidhlig ga cleachdadh riatanach airson seasmhachd a' chànain. 'S e a tha san amharc dhuinn barrachd dhaoine a chuideachadh is a bhrosnachadh a bhith ga cleachdadh ann am barrachd shuidheachaidhean nas bitheanta.

Tha daoine òga riatanach a thaobh mairsinneachd na Gàidhlig. O chionn ghoirid nochd fiosrachadh gu bheil mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an coimhearsnachdan air an dùthaich is 50% ann am bailtean is bailtean-mòra. 'S e a tha a dhìth mar sin ach modh-obrach dà-fhillte airson cur ri cleachdadh na Gàidhlig – an dàrna pàirt a tha air stiùireadh ri bhith a' toirt spionnadh ùr do na h-eileanan agus do na coimhearsnachdan air an dùthaich agus a' phàirt eile a tha air stiùireadh ri bhith a' toirt fàs air na coimhearsnachdan Gàidhlig sna bailtean agus sna bailtean-mòra – ach an dà chuid ag amas air daoine òga.

Tha na buannachdan de bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a' sìor fhàs follaiseach – ann an dòighean eaconomach, cultarail agus sòisealta. Bidh na h-ealainean Gàidhlig a' cluich pàirte mòire anns gach rud a tha seo, a bharrachd air a bhith a' toirt dùbhlan don t-suidheachadh a tha ann an-dràsta agus a bhith a' rùrachd bhun-bheachdan ùra. An cois le raon farsaing de roinnean eile, bidh iad sin a' cur ri fàs eaconomach mar a chaidh a chur am follais san sgrùdadh air buaidh eaconomach, Ar Stòras Gàidhlig 2014, agus ann an rannsachadh eile.

NA NÌ SINN – AR PRÌOMHACHASAN PLANA CORPORRA

Le fòcas air a' Ghàidhlig, bidh prìomh phàirt againn ann an:			
• Comhairleachadh air leasachadh poileasaidh agus a' stiùireadh air leasachadh ro-innleachd airson foghlam na Gàidhlig	• Obair le buidhnean de phàrantan is buidhnean iomchaidh airson cur am meud solar agus gabhail de FTMG agus FLIG agus cothroman eile ann an ionnsachadh na Gàidhlig	• Leasachadh iomairtean le com-pàirtichean airson cur am meud buaidh na taice do theaghlaichean sna tràth bhliadhnaichean	• Cumail taic ri com-pàirtichean gus ionnsachadh proifeiseanta a leasachadh is a lìbhrigeadh le sùil air cur ri meud an fheachd-obrach agus ìrean nan sgilean

• Cumail taic ri cothroman dreuchd agus ionnsachadh do luchd-obrach proifeiseanta is taice ann am foghlam agus seo a thoirt am follais.	• Co-obrachadh le MG ALBA gus stòrasan luchd-ionnsachaidh is oidear a leasachadh aig ìre nas adhartaich air LearnGaelic.scot gus fileantas a bhuileachadh air barrachd inbheach	• Brosnachadh cleachdadh teicneòlais gus ionnsachadh nas èifeachdaich a lìbhrigeadh agus an còrr dheth sin cuideachd	

AR GNÌOMHAN ANN AN 2020-21

Gus taic a chumail ri coileanadh na buile seo ann an 2020-21, bidh fòcas againn air:

- Sruthan-obrach – adhartas nas luaithe
- Cairt choimhearsnachd
- Planaichean Gàidhlig
- Rannsachadh sònraichte
- Pasgan de thaic do bhuidhnean is coimhearsnachdan (maoineachadh leasachaidh)

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 3: Barrachd cloinne a' gabhail pàirt ann an seiseanan nan tràth bhliadhnaichean Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Meudachadh de 10% ann an dòighean-inntrigidh gu tràth bhliadhnaichean (a' toirt a-steach Bookbug, Seiseanan nan Tràth Bhliadhnaichean, is msaa) - Meudachadh de 10% ann an gabhail ri seiseanan tràtha le teaghlaichean - Meudachadh de 10% ann an taic do dh'airich-chloinne is luchd-cùraim - Meudachadh ann an trèanadh is solar airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh - Measaidhean deimhinneach air seiseanan trèanaidh air a thrusadh, air cnuasachadh air, is air a chur an gnìomh		
Gnìomhan:	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

1. Meudachadh de 10% san àireimh de sheiseanan Bookbug bhon bhun-loidhne far a bheil i an-dràsta; meudachadh na h-àireimh de theaghlaichean	Àireamh iomchaidh de sheiseanan Bookbug a bharrachd gan lìbhrigeadh [*Àireamhan bun-loidhne bho 19/20*]	Chan eil e coltach gun ruig sinn an targaid de 10%. Cumaidh sinn sùil air an t-suidheachadh tro phlanadh thar 3 mìosan le coinneamhan sgioba gach mìos.
2. Thathar a' comharrachadh clàradh theaghlaichean aig Seiseanan EY gus fios a bhith ann air bun-loidhne agus coileanadh de mheudachadh 10% ann am frithealadh bhall teaghlaich.	Meudachadh de 10% san àireimh de theaghlaichean ann an Seiseanan EY gan lìbhrigeadh thar 2020-21.	Ann an co-theacsa Chovid-19, cha bhi sinn an dùil an targaid a ruigsinn – bithear a' cur casg gu mòr air lìbhrigeadh sheirbheisean air feadh gach roinn FTMG agus foghlam tro mheadhan na Beurla.
3. Modh-sgrùdadh air solar sheirbheisean an-dràsta airson Aireach-cloinne is Luchd-cùraim air a chur ri chèile agus aithisg deireannach air a dèanamh	Aithisg Mhodh-sgrùdaidh air a crìochnachadh a bhios na bunait airson leasachaidhean ann am planadh sheirbheisean ann an 21-22	Ath-sgrùdadh den targaid: ➢ Fòcas air aireach-cloinne a-mhàin.
4. Modh-sgrùdadh air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh san roinn thràth bhliadhnaichean	Crìoch air a chur air a' mhodh-sgrùdadh	
5. Leasachadh de 2-3 cothroman trèanaidh airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a chur am meud (Tuath/Deas/Eileanan)	Trèanadh air a thoirt seachad le beachdan deimhinneach air tighinn air ais thugainn	Thathar a' sùileachadh gun leasaichear is gun lìbhrigear an trèanadh air-loidhne.

6. Obair an co-bhonn le Comann nam Pàrant airson com-pàirteachadh phàrantan a chur am meud	Prìomh raointean leasachaidh air an comharrachadh	

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 4: Barrachd chothroman do dhaoine piseach a thoirt air an sgilean Gàidhlig Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Meudachadh ann an àireamh nan sgoilearan ann an FTMG agus FLIG - Meudachadh ann an àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach - Meudachadh de Churraicealam FTMG ann an Tràth na h-Àrd-sgoile - Tha plana Gàidhlig air a chur an gnìomh aig gach Àrd-sgoil a tha a' lìbhrigeadh FTMG/FLIG		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
1. Gach àrd-sgoil le Plana Gàidhlig/aonta Inbhean is Càileachd le GLAN, co-chomhairleachadh le sgoiltean	Meudachadh ann an solar chuspairean agus meudachadh ann an tagraidhean SQA air feadh na dùthcha	Tha sinn a' smaoineachadh gun gabh seo coileanadh ged a dh'fheumar sùil a chumail air gun stad agus bidh feum ann cuideachd air ion-chur thar àireamh de sheiseanan a bharrachd.
2. Co-labhairt Àrd-stiùireadh	Co-labhairt ga lìbhrigeadh le àrd-sgiobaidhean stiùiridh air an trèanadh	Tha sinn a' smaoineachadh gun gabh seo coileanadh ged a dh'fheumar sùil a chumail air.
3. Obair an co-bhonn le GTCS, Oilthighean air àireamh nan tidsearan a chur am meud – slighean a-steach ùra agus leasaichte, ATQ	Slighean a-steach gu ATQ a tha soilleir agus rannsachaidhean cùise gan leasachadh air deagh chleachdadh	Bidh feum ann air sìneadh ùine airson seo a choileanadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

.		
4. Obair le SDS air bursaraidhean (mac-samhail STEM)	Frèam bhursaraidhean air bhonn	Tha e coltach gum bi dàil ann gus an rèitich an dealbh nàiseanta.
Rannsachadh air cùrsaichean bogaidh air feadh Alba	Rannsachadh crìochnaichte	
5. Cùrsa air Bogadh Eadar-amail do thidsearan	Maoineachadh agus pròiseas airson barantachadh càileachd air bhonn	Bheir seo dùbhlain mar thoradh air na suidheachaidhean ann an ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean.
6. Obair an co-bhonn tro LearnGaelic gus àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach a chur am meud.	An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a' cur stuthan LearnGaelic gu feum a' dol am meud. An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ann an gnìomhachdan ionnsachaidh foirmeil a' dol am meud.	

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 5: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis a' bharail 'Thug mi piseach air mo sgilean Gàidhlig' Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Meudachadh anns an raon de dh'fhiosrachadh staitistigeil airson piseach a thomhas - 80% de dhaoine ag aontachadh leis a' bharail seo		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
1. Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho mhodh-sgrùdadh air sgilean aig Seiseanan nan Tràth Bhliadhnaichean	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh	Thèid seo a choileanadh nuair a thòisicheas na seiseanan a-rithist; coltach gum bi dàil ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

2. Co-labhairt NQT	Co-labhairt air a lìbhrigeadh an co-bhonn leis an fheadhainn aig a bheil ùidh	Chaidh seo ath-dhealbhadh mar thachartas mas-fhìorach 1.06.20 agus 8.06.20.
3. Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho ghnìomhachdan le maoineachadh bho BhnG no bho thachartasan BhnG	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh	
4. Lìbhrigeadh an Sgeama de Thabhartasan Foghlam na Gàidhlig agus cruinneachadh an fhiosrachaidh a thig air ais thugainn	Sgeama air a ruith agus fiosrachadh a thig air ais air a chruinneachadh is a mheasadh	
2-3 Buidhnean Fòcas còmhla ri Sgoilearan le #cleachdi	Buidhnean Fòcas gan ruith an co-bhonn le feadhainn aig a bheil ùidh	Bheir seo dùbhlain dhuinn ann an co-theacsa Chovid-19 agus an urra ri cuin a dh'fhosglas na sgoiltean a-rithist.
Co-bhonn le LearnGaelic, SDS agus Stòrlann gus sgilean a rannsachadh an taca ri CEFR	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

AG ADHARTACHADH NA GÀIDHLIG

Amas Ro-innleachdach 3:
Barrachd dhaoine ann an Alba deimhinneach mu chànan is cultar na Gàidhlig.

CARSON A THA E CUDROMACH:

Thig misneachd a bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh cànain bho raon farsaing de chùisean. Buinidh an dàrna fear dhiubh seo do inbhe is ìomhaigh. Tha àite na Gàidhlig san t-saoghal phoilitigeach riatanach a thaobh a bhith a' faighinn inbhe nas àirde agus bidh na h-atharrachaidhean a chuirear an gnìomh an urra ris an obair a nì sinn an co-bhonn le Riaghaltas na h-Alba, riaghaltas ionadail, Ùghdarrasan Poblach agus pàrtaidhean poilitigeach.

Tha grunn de ghnàth-ìomhaighean mì-chiatach mu Ghàidhlig agus luchd-labhairt a' chànain a tha air cur ma sgaoil fad iomadh bliadhna. 'S e a tha san amharc dhuinn dol-a-mach dhaoine atharrachadh – bho bhith mì-rùnach gu bhith coma; bho bhith coma gu bhith ciatach; bho bhith ciatach gu bhith ag ionnsachadh; bho bhith ag ionnsachadh gu bhith a' cleachdadh.

NA NÌ SINN – PRÌOMHACHASAN AR PLANA CORPORRA

Le fòcas air a' Ghàidhlig, bidh prìomh phàirt againn ann an:			
• Cur air adhart buaidh nas motha bho Phlanaichean Gàidhlig agus cumail taic ri Ùghdarrasan Poblach agus iad ag adhartachadh an cuid obrach air sgàth na Gàidhlig	• Gabhail pàirt ann a bhith a' freagairt air co-chomhairlichean poblach air raointean aig a bheil buaidh air a' Ghàidhlig	• Toirt buaidh air tachartasan is fèillean-comharrachaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta, a leithid Bliadhna… gus dèanamh cinnteach gu bheil àite faicsinneach aig a' Gàidhlig annta	• Dèanamh cinnteach gu bheilear ag aithneachadh is a' comharrachadh bhrathan deimhinneach leis na meadhanan
• Obair còmhla ri com-pàirtichean gus iomairtean a leasachadh is a lìbhrigeadh	• Obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus àite na Gàidhlig	• Leasachadh ro-innleachdan a nì cinnteach gum faigh Bòrd na Gàidhlig a' bhuaidh	

gus taic a chumail ri ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig	an Alba a chur fa chomhair dhaoine, a bharrachd air na cothroman cosnaidh agus na buannachdan a bhios i a' toirt don luchd-labhairt	as motha bho bhith ag obair còmhla ri tosgairean	

AR GNÌOMHAN ANN AN 2020-21

Gus taic a chumail ri coileanadh na buile seo ann an 2020-21, bidh fòcas againn air:

- Cur am meud aithne nam buannachdan is an luach a tha aig cànan is cultar na Gàidhlig
- Dèanamh cinnteach gum fuirich Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhearbh-aithne Albannach eug-samhail is fhosgailte
- Meudachadh taic phoilitigich airson na Gàidhlig

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 6: Dèanamh cinnteach gu bheil ròl fàsmhor ann an dearbh-aithne Albannach eug-samhail is fhosgailte Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Thèid ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig aithneachadh/àbhaisteachadh ann an còrr de shuidheachaidhean air feadh na dùthcha air fad - Barrachd còmhraidh, ionnsachaidh is com-pàirtichean le raon farsaing de bhuidhnean ann an Alba.		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Obraichidh sinn còmhla ris, agus ionnsaichidh sinn bho, na buidhnean eile a bhios ag iomairt gus cùisean sònraichte àbhaisteachadh sa chomann. Me Stonewall Scotland	• Meudachadh ann an co-obrachadh a dh'fhàgas sinn le tuigse nas fheàrr de dh'atharrachaidhean sòisealtasach – aon dòigh-obrach ùr air a gabhail os làimh.	Sna ciad 6 mìosan bruidhnidh sinn le buidhnean eile, agus dùil againn air co-dhiù aon iomairt ùr a leasachadh a chuirear am follais rè na dàrna tràth de 6 mìosan.

Obair ann an co-bhonn, bidh sinn a' cruthachadh stuthan gus taic a chumail ri sgoiltean, buidhnean is daoine fa leth airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air àite na Gàidhlig ann an Alba.	• Stuthan ùra gan cruthachadh is na stuthan a tha ann gan cur air adhart tro GLAN, SQA agus Foghlam Alba.	Bu chòir gun tèid a' chuid as motha den phròiseact seo a ghluasad gu dàrna leth na bliadhna. Sna mìosan a tha romhainn, tha cothrom ann bruidhinn ri prìomh bhuidhnean, a leithid GLAN, SQA is Foghlam Alba mu na tha a dhìth, is dòcha an taca ri teisteanas Eòlas na h-Alba. Dh'fhaodadh a' bhideo "Scottish Gaelic Explained" a bhith cuideachail, a bharrachd air na caochladh mhapaichean le ainmean-àite a chaidh a chruthachadh la Ainmean Àite na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig.
Le com-pàirteachadh, a' cur air bhonn iomairt gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' lìonadh nan ceistean air Gàidhlig ann an Cunntas-sluaigh 2021	• Iomairt ann bhon Dùbhlachd 2020 agus ga lìbhrigeadh air làraichean mheadhanan sòisealta bhon Fhaoilleach chun a' Mhàirt 2021.	'S e a tha san amharc dhuinn iomairt a chur a' dol san Dùbhlachd 2020 mar a bha romhainn mar-thà, ann an co-obrachadh le sgioba Cunntas-sluaigh na h-Alba. Bithear a' cleachdadh nam beagan mìosan a tha romhainn gus an iomairt a leasachadh is na stuthan a tha ceangailte rithe, le fòcas thar làraichean nam meadhanan sòisealta.

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 7: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis a' bharail "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba." Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Meudachadh ann an dol-a-mach ciatach a thaobh na Gàidhlig (còrr is 81% - Scottish Social Attitudes Survey) - Stuthan a tha ann agus stuthan ùra air an gabhail os làimh gu soirbheachail - Barrachd phàrtaidhean poilitigeach a' gealltainn taice ri leasachadh na Gàidhlig		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Bheir sinn seachad stiùireadh ann an co-òrdanachadh agus lìbhrigeadh den iomairt Adhartas nas Luaithe a bharrachd air a bhith a' brosnachadh tuilleadh	• Meudachadh ann an conaltradh tar-roinneil agus coileanadh phròiseactan.	Thathar a' sealltainn nach bi Adhartas nas Luaithe a leithid de phrìomhachas aig Riaghaltas na h-Alba aig an tràth seo agus gu bheil amharas ann nach bi an tachartas a' gabhail àite air 12 An Lùnastal. Tha e coltach cuideachd gum bi buaidh air an adhartas

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

obair chom-pàirteach ann an lìbhrigeadh nam Planaichean Gàidhlig (an dà chuid, reachdail is saor-thoileach)		thar nan 5 sruthan-obrach, ged nach bu chòir dhuinn a bhith a' gabhail ri sin. Leanaidh Bòrd na Gàidhlig oirnn a' dèanamh adhartais thar nan 5 sruthan-obrach agus crìochnaichidh sinn mion-sgrùdadh air na gealltanasan sna planaichean Gàidhlig a tha air am planadh airson an Ògmhios 2020.
	• Barrachd phlanaichean èifeachdach is air an lìbhrigeadh ann an ùine a tha reusanta.	Ri linn a' ghlasaidh-shluaigh, tairgidh Bòrd na Gàidhlig barrachd sùbailteachd a thaobh cinn-latha a tha a' tighinn sna Planaichean Gàidhlig. Chaidh conaltradh a lùghdachadh bho dh'ùghdarrasan poblach, a' toirt cothrom don sgioba obair adhartachadh ris an uair ann an cuid de raointean. Bheir Bòrd na Gàidhlig beachdan air ais air plana Gàidhlig saor-thoileach an GTCS agus, is dòcha, cuid de bhuidhnean eile ma bhios de thìde ann.
Iomairt airson buannachdan is cothroman a chur air adhart ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bharrachd air faighneachd "dè as urrainn dhomhsa dèanamh airson na Gàidhlig".	• Stuthan ùra air an cruthachadh.	Aig an ìre seo bidh am fòcas air cruthachadh stuthan ùra fo bhratach na h-iomairt #cleachdi a tha a' leantainn an-dràsta. Thèid an iomairt fhèin a chur am follais san dàrna leth den bhliadhna.
Obair an co-bhonn leis na pàrtaidhean poilitigeach uile gus dealas a bharrachd a bhrosnachadh ris a' Ghàidhlig.	• Gealltanasan Gàidhlig nas fhaicsinnich ann am manifestothan nam pàrtaidhean poilitigeach son an tagraidh Albannach ann an 2021	Bu chòir gum bi fòcas na h-obrach seo san dàrna 6 mìosan den bhliadhna. A dh'aindeoin sin, bu chòir teachdaireachdan a bhith air an leasachadh gu tràth is gan cur ann an litir gu gach pàrtaidh poilitigeach san Ògmhios. Dh'fhaodte cur ri seo ann an sreath de dh'aistidhean ann an Holyrood Magazine gus Gàidhlig a chumail os comhair dhaoine thar nam beagan mìosan a tha romhainn.

	Cothrom Ùr • Dèanamh cinnteach gum mair cudromachd na Gàidhlig faicsinneach	Mar phàirt de na teachdaireachdan ùra, dèanamh cinnteach gun cruthaichear is gun sgaoilear sgeulachdan mu luchd-labhairt na Gàidhlig is a' phàirt a tha aca ann a bhith a' dèiligeadh ri COVID-19, mu chudromachd chultair tron ghlasadh-sluagh agus mu bhith a' toirt coimhearsnachd na Gàidhlig ri chèile air-loidhne aig an àm seo. A bharrachd air sin, a' dèanamh cinnteach gun tèid an deagh naidheachd mu Dhuolingo a phàirteachadh thall 's a-bhos.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

DEAGH RIAGHLADH

Amas Ro-innleachdach 4:
Tha Bòrd na Gàidhlig fhathast a' cur a dhòighean-obrach am feabhas.

CARSON A THA E CUDROMACH:

Gus an lèirsinn againn a thoirt gu buil agus a' Ghàidhlig ga faicinn is ga cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, leanaidh sinn oirnn a' cur am feabhas mar a bhios sinn ag obair còmhla ri feadhainn eile agus taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig. Ann an co-theacsa leantainneach maoineachaidhean poblach dùbhlanach, tha sinn a' gabhail ris gu bheil dleastanas againn a bhith a' cur air adhart ar n-èifeachdais agus ar tarbhachd. Sa bhliadhna a tha romhainn, rùraichidh sinn cothroman a bhith a' cleachdadh teicneòlasan didseatach gus piseach a thoirt air ar com-pàirteachas is èifeachdas. Cuiridh sinn maoineachadh a dh'ionnsaigh trèanaidh is leasachaidh gus am fiosrachadh is na sgilean a bhuileachadh air na daoine againn airson am buidheann a chur am feabhas.

Leasaichidh Bòrd na Gàidhlig mar a dh'obraicheas e gus dèanamh cinnteach gun cluich sinn ar pàirt ann a bhith a' freagairt air an targaid Albannach a tha air thoiseach air dùthchannan eile an t-saoghail air atharrachadh gnàth-sìde gus tighinn gu meidh-neoini ann an eimiseanan de gach gas an taigh-ghlainne ro 2045.

NA NÌ SINN – AR PRÌOMHACHASAN PLANA CORPORRA

Le fòcas air a' Ghàidhlig, bidh prìomh phàirt againn ann an:			
• Brosnachadh is cumail taic ri ar luchd-obrach ar dìcheall a dhèanamh tro thrèanadh, ionnsachadh is stuthan a thoirt seachad a leigeas leinn ar ròlaichean a choileanadh	• Brosnachadh ùr-ghnàthachadh ann an gach cleachdadh obrach againn	• Obair an co-bhonn le bhith a' togail chaidreamhan air an taobh a-staigh agus le buidhnean eile aig ìrean bhùird, roinn-ghnìomha agus oifigearan	• Conaltradh gu h-èifeachdach mu cò sinne is dè tha sinn airson coileanadh
• A bhith fosgailte is cunntachail le bhith a' toirt seachad fiosrachadh a tha furasta a	• Meudachadh eug-samhlachd is ion-ghabhalachd	• Dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh air stèidhean deagh fhianaise agus gu	• Sìor leasachadh ar riaghlaidh chorporra

thuigsinn gu cunbhallach is ris an uair		bheil an fhianais a tha againn den chàileachd as fheàrr le bhith a' maoineachadh rannsachaidh is iomlaid fiosrachaidh	
• Comharrachadh bun-loidhne lorg carboin airson a' bhuidhinn is dèanamh cinnteach gu bheil plana an gnìomh airson seo a lùghdachadh gu meidh-neoini cho luath 's a ghabhas agus ro 2045	• Brosnachadh ar com-pàirtichean is buidhnean maoinichte a bhith a' freagairt gu susbainteach air an èiginn ghnàth-shìde	• Leantainn comhairle ùir bhon Riaghaltas a thaobh thargaidean nàiseanta airson lùghdachadh charboin	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

AR GNÌOMHAN ANN AN 2020-21

Gus taic a chumail ri coileanadh na buile seo ann an 2020-21, bidh fòcas againn air:

- Dèanamh cinnteach gu bheil Bòrd na Gàidhlig follaiseach, air a deagh stiùireadh is cunntachail don mhòr-shluagh
- Toirt seachad leasachadh pearsanta is proifeiseanta don luchd-obrach uile againn agus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean is comasan aig ar daoine a tha a dhìth orra
- Cur nan siostaman am feabhas a bheir taic don bhuidheann, do na sgiobaidhean is do na daoine fa leth gus obair nas èifeachdaich
- Leantainn oirnn a' dèanamh deagh aithisgean ionmhais is smachdan èifeachdach againn
- Cur ri coileanadh nan amasan air Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba
- Cur air dòigh amasan soilleir is a' sònrachadh maoineachadh a rèir phrìomhachasan ro-innleachdach
- Dèanamh cinnteach gun cluich Bòrd na Gàidhlig ar pàirt ann an ruigsinn na targaid de mheidh-neoini ann an eimiseanan carboin cho luath 's a ghabhas

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 8: Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis a' bharail "Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig toil-inntinneach is a' dèanamh diofar." Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Tha luachan a' bhuidhinn againn air fhighe a-steach san dòigh-obrach againn - Thathar a' toirt an trèanaidh is na taice a tha a dhìth don luchd-obrach		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Leasachadh sgilean is comasan nam ball is an luchd-obrach	Pròg̀ram inntrigidh air a dhèanamh foirmeil airson luchd-obrach is ball ùra a' bhùird agus brosnachadh fiosrachadh a thoirt air ais thugainn airson leasachadh leantainneach.	
	Leasachadh Plana Trèanadh a' bhuidhinn gus toirt a-steach trèanadh an luchd-obrach is feumalachdan leasachaidh.	Sna ciad 3 mìosan de 20/21, cruthachadh plana eadar-amail a' coimhead ri gluasad gu cothroman air-loidhne far an gabh sin

		dèanamh. Aon uair is gu bheilear air tilleadh dhan oifis, measadh air na planaichean trèanaidh. San dàrna leth den bhliadhna, cnuasaichidh sinn air na tha fhathast ri choileanadh is na tha fhathast sna planaichean airson na h-ath bhliadhna ionmhais.
Dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh agus conaltradh èifeachdach tron bhuidheann air fad	Sgrùdadh an luchd-obrach a' sealltainn gu bheil piseach air tighinn air gnothaichean bhon uiridh [Cuiribh bun-loidhne ris bhon sgrùdadh Mhàrt 2020, nuair a tha sin crìochnaichte]	Tha sgrùdadh an luchd-obrach a' leantainn air mar a bhathar an dùil. Thèid aithisg air toraidhean a thoirt don Chomataidh Phoileasaidh is Ghoireasan.

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 9: Barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh leis a' bharail "Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach san ròl aige agus a' cur ris na tha sinne a' dèanamh" Cò ris a bhios soirbheachas coltach: - Cliù corporra ciatach le luchd-ùidh air daingneachadh - Cleachdaidhean fallain stiùiridh ionmhais is cunnairt gan glèidheadh		
Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Togail agus cumail cùrsa ionmhais leantainneach airson Bòrd na Gàidhlig	Plana Ionmhais Meadhan-ùine (MTFP) air ath-sgrùdadh is ath-nuadhachadh gus stiùireadh ionmhais ro-innleachdach nas èifeachdaich a chur air bhonn	Ath-sgrùdadh den MTFP mar thoradh air Covid-19.
A bhith cunntachail, èifeachdach is buadhmhor agus sinn a' cleachdadh stuthan gus luach airgid a dhaingneachadh	Prògram de mhodhan-sgrùdaidh is molaidhean a bhuineas dhaibh air an cur an gnìomh	
	Faighinn beachdan air ais bho cho-chomhairleachadh am measg an luchd-ùidh a ghabhas cur gu feum a thaobh cleachdadh maoineachaidh	Co-chomhairleachadh air buaidh Chovid-19 gus gabhail os làimh; agus toraidhean

		air an cleachdadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean
Faighinn fianais air beachdan nas ciataich bhon luchd-ùidh	Sgrùdadh an luchd-ùidh a bhith a' sealltainn gu bheil co-dhiù 70% gu tur no gu ìre mhòr riaraichte leis a' bharail "Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach san ròl aige agus a' cur ris na tha sinne a' dèanamh." [Bun-loidhne: 2019/20: 65%]	Co-chomhairleachadh air buaidh Chovid-19 gus gabhail os làimh; agus toraidhean air an cleachdadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean. Dh'fhaodte dàil a bhith ann an sgrùdadh an luchd-ùidh.

Prìomh Thaisbeanair Choileanaidh 10: Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan carboin againn gach bliadhna, a' ruigsinn meidh-neoini de dh'eimiseanan cho luath 's a ghabhas agus ro 2045.

Cò ris a bhios soirbheachas coltach:
- Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin is taraidean lùghdachaidh air bhonn agus gan ruigsinn
- An dòigh-obrach againn mar bhuidheann air atharrachadh gus tighinn gu meidh-neoini ann an eimiseanan cho luath 's a ghabhas

Gnìomhan	Taisbeanairean airson 2020-21	Gnìomhan a chaidh a mholadh le Co-cheartachadh Chovid-19 air a thoirt a-steach
Comharrachadh targaidean lùghdachaidh ann an eimiseanan carboin airson Bòrd na Gàidhlig	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin air a comharrachadh is air a cleachdadh airson targaidean lùghdachaidh a shònrachadh thar nan 5 bliadhnaichean ri teachd	Bu chòir fiosrachadh a thional airson siubhal rathaid/bus/trèin/plèana/aiseig sna 3 mìosan a tha romhainn airson bun-loidhne a stèidheachadh. Aon uair is gu bheil e comasach faidhleachan fhaighinn cuirear tagraidh cosgaisean-mìle an luchd-obrach ris. San dàrna leth den bhliadhna bheir sinn sùil air mar a bhios sinn a' gluasad air adhart bhon bhun-loidhne agus a' cur sin an gnìomh airson 21/22.
	Plana àrainneachd Bòrd na Gàidhlig air ùrachadh gus na targaidean seo a thoirt a-steach	Plana air ùrachadh is air a chur fo chomhair Comataidh Poileasaidh is Goireasan taobh a-staigh 6 mìosan. San dàrna leth den bhliadhna plana gnìomh a chruthachadh a chuirear an gnìomh 2021/22.
Atharrachadh san dòigh-obrach againn airson a bhith a' toirt a-steach ceumannan gus carbon a lùghdachadh	Lùghdachadh co-dhiù 25% san àireimh de choinneamhan aghaidh ri aghaidh far a bheil siubhal a dhìth ann an 2020-21 an taca ri 2019-20	Leig Covid-19 leinn seo fheuchainn a-mach agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air èifeachdas; aon uair is gu bheilear air ais san oifis nithear co-dhùnaidhean air mar a lùghdaichear an àireamh de choinneamhan aghaidh ri aghaidh san àm ri teachd.
	Foillseachadh cairt èiginn ghnàth-sìde airson a' bhuidhinn gus an dùil againn a shoilleireachadh a thaobh sgioba Bòrd na Gàidhlig agus mar a bhios sinn ag obair le com-pàirtichean air an taobh a-muigh.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.2

	Dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh meatragsan sgòraidh airson gach sgeama maoineachaidh an 2021-22 a' toirt a-steach beachdachadh air ceumannan gus carbon a lùghdachadh mar shlat-tomhais maoineachaidh	

Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

Builean Nàiseanta	Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd à Gàidhlig san obair, aig an taigh agus sa choimhearsnachd	Cothroman do dhaoine an sgilean Gàidhlig a chur am feabhas aig aois sam bith air a dhol am meud agus air fàs nas fhasa fhaighinn	Barrachd dhaoine ann an Alba ciatach mu chànan is cultar na Gàidhlig	Bòrd na Gàidhlig a' sìor leasachadh mar a dh'obraicheas e
Tha eaconomaidh farpaiseach, tionnsgainneach, ion-ghabhalach, agus seasmhach againn aig ìre shaoghalta	√	√	√	
Tha sinn fosgailte, ceangailte is bidh sinn a' toirt rudan luachmhor seachad aig ìre eadar-nàiseanta	√	√	√	
Tha sinn a' dol an sàs bochdainn le bhith a' pàirteachadh chothroman, beartais is cumhachd nas co-ionnainne	√			√
Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhalach, ùghdaraichte, calma is sàbhailte	√	√	√	√
Tha sinn a' tighinn gu inbhe le gràdh, sàbhailteachd agus spèis gus an tèid againn air ar làn chomasan a ruigsinn	√	√	√	√
Tha foghlam is sgilean matha againn agus thèid againn air cur ris	√	√		√

a’ chomann				
Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, agus dreuchdan matha is obair chothromach don a h-uile duine	√	√		√
Tha sinn fallain is gnìomhach		√		√
Tha an àrainneachd againn a’ còrdadh rinn, agus sinne a’ cur luach innte is ga dìon is ga dèanamh nas fheàrr				√
Tha sinn cruthachail agus thathar a’ cur am follais ar cultaran beothail is eug-samhail is thathar a’ gabhail tlachd annta thall ’s a-bhos	√	√	√	√
Tha spèis againn air còraichean daonnda, agus tha sinn gan dìon is gan riarachadh, agus chan eil leth-bhreith nar beathannan			√	√

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	11.3

Tiotal a' Phàipeir	Adhartas nam Planaichean	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/05/2020	Airson Fiosrachadh *
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha Eàrr-ràdh A – Foirm Dàta Bliadhnail Eàrr-ràdh B – Clàr-dàta 2019/20	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird mu adhartas le bhith a' cur nam planaichean Gàidhlig aontaichte an gnìomh.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Thòisich pròiseas dearcnachaidh ùr anns a' Mhàrt 2019. Thòisich an siostam seo gus cothrom a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig tomhais a dhèanamh air buaidh nam planaichean Gàidhlig, an dà chuid, aig ìre gach ùghdarrais agus aig ìre nàiseanta.
2.2	Tha an siostam ùr seo co-cheangailte gu mòr ris an obair a tha a' dol air adhart airson Stiùireadh Reachdail nam Planaichean Gàidhlig ùrachadh.
2.3	Tha am Foirm Dàta Bliadhnail (Eàrr-ràdh A) mar bhunait air a' phròiseas seo, le bhith a' tional dàta àireamhail (quantitative) agus dàta càileachdail (qualitative) mar a tha air a mhìneachadh anns na leanas: - • Prìomh Dhàta Measaidh le fòcas air dàta co-cheangailte ri buaidh nam planaichean aig ìre ro-innleachdail. • Prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig le fòcas air ciamar a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig, ionnsachadh na Gàidhlig agus cur air adhart na Gàidhlig. • Fiosrachadh dearcnachaidh eile co-cheangailte ri dleastanasan reachdail eile aig na buidhnean, a' gabhail a-steach dleastanasan airson foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh fo Achd an Fhoghlaim 2016, dleastanasan mar phàrantan corporra agus dleastanasan airson co-ionannachd. • Fiosrachadh mu bhith a' cur Amasan airson Seirbheisean Corporra an gnìomh le siostam solais-trafaig mar thomhas air adhartas.
2.4	Ged a tha an siostam ùr stèidhichte gu mòr air an fhiosrachadh a tha am Bòrd a' faighinn bho na h-ùghdarrasan poblach, tha an t-Oifigear Buileachaidh cuideachd a' dèanamh rannsachadh air-loidhne mar as trice, airson fianais a lorg.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

2.5	Bidh an t-Oifigear Buileachaidh ag ullachadh freagairt airson gach aithisg dearcnachaidh, le fòcas air deagh chleachdadh far a bheil sin iomchaidh, a' togail cheistean far bheil fiosrachadh a dhith agus a' toirt molaidhean seachad air ciamar as urrainn dhaibh a bhith a' dèanamh nas fhèarr.
2.6	Bidh an t-Oifigear Buileachaidh ag amas air coinneachadh ris a h-uile buidheann gach bliadhna, gu sònraichte às dèidh an aithisg dearcnachaidh fhaighinn. A bharrachd air sin, bidh an t-oifigear gu math tric a' riochdachadh Bòrd na Gàidhlig aig coinneamhan GIG (Gaelic Implementation Group) aig na h-ùghdarrasan agus a' dèanamh taisbeanaidhean.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chithear ann an Eàrr-ràdh B an Clàr-dàta airson 2019/20 leis an fhiosrachadh àireamhail a fhuair Bòrd na Gàidhlig gu ruige seo.
3.2	Tha 64 ùghdarrasan poblach air a' chlàr uile-gu-lèir. Tha 7 de na buidhnean aig ìre dreachd phlana an-dràsta agus tha 2 ann a fhuair aonta air na planaichean aca dìreach bho chionn greis. Tha seo a' fàgail 55 ùghdarrasan poblach far an robhas an dùil ri aithisgean dearcnachaidh ro dheireadh a' Mhàirt 2020. Fhuaras aithisgean bho 41 buidhnean (75%) – 39 anns a' chruth ùr agus 2 anns an t-seann stoidhle.
3.3	Tha an clàr-dàta air a bhriseadh sìos ann an 5 prìomh roinnean, le ceistean a bhios a' toirt seachad gèarr-iomradh air na thachair mar na leanas: - • Fios bhon Phoball – cia mheud brath sgrìobhte anns a' Ghàidhlig a thàinig a-steach bhon phoball? • A' sgaoileadh fiosrachaidh – cia mheud pìos sa Ghàidhlig a chur an t-ùghdarras poblach a-mach air na meadhanan sòisealta agus cia mheud fios-naidheachd Gàidhlig a sgaoil iad? • Luchd-obrach – cia mheud neach-obrach a fhuair trèanadh sa Ghàidhlig, cia mheud dreuchd le Gàidhlig riatanach aig an ùghdarras agus cia mheud luchd-obrach le sgilean Gàidhlig a tha ag obair dhan ùghdarras? • Foillseachaidhean – cia mheud foillseachadh dà-chànanach a sgoil an ùghdarras? • Inbhe – cia mheud soidhne dà-chànanach a chur an ùghdarras an àrd?
3.4	Ged a tha beàrnan anns an dàta seo, leis gu bheil fiosrachadh fhathast a dhìth bho 14 ùghdarrasan agus nach robh e comasach dhan a h-uile ùghdarras an dàta air fad a thoirt seachad, thathas den bheachd gu bheil an clàr-dàta (eàrr-ràdh B) a' toirt seachad dealbh feumail aig ìre gach ùghdarrais agus aig ìre nàiseanta.
3.5	'S e siostam ùr a tha seo dhan Bhòrd agus dha na h-ùghdarrasan poblach agus bheir e greis gus am bi na pròiseasan air fad ag obair mar bu chòir. Thathas an dùil gun tig piseach air an obair seo anns na bliadhnaichean ri tighinn agus gum bi clàr nas coileanta ann an ath-bhliadhna.
3.6	Seo gèarr-iomradh air na prìomh phàtranan a nochd ann an dàta 19-20: <u>Oifigearan Gàidhlig</u> Gu sònraichte anns an dàta airson sgaoileadh fiosrachaidh dhan phoball (fios air na meadhanan sòisealta agus fiosan-naidheachd), tha e soilleir gu bheil ùghdarrasan aig a bheil oifigearan Gàidhlig a' conaltradh leis a' phoball tro mheadhan na Gàidhlig nas trice na buidhnean eile.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

3.7 Gàidhlig air na meadhanan sòisealta

Tha an àireamh nàiseanta de phìosan Gàidhlig a chaidh a sgaoileadh air na meadhanan sòisealta nas àirde na bhathar an dùil agus tha a h-uile coltas ann gum bi seo a' fàs nas cudromaiche anns na bliadhnaichean ri tighinn.

3.8 Gàidhlig mar sgil riatanach

Chìthear am fiosrachadh mu dhreuchdan far a bheil Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-teagaisg cuideachd. Tha an àireamh nas àirde na bhathas an dùil aig 583 aig ìre nàiseanta agus dàta bho fhastaichean mòra fhathast a dhìth. Tha e follaiseachd gu bheil buaidh eaconamach leis na dreuchdan seo gu sònraichte aig Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Baile Dhùn Èideann, Comhairle nan Eilean Siar agus Sabhal Mòr Ostaig. Bidh dreuchdan teagaisg mar chnap mhòr de na h-àireamhan seo agus tha obair a dhìth gus dreuchdan Gàidhlig a' sgaoileadh gu roinnean eile anns na h-ùghdarrasan poblach ann an Alba.

3.9 Trèanadh Luchd-obrach

Tha e brosnachail fhaicinn gu bheil cothroman trèanaidh ri fhaighinn aig gach ùghdarras poblach a chur dàta a-steach. A-rithist ge-tà, 's urrainnear ag ràdh gu bheil barrachd adhartas air a bhith ann aig na buidhnean aig a bheil oifigear Gàidhlig. Mar eisimpleir, tha Comhairle Pheairt is Ceann Rois agus Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean air tòrr trèanadh a libhrigeadh. Feumar a bhith mothachail gu bheil am fiosrachadh seo a' gabhail a-steach an dà chuid, clasaichean Gàidhlig agus seiseanan mothachaidh Gàidhlig.

3.10 Dùbhlain leis an siostam ùr

Bhathar mothachail airson a' chiad bhliadhna gum biodh beàrnan san fhiosrachaidh agus bheir e beagan ùine airson dòighean-obrach a chruthachadh taobh a-staigh gach buidheann airson am fiosrachadh àireamhail seo uile a chruinneachadh. Chìthear anns a' chlàr gu bheil beàrnan ann agus tha sin a' ciallachadh nach eil am fiosrachadh coileanta. Thathar an dùil gun tig fuasglaidhean air seo anns a' bhliadhna a tha romhainn leis gum bi na buidhnean air cothrom fhaighinn siostaman ùra a stèidheachadh.

3.11 Chìthear anns a' Clàr-dàta airson 2019/20 (Eàrr-ràdh B) gu bheil 14 buidhnean air dheireadh leis na h-aithisgean aca. Tha seo ag adhbharachadh duilgheadas do dh'Oifigear Buileachaidh nam Planaichean, leis nach eil am fiosrachadh measaidh coileanta agus tha tòrr conaltradh a dhìth leis na buidhnean nach eil air aithisgean a chur thugainn airson fuasglaidhean fhaighinn air a' chùis.

3.12 Dùbhlain eile

Tha e follaiseach gu bheil obair dearcnachaidh nam planaichean a' sìor-fhàs. Tha an siostam ùr seo feumail le bhith tional dàta bhliadhnail bho na h-ùghdarrasan poblach anns an dòigh as fhasa agus as cunbhalaiche.

3.13 Tha e air tighinn am follais gu bheil a' mhòr cuid de bhuidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig aontaichte feumach air taic agus comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig gus na planaichean aca a chur an gnìomh. Leis gu bheil an t-Oifigear Buileachaidh ag obair le gach ùghdarras aig a bheil plana aontaichte, tha an ùine aice gu math gann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

3.14	Airson an obair seo a dhèanamh dhan ìre as fhèarr, tha barrachd ghoireasan a dhìth ann an sgioba nam planaichean airson barrachd adhartas fhaicinn aig ìre gach ùghdarrais phoblaich agus aig ìre nàiseanta.
4.0	**Moladh**
4.1	Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh air ionmhas.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Leis gu bheil obair nam planaichean a' sìor-fhàs fad na h-ùine, tha e cudromach gu bheil luchd-obrach gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus an obair seo a choileanadh gu soirbheachail.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil aig an ìre seo.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig	A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig	A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
☒	☒	☒

Tha dlùth cheangal ann eadar na planaichean reachdail agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig..

Bidh na planaichean reachdail a' cur air adhart nam prìomh amasan anns a' phlana chorporra aig Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte mar a leanas:-

"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"

5.5 Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Leis nach eil dàta coileanta 19-20 ann mar a bhathas an dùil, bidh seo a' toirt buaidh air cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

	Tha dleastanas dearcnachaidh aig Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

BÒRD NA GÀIDHLIG

FOIRM DÀTA BLIADHNAIL 2020-21
ANNUAL RETURN FORM 2020-21

Ainm na buidhne Organisation's name	

Prìomh Dhàta Measaidh Primary Indicator Data

Fios bhon Phoball Communications from the Public	Cia mheud brath sgrìobhte a fhuair am buidheann bhon phoball ann an Gàidhlig am-bliadhna? How many written communications have the organisation received from the public in Gaelic this year?	
A' sgaoileadh fiosrachaidh Dissemination of information	Cia mheud pìos a sgaoil am buidheann air na meadhanan sòisealta ann an Gàidhlig am-bliadhna? How many posts did the organisation distribute on social media in Gaelic this year?	
	Cia mheud fios-naidheachd a chaidh a sgaoileadh leis a' bhuidheann anns a' Ghàidhlig am-bliadhna? How many press releases did the organisation publish in Gaelic this year?	
Luchd-obrach Staff	Cia meud neach-obrach a fhuair cothrom trèanaidh ann an sgilean Gàidhlig am-bliadhna? How many staff received Gaelic skills training this year?	
	Cia mheud dreuchd a th' agaibh an-dràsta far a bheil Gàidhlig ann mar sgil riatanach? How many posts do you currently have where Gaelic is an essential skill?	
	Cia mheud neach-obrach a th' agaibh an-dràsta aig a bheil sgilean Gàidhlig? How many staff currently within the organisation have Gaelic skills?	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Foillseachaidhean **Publications**	Cia mheud foillseachadh a dh'fhoillsich am buidheann gu dà-chananach am-bliadhna? How many organisational publications have been published bilingually (Gaelic and English) this year?	
Inbhe **Status**	Cia mheud soidhne dà-chànanach a chuir am buidheann an àirde am-bliadhna? How many bilingual signs has the organisation erected this year?	

Prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig **National Gaelic Language Plan Priorities**
Cleachdadh na Gaidhlig / Using Gaelic Ciamar a tha a' bhuidhinn a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig? How is the organisation increasing the use of Gaelic?
Ionnsachadh na Gàidhlig / Learning Gaelic Ciamar a tha a' bhuidhinn a' toirt fàs air ionnsachadh na Gaidhlig? How is the organisation increasing the learning of Gaelic?
A'cur air adhart na Gàidhlig / Promoting Gaelic Ciamar a tha a' buidhinn a' cur deagh iomhaigh air adhart airson na Gàidhlig? How is the organisation promoting a positive image of Gaelic?

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Fiosrachadh dearcnachaidh eile
Other monitoring information

A' brosnachadh Foghlam Gàidhlig
Promotion of Gaelic Education

Chan fheum ach Ùghdarrasan Ionadail seo a lìonadh a-steach
For Local Authorities only to complete

Fo Earrainn 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, feumaidh ùghdarrasan ionadail aig a bheil foghlam Gàidhlig anns an sgìre aca seo a shanasachd ann an dòigh iomchaidh. Feumaidh gach ùghdarras ionadail sanasachd a dhèanamh air na còraichean a th' aig pàrantan gus tagradh a dhèanamh airson foghlam Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a stèidheachadh. Ciamar a tha sibh a' coileanadh an dleastanais seo?
Under Section 15 of the Education (Scotland) Act 2016, local authorities which already provide Gaelic education in their area must take reasonable steps to promote this. All local authorities must take reasonable steps to promote the rights which parents have under the Act to make a request for Gaelic Medium Primary Education and the potential provision of Gaelic Learner Education. Could you tell us how you are undertaking this?

Pàrantan Corporra
Corporate Parenting

Chan fheum ach Ùghdarrasan Ionadail seo a lìonadh a-steach
For Local Authorities only to complete

Am b' urrainn dhuibh dàta a thoirt dhuinn air an àireimh de dhaoine òga le Gàidhlig a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a tha clàraichte leis an Ùghdarras.
Please provide data on the number of Gaelic-speaking care experienced young people registered with the Authority.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Am b' urrainn dhuibh fiosrachadh a thoirt dhuinn air tachartasan no cothroman a tha sibh a' cur air dòigh airson daoine òga le Gàidhlig a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a tha clàraichte leis an Ùghdarras. Please provide information on activities or opportunities you provide for Gaelic- speaking care experienced young people.
Co-ionannachd Equalities Bu chòir don a h-uile buidheann seo a lìonadh a-steach For all organisations to complete
An do chomharraich an t-ùghdarras poblach agaibh cùisean sònraichte sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd chothroman a thaobh leasachadh na Gàidhlig? Has your public authority identified any particular issues relating to equality of opportunity with regard to the development of Gaelic language?
A bheil poileasaidhean, modhan-obrach no dòighean-obrach sam bith co-cheangailte ri co- ionannachd a chaidh a chur an gnìomh leis an ùghdarras phoblach agaibh, no a tha gan cur an gnìomh an-dràsta, a bhuineas ri bhith a' cur co-ionannachd chothroman air adhart an lùib leasachadh na Gàidhlig? An inns sibh dhuinn mun deidhinn? Are there any equalities policies, procedures or measures that have been implemented by your public authority, or are in the process of being implemented, that are relevant to advancing the equality of opportunity in the development of Gaelic language? Can you tell us about them?

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

A bheil eisimpleirean ann de cheumannan sònraichte a ghabh sibh gus piseach a thoirt air in- ghabhail agus com-pàirteachas a tha air obrachadh gu sònraichte math a thaobh leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich agaibh? An inns sibh dhuinn nam biodh sibh toilichte nan sgaoileadh Bòrd na Gàidhlig na h-eisimpleirean agaibh agus nan dèanamaid sanasachd orra. Are there examples of implementing specific measures to improve inclusivity or engagement that have worked particularly well regarding Gaelic language development for your public authority? Please indicate if you would be happy for Bòrd na Gàidhlig to share and promote the examples provided.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims	
Àrd Phrionnsabalan	Overarching Principles	
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.	
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.	
Treas Phàrtaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.	
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a- steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.	
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Inbhe	Status			
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.			
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.			
Conaltradh leis a' phoball	**Communicating with the public**			
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.			
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.			
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.			
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.			

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Fiosrachadh	Information			
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.			
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users			
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.			
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.			
Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.			
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**			
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.	**Gaelic Orthographic Conventions** The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.			

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.3

Luchd-obrach	Staff			
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.			
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions			
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.			
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a'mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.			
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process.			
Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig.	Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice.			
Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.			

Aithisgean Dearcnachaidh 2019-20
Prìomh Dàta Measaidh

Ainm na Buidhne	Fiosrachadh	Fios bhon Phoball	A' sgaoileadh fiosrachaidh		Luchd-obrach			Foillseachaidhean	Inbhe
		Brathan sgrìobhte	Pìos air na meadhanan sòisealta	Fios-naidheachd	Luchd-obrach a fhuair trèanadh	Dreuchdan le Gàidhlig riatanach	Luchd-obrach le sgilean Gàidhlig	Foillseachaidhean dà-chànanach	Soidhnichean dà-chànanach ùr
PGR001 Alba Cruthachail	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR002 Àrainneachd Eachdraidheil Alba		5	36	4	60	2	Dàta a' tighinn 20-21	2	14
PGR005 Coimeasan na Croitearachd		2	3	0	10	1	3	59	0
PGR006 Colaisde a' Chaisteil		0	45	6	18	5	35	3	6
PGR007 Comhairle Aonghais		0	0	0	0	1	11	0	1
PGR008 Comhairle Baile Dhùn De		0	2	0	2	0	18	0	3
PGR009 Comhairle Baile Dhùn Èideann		Dàta a' tighinn 20-21	Dàta a' tighinn 20-21	1	87	71	83	1	0
PGR010 Comhairle Baile Glaschu		Dàta a' tighinn 20-21	Dàta a' tighinn 20-21	10	68	123	123	4	2
PGR011 Comhairle Baile Obar Dheathain		0	0	0	Dàta a' tighinn 20-21	8	Dàta a' tighinn 20-21	0	1
PGR012 Comhairle Chrìochan na h-Alba	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR013 Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghaidhealaibh		0	2	0	16	0	3	2	0
PGR014 Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhoid	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR015 Comhairle Fhìobha	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR016 Comhairle Inbhir Chluaidh		0	5	0	Dàta a' tighinn 20-21	9	9	0	0
PGR017 Comhairle Lodainn an Ear	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR018 Comhairle Lodainn an Iar	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR019 Comhairle Lodainn Mheadhanaich	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR020 Comhairle Maoineachaidh na h-Alba		0	14	1	25	0	7	1	13
PGR021 Comhairle Mhoireibh	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR022 Comhairle na Gàidhealtachd	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR023 Comhairle na h-Eaglaise Brice	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR024 Comhairle nan Eilean Siar		51	156	13	29	185	Dàta a' tighinn 20-21	Air fad	Air fad
PGR025 Comhairle Peairt & Ceann Rois		0	77	0	299	11	Dàta a' tighinn 20-21	7	7
PGR026 Comhairle Sruighlea		0	0	0	3	7	11	0	0
PGR027 Comhairle Siorrachd Air a Deas	Fhuair sinn aithisg san seann cruth	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR028 Comhairle Siorrachd Air a Tuath	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR0029 Comhairle Siorrachd Air an Ear		30	10	0	9	9	13	2	9
PGR030 Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn	Plana air aontachadh air 16.04.2020	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR031 Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR032 Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar	Plana air aontachadh air 16.04.2020	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR033 Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR034 Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath		0	78	0	20	19	Dàta a' tighinn 20-21	3	1
PGR035 Comhairle Siorrachd Obar Dheathain		0	1	0	11	0	Dàta a' tighinn 20-21	0	0
PGR036 Comhairle Siorrachd Rìnn Friù		0	2	2	0	0	Dàta a' tighinn 20-21	0	0
PGR037 Comhairle Siorrachd Rìnn Friù an Ear		0	0	0	0	1	Dàta a' tighinn 20-21	0	0
PGR038 Dualchas Nàdair na h-Alba		9	20	6	23	1	16	5	0
PGR039 Foghlam Alba		3	29	0	15	10	Dàta a' tighinn 20-21	16	0
PGR040 Gaileiridhean Nàiseanta na h-Alba		0	2	1	6	0	8	2	0
PGR041 Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		1	10	5	4	2	78	Dàta a' tighinn 20-21	1
PGR042Leabharlann Nàiseanta na h-Alba		3	14	0	107	1	19	0	Dàta a' tighinn 20-21
PGR043 Leasachadh Sgilean h-Alba		493	20	7	Dàta a' tighinn 20-21	2	19	15	0
PGR045 NHS Eileanan Siar		0	1	1	13	0	166	5	0
PGR046 NHS Gàidhealtachd	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR048 Oilthigh Glaschu		0	218	2	43	15	64	3	3
PGR049 Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean		10	90	10	419	1	6	28	14
PGR050 Oilthigh Obar Dheathain	Fhuair sinn aithisg san seann cruth	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR051 Oilthigh Strath Chluaidh	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR052 Pàrlamaid na h-Alba buidheann Chorporra		63	660	86	25	2	49	8	Air fad
PGR053 Poileas Alba		Dàta a' tighinn 20-21	1	0	0	1	51	0	1
PGR054 HIAL	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR055 Riaghaltas na h-Alba	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR056 Sabhal Mòr Ostaig		100	250	20	24	92	96	16	15
PGR057 Seirbheis Ambaileans na h-Alba		0	0	0	6	0	30	0	0
PGR058 Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR059 Spòrs Alba		0	22	0	Dàta a' tighinn 20-21	0	6	2	20
PGR060 Stòras Mara Caileanach Earranta		0	0	Dàta a' tighinn 20-21	30	0	1	3	Dàta a' tighinn 20-21
PGR061 Taighean Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba		0	14	6	1	1	10	2	39
PGR062 Ughdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh		0	40	0	45	0	1	1	3
PGR063 Ughdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn		0	62	0	23	0	Dàta a' tighinn 20-21	Dàta a' tighinn 20-21	Dàta a' tighinn 20-21
PGR064 Ughdarras Poilis na h-Alba	Aithisg 2019/20 a dhìth fhathast	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR065 Ughdarras Theisteanas na h-Alba		1	19	0	27	0	Dàta a' tighinn 20-21	5	1
PGR066 Visit Alba		0	0	8	24	0	33	4	6
PGR067 Coimisean Fearainn na h-Alba	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
PGR068 Iomairt na h-Alba	Aig ìre dreachd phlana	-	-	-	-	-	-	-	-
	Iomlan	771	1903	189	1492	583	969	199	160

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.4

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air Loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	11.4

Tiotal a' Phàipeir	Adhartas nas Luaithe	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/05/2020	Airson Fiosrachadh *
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Airson am fiosrachadh as ùire a thoirt gu Buill a' Bhùird-stiùiridh mu dheidhinn an iomairt "Adhartas nas Luaithe".
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am pìos seo anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 **"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge** Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba."
2.2	Bha a' chiad choinneamh "Adhartas nas Luaithe" ann am Battleby, faisg air Peairt anns an Lùnastal 2018, le riochdairean bho 20 ùghdarras poblach an làthair agus le Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair.
2.3	Dh'aontaich na bha an làthair air 5 phrìomhachasan a bhiodh ann mar bhunait airson 5 sruthan-obrach, le diofar bhuidhnean a' gabhail uallach.

Trusadh agus glèidheadh Tidsearan	Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC)
Ionnsachadh didseatach agus meadhanan	MG ALBA is Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
Eaconamaidh agus margaid-obrach	Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) is Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE)
Ceanglaichean coimhearsnachd	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
Cleachdadh agus taic airson luchd-ionnsachaidh	MG ALBA

2.4	Bha co-dhùnadh ann cuideachd gum bhiodh na h-ùghdarrasan a' tighinn còmhla a-rithist anns an Lùnastal 2019 ann am Battleby.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.4

2.5	Aig a' choinneamh ann an 2019 chaidh aontachadh ris na leanas:- • Cumaidh na 5 sreathan-obrach a' dol • Thèid sreath Ionnsachadh didseatach agus meadhanan a stèidheachadh le fòcas ùr air goireasan ionnsachaidh didseatach • Fòcas as ùr air an turas foghlaim 3-18, le Glaschu mar mhodal • Fòcas as ùr air cùisean an fheachd-obrach – an ceangal eadar sgoil is àite-obrach • Fòcas as ùr air malairteachadh (commercialisation) • Bòrd na Gàidhlig gu bhith a' toirt ceannardas agus co-òrdanachadh ann an co-bhonn le sgioba an Riaghaltais.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Bu chòir coinneamh Adhartas nas Luaithe eile a bhith ann am Battleby sa Lùnastal 2020. Tha coltas ann aig an ìre seo nach bi e comasach coinneamh aghaidh-ri-aghaidh a chumail mar a bhathas an dùil, ach tha Bòrd na Gàidhlig fhathast ag obair a dh'ionnsaigh a' chinn-là seo.
3.2	Tha oifigearan a' Bhùird ag obair air na 5 sruthan-obrach le ùghdarrasan taobh a-muigh na buidhne, gu sònraichte an fheadhainn foghlaim. Thathas mothachail ge-tà gu bheil tòrr de na h-ùghdarrasan a tha an sàs le Adhartas nas Luaithe gu mòr an sàs le obair co-cheangailte ri COVID-19 agus gu bheil seo na prìomhachas dhaibh aig an ìre seo.
3.3	Bho chionn greis, chaidh pròiseas a stèidheachadh far am bi buidhnean de dh'oifigearan ag obair taobh a-staigh na buidhne cuideachd gus na sruthan-obrach a thoirt air adhart.
3.4	Cuideachd, chaidh sruth-obrach a bharrachd a stèidheachadh taobh a-staigh na buidhne a bhios a' coimhead air na geallaidhean anns na planaichean reachdail a tha aontaichte mu thràth tro phrosbaig nan 5 sruthan-obrach. Thathas ag amas an uair sin air na geallaidhean seo a sgaoileadh dha na ùghdarrasan fhèin. Chaidh obair den seòrsa seo adhart aig VisitScotland nuair a bha iad ag ullachadh na ro-innleachd turasachd Gàidhlig – le sùil air na geallaidhean co-cheangailte ri turasachd anns na planaichean aontaichte. Bha an dòigh-obrach seo gu math soirbheachail agus feumail.
3.5	Bidh na diofar bhuidhnean taobh a-staigh a' tighinn còmhla gach cola-deug airson fios as ùr a thoirt seachad. Tha na còmhraidhean seo air a bhith gu math feumail ann a bhith a' soilleireachadh nan cothroman tha Bòrd na Gàidhlig a' faicinn tro na diofar sruthan-obrach.
3.6	Chaidh an dealbh-obrach aig an Oifigear Ealain is Cultar atharrachadh anns an Fhaoilleach gus fòcas nas soilleire a thoirt air na diofar chom-pàirteachan far a bheil Bòrd na Gàidhlig an sàs, a' gabhail a-steach Adhartas nas Luaithe. Chaidh atharrachadh air an tiotal obrach gu Manaidsear Chom-pàirteachan aig an aon àm gus am bi amas ùr na dreuchd nas soilleire. 'S e am Manaidsear Chom-pàirteachan a tha a' co-òrdanachadh co-obrachadh agus conaltradh taobh a-staigh Bhòrd na Gàidhlig co-cheangailte ri Adhartas nas Luaithe agus tha seo air diofar mòr a dhèanamh mu thràth.
3.7	Thathas ag aithneachadh gur e cothrom air leth a th' ann an Adhartas nas Luaithe, air sgàth 's gu bheil còmhraidhean mu dheidhinn na Gàidhlig a' dol air adhart aig àrd ìre anns na h-ùghdarrasan a tha an sàs agus gu bheil taic ann bho àrd ìre aig Riaghaltas na h-Alba. Tha e gu math cudromach gu bheil an obair Adhartas nas Luaithe fhathast a' dol air adhart aig astar aig an àm duilich seo.
4.0	**Moladh**
4.1	Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' gabhail fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.4

5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha an dòigh-obrach ùr seo taobh a-staigh na buidhne a' ciallachadh gu bheil barrachd den sgioba an sàs le Adhartas nas Luaithe agus tha seo a' còrdadh ri daoine.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Tha diofar luchd-obrach a' faighinn chothroman tron phròiseas na sgilean pearsanta aca fhèin a leasachadh. Tha dlùth cheangal eadar an obair seo agus planaichean reachdail aig na h-ùghdarrasan poblach a chur air gnìomh, agus tha Adhartas nas Luaithe a' toirt cothrom an ceangal eadar leasachadh na Gàidhlig agus planaichean reachdail a neartachadh am measg an sgioba.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 **"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge** Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba." Tha dlùth cheangal ann eadar Adhartas nas Luaithe agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig mar a tha Plana Corporra na buidhne ag amas air, gu sònraichte mar a leanas:- *"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh' Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"*
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha e cudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt ceannas do dh'Adhartas nas Luaithe leis an dùil gum bi e soirbheachail. Bidh seo a' neartachadh cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chur an gnìomh.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 – PT1

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/5/2020
Àite:	Aig astar
Tiotal a' Phàipeir	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
Cuspair air a' Chlàr-ghnothaich	11.5 – PT1
Neach-labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Air ullachadh le:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan

Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/5/2020	Airson Aontachadh

1	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta bhon Bhòrd-stiùiridh airson taic a chumail ri Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig aig ìre nas àirde airson 2020/21.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Dh'aontaich am bòrd-stiùiridh aig a' choinneimh aca sa Ghearran 2020 gus taic a chumail ri Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig aig ìre £310,000 airson bliadhna-ionmhais 2020/21.
2.2	Bho chaidh an co-dhùnadh seo a dhèanamh leis a' Bhòrd-stiùiridh, tha Stòrlann air aontachadh *An t-Alltan* a ruith air-loidhne bho seo a-mach, agus tha seo a' toirt buaidh air coileanadh roinn den chùmhnant aca.
2.3	Cuideachd, tha Stòrlann air iarraidh air Bòrd na Gàidhlig barrachd taic a chumail ri màl *An Tosgan*, far a bheil Stòrlann, Acair agus Comunn na Gàidhlig stèidhichte ann an Steòrnabhagh.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig gun a bhith a' cumail co-labhairt *an t-Alltan* gu fiosaigeach bho seo a-mach, agus na h-àite gus seiseanan air loidhne a chumail.
3.2	Chaidh an co-dhùnadh seo a dhèanamh mar thoradh air cosgaisean a bha dol am meud airson a' cho-labhairt a chumail, agus buannachdan a bhathar a' faicinn le bhith lìbhrigeadh nan aon seòrsa seiseanan air-loidhne.
3.3	Ged a chaidh an co-dhùnadh gus an t-slighe seo a ghabhail mus tàinig cuingealachaidhean air sgàth a' choròna-bhìorais, thathar a-nis den bheachd gu bheil e nas iomchaidh buileach gu bheil seiseanan den leithid rim faighinn air-loidhne.
3.4	Chuir Stòrlann molaidhean air adhart gu oifigearan a' Bhùird air na seiseanan seo agus chaidh measadh a dhèanamh leotha, is ceistean a chur air Stòrlann air mar a bhiodh iad a' coileanadh na h-amasan aca san aonta bhliadhnail aca.

3.5	Leis na molaidhean seo, thathar an dùil gum bi e comasach do bharrachd thidsearan pàirt a ghabhail ann an seiseanan leasachaidh na bha comasach tro bhith a' cumail *An t-Alltan* air-loidhne, ag amas gun urrainn 250 a bhith a' gabhail pàirt an àite nan 180 a bh' aig An t-Alltan 2019.
3.6	Thathar cuideachd an dùil gum bi e comasach na seiseanan a chlàradh gus am bi iad rim faighinn as dèidh làimh (a-rithist a' cur ri ruigsinneachd nan seiseanan).
3.7	Tha Stòrlann a' moladh gun cleachd iad an £60,000 slàn a bha ri fhaighinn sa chùmhnant aca airson am plana-obrach seo a chur an gnìomh, is gun tèid £10,000 a-mach às an £60,000 a chleachdadh gu sònraichte airson leasachadh do luchd-obrach ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean.
3.8	Bha oifigearan a' Bhùird riaraichte leis na molaidhean, agus toilichte gun tèid am plana-obrach seo an gnìomh airson 2020/21, le lèirmheas aig deireadh na bliadhna air thoiseach air aonta taic-airgid 2021/22.
3.9	Tha oifigearan an dùil gur dòcha gum bi na cosgaisean slàn a tha a dhìth nas ìsle na £60,000, agus ma thig e am follais gum bi cosgaisean nas ìsle, gum bi an t-airgead nach gabh a chosg air a chumail air ais leis a' Bhòrd bho pàighidhean no air a chur air ais do Bhòrd na Gàidhlig.
3.10	Cuide ris na h-atharraichean a thaobh lìbhrigeadh leasachadh proifeasanta, tha Stòrlann air taic-airgid a bharrachd iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig mu choinneamh màl *An Tosgan*, is Comhairle nan Eilean Siar air àrdachadh a chur air a' mhàl a tha Stòrlann a' pàigheadh dhaibh air a shon anns an Lùnastal 2019.
3.11	Le seo, tha Stòrlann a' sireadh £2,634 airson airgead a bharrachd a chosg iad air màl ann am bliadhna-ionmhais 2019/20, agus àrdachadh £2,107 anns an airgead a bhios a dhìth orra airson màl ann an 2020/21.
3.12	Tha oifigearan a' moladh gun toirear taic-airgid a bharrachd ri Stòrlann (agus mar sin, cuideachd do na buidhnean eile a tha stèidhichte aig *An Tosgan*) anns an dòigh seo.
4.	**Moladh**
4.1	Aontachadh gus **£314,741** a thabhann do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig airson a' chùmhnaint bhliadhnail aca airson 2020/21.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
5.1.1	Ma thèid aontachadh ris na molaidhean, thèid taic-airgid a phàigheadh do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig bho na loidhnichean-buidseat iomchaidh mar a leanas (ma gheibhear aithisgean adhartais iomchaidh is coileanta):

Iomlan	Iuchar 20	Sultain 20	Faoilleach 21
£314,741	£153,741	£77,500	£77,500

5.1.2	Leis gur e airgead a bharrachd a thathar a' moladh le seo, bhiodh na loidhnichean seo £2,634 thairis air a' bhuidseat, ach ghabhadh an t-airgead seo a thoirt bho bhuidseatan eile.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 – PT1

5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil gin ann.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
5.4.1	Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' coileanadh iomadh diofar amas sa Phlana Chorporra tron aonta aca, le iomradh air na puingean sònraichte a bhios iad a' coileanadh ann am FT1.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
5.6.1	Thathar an dùil gum biodh co-dhùnadh gun taic a chur ri Stòrlann mar seo aig an ìre a thathar a' moladh a' toirt droch bhuaidh air an dàimh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Stòrlann, agus dh'fhaodadh seo droch bhuaidh a thoirt air cliù a' Bhùird.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha Stòrlann a' cuideachadh Bòrd na Gàidhlig ann a bhith lìbhrigeadh dleastanasan a th' air a' bhuidhinn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 – PT2

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/5/2020
Àite:	Aig astar
Tiotal a' Phàipeir	Iarrtas GLAIF 2020/21
Cuspair air a Chlàr Gnothaich	11.5 – PT2
Neach-labhairt:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan
Air ullachadh le:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan

Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/5/2020	Airson Aontachadh

1	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta bhon Bòrd-stiùiridh airson taic a chumail ri 1 phròiseact le luach nas àirde na £40,000 tro sgeama taic-airgid GLAIF 2020/21.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
	Sgeama GLAIF san fharsaingeachd
2.1	Bha sgeama GLAIF 2020/21 fosgailte eadar 7 Faoilleach agus 16 Giblean 2020.
2.2	A thaobh suidheachadh COVID-19, bhathar a' toirt fa-near gun robh e duilich do chuid de bhuidhnean (is iad gu mòr an sàs ann a bhith a' freagairt fheumalachdan sònraichte a tha air nochdadh air sgàth a' bhìorais) iarrtasan a chur a-steach. Mar sin chaidh cead a thoirt seachad do bhuidhnean na h-iarrtasan aca a chur a-steach às dèidh a' chinn-uidhe airson iarrtasan. Thathar mothachail gu bheil cuid de bhuidhnean a tha an dùil iarrtas(an) a chur a-steach fhathast gus sin a dhèanamh.
2.3	Chaidh measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan le dà phannal, le riochdairean orra mar a leanas: **Pannal Cleachdaidh** • Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd; • Manaidsear Chom-pàirteachasan; • Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan; agus • Oifigear Conaltraidh **Pannal Foghlaim** • Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd; • Manaidsear Foghlaim; • Oifigear Buileachaidh Phlanaichean; • Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan; agus • Neach-taice Thràth-bhliadhnaichean
2.4	Às dèidh do na h-oifigearan na h-iarrtasan a mheasadh fa-leth, thàinig iad còmhla mar phannalan gus na molaidhean aontachadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 – PT2

Comhairle na Gàidhealtachd – Birth to Three Strategic Partnership

2.5 Tha Bòrd na Gàidhlig air taic a chur ris a' phròiseict seo airson iomadh bliadhna, gus taic a chumail ri buidhnean tràth-bhliadhnaichean ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, is tha an ìre de thaic-airgid a thathar air toirt seachad ri fhaighinn gu h-ìosal:

2019/20	2018/19	2017/18	2016/17
£45,000	£52,163.36	£50,000	£44,500

2.6 Tha na phròiseactan seo air a bhith air an lìbhrigeadh gu soirbheachail le com-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd is an Care and Learning Alliance (CALA), far a bheil nan oifigearan fhastadh.

3. Prìomh Aithris/Fiosrachadh

GLAIF san fharsaingeachd

3.1 Thàinig 46 iarrtasan airson phròiseactan a-steach ann an ùine airson am measadh agus gu h-iomlan tha iad a' sireadh £734,003.61.

3.2 Uile-gu-lèir, mhol na pannalan-measaidh 32 phròiseactan (70% de na h-iarrtasan iomlan) airson taic-airgid fhaighinn, le luach iomlan de £380,850.

3.3 Air sgàth 's nach robh airgead gu leòr ann airson nam pròiseactan a bha na pannalan a' moladh a mhaoineachadh aig an ìre seo, thathar a' sireadh aonta ann am prionnsapal gus taic a chumail ri 8 pròiseactan eile (15% de na h-iarrtasan iomlan), le luach iomlan de £99,950.

3.4 Leis na phròiseactan le aonta ann am prionnsapal, ma nochdas airgead sa bhuidseat aig Bòrd na Gàidhlig rè na bliadhna, thèid aonta iarraidh air an Sgioba-stiùiridh gus taic a thoirt seachad dhaibh.

3.5 Chaidh 6 iarrtasan a dhiùltadh (13%) leis nach d'fhuair iad sgòr-measaidh àrd gu leòr bhon phannal.

Comhairle na Gàidhealtachd – Birth to Three Strategic Partnership

3.6 Tha an t-iarrtas seo a' sireadh taic gus leantainn leis a' chom-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig is Comhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a' fastadh 5 oifigearan pàirt-ùine a tha ag obair le buidhnean tràth-bhliadhnaichean air feadh sgìre na Gàidhealtachd.

3.7 Tha na h-oifigearan seo air am fastadh leis a' bhuidhinn Care and Learning Alliance, is iad a' lìbhrigeadh sheirbheisean do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig san sgìre.

3.8 Mhol am pannal-measaidh an obair a tha na h-oifigearan a' dèanamh le buidhnean san sgìre, agus an com-pàirteachas eadar na trì buidhnean a tha an sàs sa phròiseict.

3.9 Bha an t-iarrtas a' sireadh £54,122 a-mach a cosgaisean iomlan a' phròiseict de £67,652 – ach bha oifigearan air a' phannal den bheachd a thaobh buidseat Bhòrd na Ghàidhlig nach robh e comasach taic a chumail aig an ìre sin, agus gum bu chòir barrachd airgid tighinn bho chom-pàirtichean eile mar phàirt de dh' àbhaisteachadh nan dreuchdan seo mar phàirt den obair aca.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 – PT2

4.	**Moladh**
4.1	Aontachadh ri **£45,000** a thabhann do Chomhairle na Gàidhealtachd airson a' phròiseict "Birth to Three Strategic Partnership", le cumhaichean sònraichte dhan phròiseict seo: • Gum bi sgilean Gàidhlig fileanta aig na h-oifigearan a gheibh taic tron phròiseict seo • Gum bi fios as ùr a' tighinn bho na h-oifigearan gach ràithe do sgioba tràth-bhliadhnaichean Bhòrd na Gàidhlig, is coinneamhan adhartais cunbhalach eadar oifigearan Bhòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd is CALA. • Gum bi sanas naidheachd air a chur air dòigh tron phròiseact air obair nan oifigearan – agus gun tèid taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh an sin. • Gum bi atharrachadh sam bith a thaobh àireamh an luchd-obrach air innse do Bhòrd na Gàidhlig sa bhad.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
5.1.1	Ma thèid aontachadh ris na molaidhean, thèid taic-airgid a phàigheadh do Chomhairle na Gàidhealtachd a rèir a' phròifil gu h-ìosal a-mach à loidhne buidseat 102022 – GLAIF – Foghlam.

	2020/21		2021/22
Iomlan	**Lùnastal 2020**	**Faoilleach 2021**	**Lùnastal 2021**
£45,000	£27,000	£9,000	£9,000

5.1.2 Nuair a chaidh am pàipear seo a' sgrìobhadh bha buidseat airson na loidhne 102022 – GLAIF Foghlam mar a leanas:

	Buidseat	**Commitments**	**Ri chosg**
2020/21	£200,000	£74,643.98	**£125,356.02**
2021/22	£200,000	£20,300	**£179,700**

5.1.5 Gheibhear gu h-ìosal iomradh air na suimeannan airgid a bhios air am pàigheadh a-mach às a' bhuidseat foghlaim le pròiseactan GLAIF, ma thèid aontachadh riutha uile aig na diofar ìrean (le sgaradh eadar an fheadhainn a thathar a' moladh airson aonta aig an ìre seo, agus a' bhuaidh air fad a bhiodh ann le bhith a' cur nam pròiseactan a thathar moladh airson aonta ann am prionnsapal riutha sin).

Molaidhean airson buidseat Foghlaim

	Aonta			Aonta + "In Principles"		
	20/21	**21/22**	**Iomlan**	**20/21**	**21/22**	**Iomlan**
Ri chosg	£125,356.02	£179,700		£125,356.02	£179,700	
Molaidhean	£125,080.00	£29,870	£154,950	£171,440.00	£41,460	£212,900
Diofar	**£276.02**	**£149,830**		**-£46,083.98**	**£138,240**	

5.1.6 Mar a chithear gu h-àrd, tha na molaidhean airson aonta airson a' bhuidseit foghlaim taobh a-staigh a' bhuidseat.

5.1.7 Thathar an dùil fhathast gum bi airgead a' tilleadh bho Oilthigh Shrath Chluaidh airson a' pròiseict aca 1920/3003, is luach timcheall £60,000 ann an sin a dh'fhaodamaid a chur mu choinneamh phròiseactan foghlaim nuair a tha e air tilleadh, is mar sin gun urrainnear sin a chleachdadh mu choinneamh nam pròiseactan a gheibh aonta ann am prionnsapal.

5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 – PT2

5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
5.4.1	Bidh am pròiseact seo a' cur ris na h-amasan a leanas bho Phlana Corporra a' Bhùird:
5.4.2	**Cleachdadh na Gàidhlig** • "A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann." • "A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga" • "A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach" • "A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca"
5.4.3	**Ionnsachadh na Gàidhlig** • "Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG" • "A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taic a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean" • "A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin"
5.4.4	**A' cur air adhart na Gàidhlig** • "Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig"
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒

Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☐		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Mura a toir am Bòrd-stiùiridh taic dhan phròiseact, dh'fhaodadh nach tèid e air adhart agus mar sin gum biodh 5 neach-obrach a' call an dreuchdan agus gum bhiodh buidhnean tràth-bhliadhnaichean air a' Ghàidhealtachd a' call seirbheis riatanach is a' dùnadh cuideachd, agus bheireadh seo droch bhuaidh air cliù a' Bhùird.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil gin ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.5 PT3

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Aig astar
Nì a' chlàr-ghnothaich	11.5

Tiotal a' Phàipeir	Maoin Taic COVID-19	
Moladh do Bhuill	Ri aontachadh	
Neach-labhairt:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Air ullachadh le:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	19/5/2020	Ri aontachadh

1	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta a' Bhùird-stiùiridh airson amas Maoin ann an loidhne-bhuidseat atharrachadh bho Mhaoin Co-obrachaidh gu Maoin Taic COVID-19.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Thòisich cuingealachaidhean COVID-19 anns an Rìoghachd Aonaichte air an 16mh den Mhàrt, agus bhon uair sin tha iad air a bhith air an teannachadh gus a bheil e neo-cheadaichte airson cuid de thachartasan is phròiseactan a tha am Bòrd a mhaoineachadh a ruith.
2.2	Chuir oifigearan a' Bhùird fios a-mach gu poblach air 17mh den Mhàirt a thaobh poileasaidh gus taic a chumail ri bhuidhnean leis na cosgaisean aca ma thèid tachartasan a chur air ais no a chur dheth air sgàth COVID-19.
2.3	Tha £100,000 ann am buidseat 2020/21 airson Maoin Co-obrachaidh a ruith a bhios a' cur taic ri phròiseactan a thèid a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas eadar diofar bhuidhnean lìbhrigidh com-pàirteach aig Bòrd na Gàidhlig.
2.4	Leis nach bi e comasach do chuid de thachartasan agus pròiseactan a bhiodh freagarrach airson na Maoin Co-obrachaidh a ruith air sgàth COVID-19, tha am pàipear seo ann gus an tèid am feum as fheàrr a dhèanamh leis an airgead a thaobh luach an airgid is buaidh a thaobh na Gàidhlig.
2.5	Tha còmhraidhean air a bhith ann eadar oifigearan a' Bhùird is buidhnean com-pàirteach agus buidhnean eile is iad a' cur fàilte air cothroman gus an obair aca atharrachadh is neartachadh anns an t-suidheachadh anns a bheil iad.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Thathar a' moladh nach tèid a' Mhaoin Co-obrachaidh a ruith am-bliadhna mar a bhathar an dùil, agus na h-àite gum biodh Maoin Taic COVID ann.
3.2	Bidh an sgeama taic-airgid Maoin Taic COVID gu sònraichte ag amas air taic a chumail ri bhuidhnean a tha lìbhrigeadh obair tro mheadhan na Gàidhlig le a bhith a' leasachadh agus a' dìon na h-obrach aca fhad 's a tha cuingealachaidhean ann a thaobh gluasad no cruinneachadh air sgàth COVID-19.
3.3	Thathar ag amas gum bi dà phrìomhachas aig an sgeama:

Seisean Fosgailte
Cuspair x

	• Taic a chumail ri bhuidhnean a tha lìbhrigeadh obair Ghàidhlig airson leasachadh luchd-obrach no leasachadh nan dòighean-obrach aca • Taic a chumail ri phròiseactan no iomairtean a chuireas taic ri cleachdadh na Gàidhlig am measg choimhearsnachdan fhad 's a tha cuingealachaidhean ann, no às dèidh sin
3.4	Bidh pròiseactan air am measadh a rèir na buaidh a bhios ann don bhuidhinn agus don choimhearsnachd Gàidhlig air fad, agus cuideachd a rèir na dìleib a bhios aige as dèidh don t-suidheachadh a thaobh COVID-19 fàs nas fheàrr.
3.5	Bidh an taic seo feumail ann an iomadh dhòigh do na buidhnean seo, is e a' ciallachadh gu bheil iad air stèidh nas fheàrr gus cothroman a ghabhail a chuireas taic ri coimhearsnachdan Gàidhlig san eadar-ama nuair a tha cuingealachaidhean ri linn COVID-19 ann agus san àm ri teachd.
4.	**Moladh**
4.1	Gun tèid £100,000 sa bhuidseat airson na Maoin Co-obrachaidh a-nis a chleachdadh airson Maoin COVID.
4.2	Gum bi cead aig an Sgioba-stiùiridh sàbhalaidhean airgid ann an loidhnichean-buidseat leasachaidh eile a ghluasad don loidhne Maoin COVID airson taic a chumail ri ma tha barrachd iarrtasan freagarrach ann na th' ann dè bhuidseat.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
5.1.1	Leis gum bi am moladh seo a' cleachdadh airgead a th' anns a bhuidseat a-cheana, cha bhi seo a' cosg tuilleadh airgid.
5.1.2	Ma tha fo-chosg ann an loidhnichean-buidseat eile, bidh seo a' cuideachadh a' Bhùird le bhith cur an airgid sin gu feum.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil gin ann.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
5.4.1	San fharsaingeachd, leis nach bi an uiread de phròiseactan is tachartasan ann am-bliadhna air sgàth COVID-19, bidh sin a' ciallachadh nach tèid an aon uiread de ghnìomhan a' Phlana Chorporra a choileanadh leis na buidhnean a tha sinn a' maoineachadh.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒

Seisean Fosgailte
Cuspair x

Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☒
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☒
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
5.6.1	Bidh an obair a tha am Bòrd a dhèanamh gus taic a chumail ri buidhnean agus coimhearsnachdan tron mhaoin seo a' cur ri cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Bidh na phròiseactan a thèid a mhaoineachadh tron mhaoin seo a' cuideachadh Bòrd na Gàidhlig ann a bhith lìbhrigeadh dleastanasan a th' air a' bhuidhinn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.6

A' freagairt ri	Am Bòrd Stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	11.6

Tiotal a' Phàipeir	Aithisg Ionmhais gu 30 Giblean 2020	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh	
Neach labhairt:	Ailig Greumach	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	12/05/2020	Airson Fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Paipear Taic 1 - Aithisg Ionmhais 30.04.2020	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Fiosrachadh a thoirt dhan a' Bhòrd-stiùiridh mu suidheachadh an ionmhais airson a mhìos gu 30 Giblean 2020.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	'Se amas a phàipear seo an aithisg ionmhais a thoirt do na Buill gu 30 Giblean 2020 (mìos 1 a mach à 12).
2.2	Chaidh buidseat na bliadhna 2020-21 aontachadh san Fhaoilleach 2020 le prìomh fhigearan mar leanas:

Teachd-a-steach:	**£m**
Tabhartas-gus-Cuideachadh [Grant-in-Aid]	5.179
Teachd-a-steach eile (CnP)	0.100
IOMLAN	**5.279**
Cosgaisean:	
Leasachadh	3.770
Cosgaisean Ruith	1.509
IOMLAN	**5.279**

2.2	Tha Tabhartas-gus-Cuideachadh air a dhearbhadh airson 2020-21.
2.3	Bho chaidh am buidseat seo aontachadh tha an galar Covid-19 air tuiteam air an dùthaich (agus an t-saoghal). Bidh buaidh nach urrain a thomhais an dràsta aig seo air obair Bhòrd na Gàidhlig, agus nas fhaide air adhart sa bhliadhna feumar coimhead ri buidseatan agus an ùrachadh ann an solus an fhiosrachadh an uairsean. An dràsta tha e san amharc an leirmheas a dhèanamh san Ogmhios air a bhuidseat, ma bhios sin freagarrach agus comasach.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.6

Geàrr-iomradh 30 Giblean 2020	Expenditure Year to Date	Budget Year to Date	Variance Year to Date	Annual Budget
Geàrr-iomradh	**£m**	**£m**	**£m**	**£m**
Leasachadh - Cleachdadh	0.218	0.372	(0.154)	1.667
Leasachadh - Ionnsachadh	0.100	0.240	(0.140)	1.760
Leasachadh - Brosnachadh	0.100	0.120	(0.020)	0.343
Leasachadh – IOMLAN	0.418	0.732	(0.314)	3.770
Cosgaisean Ruith	0.090	0.126	(0.036)	1.509
IOMLAN	**0.508**	**0.858**	**(0.350)**	**5.279**
Teachd-a-steach:				
Tabhartas gus Cuideachadh				5.179
Teachd-a-steach eile (CnP etc)				0.100
IOMLAN				**5.279**

Notaichean
1. Banca aig 30/04/2020 £0.514m

3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an t-àm seo, le figearan air aon mhìos an ri làimh agus suidheachadh gu tur neo-àbhaisteach ann, chan ujrrain co-dhùnadh neartmhor a tharraing bhon fhiosrachadh. Tha e soillear gu bheil cosgaisean air tuiteam air deireadh a bhuidseat, leis gu bheil oifisean a'Bhùird agus cuibhreann mòr do na buidhnean ris a bheil sinn a deiligeadh fo bhuaidh Covid-19. Tha buaidh nas motha aig seo air Leasachadh na th'aig air Cosgaisean Ruith, far a bheil an earran as motha ann an tuarastail. Tha cosgaisean siubhail sìos glè mhòr agus tha timcheall air £3k air bhi air chosg air rudan mar uidheamachd ICT co-cheangailte ri obair bhon dachaidhean. Air an t-àm seo, chan urrain beachd sam bi a thoirt air ciamar a thionndaidheas gnothaichean a mach airson na bliadhna
4.0	**Moladh**
4.1	Thathas ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg seo agus toirt fa-near an fhiosrachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Buaidh air buidseatan a rèir na tha air ainmeachadh gu h-àrd.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 11.6

5.3	**Buaidhean air Trèanadh**			
	Chan eil gin ann.			
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**			
	Tha am pàipear seo a toirt taic dhan Bhòrd ann an coileanadh nan amasan airson na bliadhna.			
5.5	**Buaidhean air Cliù**			
	AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**		
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann	☐
	Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☐
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
	Foghlam	☐	Eaconamaidh	☒
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☐		
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	Chan eil gin ann.			
5.7	**Buaidhean Laghail**			
	Chan eil gin ann.			
5.8	**Buaidhean air Co-ionannanachd**			
	Chan eil gin ann.			

Bòrd Reports	Current		Expenditure		Budget				Annual
30 April 2020	Month		to date		to date		Variance		Budget
	£		£		£		£		£
Development Expenditure									
Gaelic Usage									
An Commun - Local Mòds Delivery	2,500		2,500		2,500		-		5,000
Hubs - An Tosgan Rent & Costs	-		-		6,250		(6,250)		25,000
Feisean nan Gàidheal - Contribution to Core Costs	-		-		15,300		(15,300)		30,600
Feisean nan Gaidheal - Sgoil Samhraidh Drama	-		-		10,000		(10,000)		20,000
Feisean na Gaidheal - Song Writing	-		-		25,000		(25,000)		50,000
Feisean na Gaidheal -Fèis TV	-		-		5,000		(5,000)		10,000
CnL - Contribution to Core Costs	45,135		45,135		45,135		-		90,270
CnL - Gaelic Publishing Grants	34,500		34,500		34,500		-		69,000
CNAG - Iomairtean	79,050		79,050		79,050		-		316,200
CNAG - National Youth Programme	5,000		5,000		5,000		-		20,000
An Lochran - Contribution to Core Costs	-		-		7,000		(7,000)		14,000
An Lochran - Annual Programme	-		-		3,500		(3,500)		7,000
An Lochran - An Leanag Lease & Service costs	1,142		1,142		-		1,142		480
ICCI - Gaelic Usage Programme	7,625		7,625		7,625		-		30,500
Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs	-		-		-		-		18,750
Canan - FilmG	-		-		19,000		(19,000)		19,000
Ceòlas - Sgoil Shamhraidh	4,400		4,400		5,000		(600)		10,000
Ceòlas - Tachartasan	-		-		5,000		(5,000)		10,000
Acair - Contribution to Core Costs	-		-		13,770		(13,770)		27,540
Theatre gu Leor - Contribution to Core Costs	-		-		22,185		(22,185)		44,370
Theatre gu Leor - Creative Learning Programme	-		-		5,750		(5,750)		11,500
Collaboration Fund	1,140		1,140		-		1,140		80,000
GLAIF- Gaelic Language Plans Support - Usage	9,600		9,600		15,000		(5,400)		350,000
GLAIF- Gaelic Language Plans Support - Iomairtean	12,400		12,400		-		12,400		82,065
Taic Freumhan Coimhearsnachd	4,075		4,075		40,000		(35,925)		168,500
Colmcille	9,900		9,900		-		9,900		80,000
Gaelic Arts Projects	700		700		-		700		25,000
Discretionary National Gaelic Language Plan Projects	-		-		-		-		2,000
Corpus Development	-		-		-		-		50,000
Total - Gaelic Usage	217,167		217,167		371,565		(154,398)		1,666,775
Gaelic Learning									
An Seotal (Online terminology)	-		-		3,750		(3,750)		15,000
Resources; 0-5, Primary, Secondary, Adult	-		-		50,000		(50,000)		200,000
Storlann - An t-Alltan	-		-		15,000		(15,000)		60,000
Storlann - Prelims	-		-		2,500		(2,500)		10,000
Feisean nan Gaidheal - Feis Sgoil	-		-		30,000		(30,000)		60,000
CnL - Training Programme	5,500		5,500		5,500		-		11,000
Comann nam Parant (CnamP)	31,875		31,875		31,875		-		127,500
ICCI - Gaelic Tuition	12,240		12,240		12,240		-		48,960
Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs	-		-		-		-		6,250
Faclair na Gaidhlig - Contribution to Core Costs	38,250		38,250		38,250		-		76,500
MG Alba - Learn Gaelic	-		-		-		-		24,865
Ceòlas - GIFT	-		-		6,000		(6,000)		-
Ceòlas - Curriculum	-		-		17,850		(17,850)		35,700
Ceòlas - Clasaichean Coimhearsnachd	-		-		1,000		(1,000)		2,000
Acair - Gaelic Publishing Programme	-		-		10,000		(10,000)		20,000
GLAIF - GIFT	-		-		-		-		340,000
GLAIF - Learning	8,136		8,136		-		8,136		200,000
Early Years Support Scheme	2,160		2,160		15,750		(13,590)		189,000
Education and Learning Projects	1,848		1,848		-		1,848		90,000
Collaboration Fund	-		-		-		-		80,000
ITE Support	-		-		-		-		75,000
Data and Information Commissions	-		-		-		-		50,000
Canadian Scholarships	-		-		-		-		8,000
Teacher Recruitment Events	-		-		-		-		10,000
Total - Gaelic Learning	100,009		100,009		239,715		(139,706)		1,739,775

Bòrd Reports	Current	Expenditure	Budget		Annual
30 April 2020	Month	to date	to date	Variance	Budget
	£	£	£	£	£
Development Expenditure					
Gaelic Promotion					
An Commun - Contribution to Core Costs	21,675	21,675	21,675	-	43,350
An Commun -Royal National Mòd Delivery	26,250	26,250	26,250	-	52,500
Feisean nan Gaidheal - Blas Festival	-	-	10,000	(10,000)	20,000
CnL - Marketing	3,750	3,750	3,750	-	7,500
CnL - Duais Meek	1,500	1,500	1,500	-	3,000
ICCI - Contribution to Core Costs	6,375	6,375	6,375	-	25,500
Ainmean Àite na h-Alba - Contribution to Core Costs	40,800	40,800	40,800	-	81,600
Acair - Marketing	-	-	5,000	(5,000)	10,000
GLAIF - Promotion	-	-	-	-	20,000
Collaboration Fund	-	-	-	-	20,000
Marketing Campaigns & Gaelic Awards	125	125	5,000	(4,875)	80,000
Total - Gaelic Promotion	100,475	100,475	120,350	(19,875)	363,450
TOTAL - DEVELOPMENT COSTS	**417,651**	**417,651**	**731,630**	**(313,979)**	**3,770,000**
Operating Costs					
Operating Budgets					
Salaries & E'er NI	71,062	71,062	78,138	(7,076)	937,654
Pension Costs	11,039	11,039	12,798	(1,759)	153,577
Property, Rent & Service Charge	585	585	6,188	(5,603)	74,234
Shared Services	-	-	1,250	(1,250)	15,000
Travel, subsistence & hospitality	1,276	1,276	6,082	(4,806)	72,938
Staff training & recruitment	1,254	1,254	1,832	(578)	22,000
Communications	-	-	2,913	(2,913)	35,000
IT Costs	2,719	2,719	7,194	(4,475)	86,323
Audit & Accounts	1,530	1,530	2,486	(956)	29,834
Professional Fees	635	635	3,307	(2,672)	39,680
Translation Costs	-	-	2,500	(2,500)	30,000
Annual Report	-	-	583	(583)	7,000
Printing, Post & Stationery	104	104	247	(143)	2,970
Sundry	-	-	232	(232)	2,790
Operating Costs Total	**90,203**	**90,203**	**125,750**	**(35,547)**	**1,509,000**
Board Totals					
TOTAL	**507,854**	**507,854**	**857,380**	**(349,526)**	**5,279,000**

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1 PA

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.1

Tiotal a' Phàipeir	Ro-innleachd Rianachd Mhì-chinntean (Risk Management Strategy)	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd	29/04/2020 07/05/2020	Ri Aontachadh Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Ro-innleachd Rianachd Mhì-Chinntean	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson gun tèid aonta a chur ri ùrachadh na Ro-innleachd Rianachd Mhì-Chinntean.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh an ro-innleachd aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus an uair sin leis a' Bhòrd-stiùiridh (BnG-03-1819-07).
2.2	Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na siostaman airson smachd a chumail air mì-chinntean le luchd in-sgrùdaidh Wylie Bissett mar phàirt den obair aca ann an 2019-20. Bha molaidhean aca airson leasachadh san ro-innleachd agus tha na h-atharrachaidhean san ro-innleachd a' freagairt air na molaidhean aca.
2.3	Bheachdaich a' Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhadh air an ro-innleachd ùr aig a' choinneimh aca air 07/05/2020 is bha molaidhean aca a tha a-nise san ro-innleachd.
2.4	Tha na h-atharraichaidhean uile air a chomharrachadh.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha an ro-innleachd a-nise a' comharrachadh ìre miann a thaobh mhì-chinntean (risk appetite), dè na dleastanasan a th' air buill a' bhùird-stiùiridh, Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd, agus air oifigearan; agus fiosrachadh mun chlàr mhì-chinntean gnìomhach (operational risk register).
3.2	Leis gun deach ùrachadh a dhèanamh air an ro-innleachd, tha seo a' coileanadh dleastanas a thaobh ùrachadh air an ro-innleachd a bu chòir a bhith a' tachairt gach bliadhna.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1 PA

4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fiosrachadh sa phàipear seo. Aonta a thoirt don phàipear agus ga mholadh dhan bhòrd-stiùiridh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Cha bhi buaidh air ionmhas.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Bu chòir do bhuill a' bhùird-stiùiridh is stiùirichean a bhith ga leughadh agus ga thuigsinn.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Mura robh ro-innleachd mar seo aig a' bhuidhinn, dh'fhaodadh gun tigeadh droch chliù oirre.
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.
5.7	**Buaidhean Laghail**
	Cha bhi buaidh laghail ann.
5.8	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1

Leas-phàipear 1
BÒRD NA GÀIDHLIG
RO-INNLEACHD AIRSON RIAGHLADH CUNNARTAN

1. RO-RÀDH

1.1 Gabhaidh riaghladh cunnartan a-steach dearbh-aithneachadh agus measadh mì-chinntean agus cothroman ceangailte ri solarachadh nan amas aontaichte. Faodaidh nam mì-chinntean agus cothroman seo a bhith taobh a-staigh no taobh a-muigh a' bhuidhinn.

1.2 Faodaidh riaghladh cunnartan obair aig diofar ìrean a' bhuidhinn. Aig an ìre as àirde, tha riaghladh ro-innleachdail cunnartan a' dèanamh fòcas air solarachadh nan amas corporra fad-ùineach, mar is tric mar a chaidh a stèidheachadh ann am Planaichean Corporra agus Obrachaidh. Bidh cunnartan innleachdach agus lìbhrigidh ceangailte ri planaichean obrachaidh bliadhnail agus ri planaichean sònraichte a' phròiseact agus na gnìomhachd air leth.

1.3 Tha pròiseasan airson riaghladh cunnartan a' stèidheachadh freagairtean planaigte a' bhuidhinn ris na mì-chinntean agus na cothroman gun fheuchainn seo ann an lìbhrigidh na h-amasan againn. 'S e am fòcas a th' aig riaghladh cunnartan a bhith ag obair gus taic a chur ri choileanas targaidean agus amasan. Tron phròiseas riaghladh cunnartan againn tha sinn ag amas ri dearbh-aithneachadh na prìomh mhì-chinnteach aig am bhiodh buaidh diùltach air an lìbhrigidh againn, agus dearbh-aithneachadh nan ceum a tha sinn an dùil ri gabhail ann an beagachadh nam mì-chinnte seo. Tha sinn cuideachd ag amas ri measadh a dhèanamh air cothroman nuair a thigeadh iad am bàrr, beachdachadh air na buaidhean agus iarbhailean a dh'fhaodadh a bhith aca, agus dearbhachadh ma dh'fheumar a leantainn na roghainn seo nas fhaide.

1.4 Feumaidh iadsan aig a bheil dleastanas airson marasgladh nan amas a' mhiannachd chunnairt aca stèidheachadh - an t-eadh ris a bheil iad deònach gabhail ri mì-chinnt a thaobh amasan ro-innleachdail, innleachdach agus obrachaidh, agus an ìre de dh'obair aig am feum fòcas nas motha a bhith a thaobh meudachadh ìrean mì-chinnte ceangailte ri lìbhrigidh. Tha ar dòigh-obrach airson riaghladh cunnartan ag amas ri taic a chur ri measadh cunnartan, an comas airson lùghdachadh no maothachadh nan cunnart seo, agus dearbhadh ma bhios an ìre de chunnart a tha fhathast ann furasta gabhail ris.

2. RIAGHLADH RO-INNLEACHDAIL CUNNARTAN

2.1 Thèid Riaghladh Cunnartan ann am Bòrd na Gàidhlig a stiùireadh bhon ìre ro-innleachdail. Tha dleastanas reachdail aig a' bhuidheann airson iarrtas Plana Nàiseanta na Gàidhlig gu Ministearan na h-Alba gach còig bliadhnaichean, agus tha sinn a' co-ghluasad a lìbhrigeadh. Tha am Bòrd ag aontachadh Plana Corpora còig-bliadhna airson na buidhinn agus a' stèidheachadh clàr-chunnairt ro-innleachdail a bhios dearbh-aithneachadh na prìomh chunnartan a dh'fhaodadh buaidh mhòr a thoirt air coileanadh nam prìomhachasan agus amasan fad-ùine an sàs anns na Planaichean Nàiseanta agus Corpora. Tha am Bòrd, le taic bhon Sgioba Stiùiridh, cuideachd a' stèidheachadh sreath de gnìomhan maothaidh aig a bheil fòcas air lùghdachadh ìrean mì-chinnte - dè cho coltach 's a tha cunnart a thachairt no buaidh a th' aige ma tha e a' tachairt - gu ìrean furasta gabhail ris nuair a 's urrainn dha.

2.2 Tha dleastanas aig a' Bhòrd airson dòigh dèiligeadh ri cunnart ro-innleachdail a stiùireadh nuair a tha e a' lìbhrigeadh na h-amasan fad-ùine aige agus tha e a' dèanamh seo le bhith amalachadh lèirmheas a shuidheachain air cunnart ro-innleachdail mar pàirt fighte a-steach den lèirmheas riaghailteach aige air lìbhrigeadh a' Phlana Chorporra. Thathar a' sgrùdadh stàite nan cunnart ro-innleachdail gach ràith agus cuideachd ri taobh ùrachaidhean air an taisbeanadh le in-sgrùdadh air lìbhrigeadh an aghaidh planaichean ro-innleachdail. Tha fighe a-steach na pròiseasan seo a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseas stiùireadh cunnairt fhathast buntainneach agus ceangailte ri pròiseas sgrùdaidh lìbhrigeadh prìomhachasan a' bhuidhinn.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1 PA

2.3 Faodar dè cho slàn 's a tha clàr-chunnairt Bòrd na Gàidhlig a sgrùdadh aig na puingean seo agus cuideachd dè cho èifeachdach 's a tha gnìomhan maothaidh. Faodar mì-chinntean ùra no cothroman a nochdas, agus na modhan orra ris a bheilear an dùil, a chur ris agus faodar chunnartan a tha air lùghdachadh gu h-urranta a thoirt air falbh bhon chlàr.

2.4 Eadar coinneamhan a' Bhùird, tha dleastanas airson sùil a chumail air riaghladh ro-innleachdail cunnartan agus air a' clàr-chunnairt agus gnìomhan rianachd aig Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd a' Bhùird. Tha iad a' lìonadh an dleastanas seo le bhith dèanamh sgrùdadh air a' clàr-chunnairt aig na coinneamhan ràitheil aca agus a' faighinn ùrachaidhean bhon Sgioba Stiùiridh air cunnartan air leth ùra a nochdas eadar nan coinneamh. Tha an Sgioba Stiùiridh cuideachd a dhèanamh leirmheas gu tric air a' chlàr-chunnairt.

3. MIANNACHD CHUNNART

3.1 Tha ar miannachd chunnart fon ro-innleachd corporra againn, lìbhrigeadh nan amasan chorporra againn agus dùilean an luchd-ùidh. Tha an dòigh-obrach airson riaghladh cunnartan mar a chaidh mìneachadh roimhe a' bunachadh gu bheil dòigh-obrach spionnmhor an àite gnàthach aig Bòrd na Gàidhlig ro miannachd chunnart. Tha seo gu h-àraidh follaiseach air sgàth 's gu bheil miannachd chunnart bheag a thaobh cùisean corporra agus ionmhasail, mar a tha iomchaidh airson buidheann poblach. Tha miannachd chunnart nas motha anns an obair leasachaidh againn, a' dèanamh e comasach dhuinn dòighean-obrach a dh'ùr-ghnàthaich agus rannsachadh thar sreath nas fharsainge de suidheachaidhean agus cnàmh-sgeulan.

4. MEASADH CHUNNARTAN

4.1 'S e eileamaid den dòigh-obrach riaghladh cunnartan againn a th' ann am mheasadh àireamhachail coltas agus buaidh, an dà chuid ro agus às dèidh gnìomhan maothaidh. Ach 's e prìomh shònrachan miannachd chunnart a th' ann an luachadh a' Bhùird air farsaingeachd a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail agus dè gu freagarrach 's a tha freagairtean stiùireadh agus maothaidh, an àite dòigh-obrach gnàthach ro lùghdachadh sgòr nan cunnart.

4.2 Thèid measadh a dhèanamh air cunnartan airson ath-dhearbhadh brìgh na muiseige agus dè an ìre aig am bu chòir an cunnart a bhith. Tha sgòr aig gach cunnart aig ìre mòr, meadhanach mòr no beag stèidhichte air ***Buaidh x Coltachd*** a' cunnairt. Tha sgòr aig buaidh agus coltachd eadar 1 is 5, stèidhichte air na bùird-stiùiridh fodha. Bu chòir do luchd-mheasaidh a' chunnairt an roinn buaidh no coltachd as iomchaidh a thaghadh airson gach cunnart. Tha na clàraidhean-chunnairt againn a' steidhicheadh ìre measaidh chunnartan às dèidh a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig gnìomhan riaghladh agus maothaidh.

4.3.4 Bidh buaidh a' chunnairt a rèir dè cho mòr agus iomadh-fhillte 's a tha e, agus cuideachd a rèir a' mhiannachd chunnairt ceangailte ris a' Ghnìomhachas.

Sgòr	Ionmhasail	Obrachaidh	Neach-ùidh	Meadhanan	Daoine	Lùghdachadh a' Bhuidseid
1	Chan eil buaidh air ar comas buidsead co-chothromach lìbhrigeadh.	Chan eil buaidh air ar comas an t-seirbhis lìbhrigeadh.	Beagan dragh aig luchd-ùidh, ach gun cron air misneachd	Beagan craoladh air na meadhanan ionadail (as bith math no dona) ach gun a bhith leantainn gu buaidh air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Buaidh bheag air ar luchd-obrach Chan eil draghan mì-shealbhar ann a thaobh brosnachadh no sochairean.	<£3%

2	Bidh sinn a' lìbhrigeadh buidsead co-chothromach gun co-cheartachaidhean mòra.	Bidh buaidh glè bheag air ar comas an t-seirbhis lìbhrigeadh.	Cron bheag air misneachd an luchd-ùidh, le impleachd sa gheàrr-ùine.	Craoladh gu prìomhach air na meadhanan ionadail le beagan air na meadhanan nàiseanta (as bith math no dona) le buaidh bheag air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Buaidh air brosnachadh an luchd-obrach. Lùghdachadh beag ann an toradh an luchd-obrach.	4% gu 9%
3	Feum air gnìomhachas gus buidsead co-chothromach lìbhrigeadh. Comas airson buaidh mì-shealbhar air lìbhrigeadh an t-seirbhis	Bidh lùghdachadh anns ar comas na foincseanan againn lìbhrigeadh agus dh'fhaodadh gum bi lùghdachadh beag anns an seirbheis.	Cron meadhanach mòr air misneachd an luchd-ùidh, le impleachd sa gheàrr-ùine agus 's dòcha impleachd san fhad-ùine.	Craoladh air na meadhanan nàiseanta (as bith math no dona) le buaidh meadhanach mòr agus sa gheàrr-ùine air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Reat frithealachadh an luchd-obrach a lùghdachadh. Cùisean slàinte a' tighinn am bàrr. Buaidh air foincsean airson lìbhrigeadh an aghaidh planaichean.	10% gu 14%
4	Chan eil maoineachadh gu leòr ann, a' leantainn gu buaidh mì-shealbhar air pàirtean den foincsean lìbhrigeaidh againn.	Briseadh foincsean airson ùine fhada. Iarbhailean mòra.	Cron mòr air misneachd an luchd-ùidh - impleachd san fhad-ùine air an dàimh	Craoladh air na meadhanan nàiseanta (as bith math no dona) le buaidh mòr agus sa mheadhan-ùine air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Luchd-obrach a' fàgail an t-seirbheis. Eu-comas airson foincseanan gus amasan a ruigsinn. Chan urrainn do Bhòrd na Gàidhlig na prìomhachasan ro-innleachdail lìbhrigeadh.	15% gu 25%
5	Fàilleadh a chum leis na chaidh teachd-a-steach, bidh buaidh air a h-uile pàirt den lìbhrigeadh foincsean againn, feum airson eadar-theachd bhon Riaghaltas	Fàilleadh na foincseanan againn lìbhrigeadh	A' dèanamh sgrios de misneachd an luchd-ùidh, buaidh glè mhòr air misneachd a dh'ath-thogail airson dàimh sam bith san àm ri teachd	Dunaidh mhòr PR, cron mhòr agus fàd-ùine air cliù Bòrd na Gàidhlig (no air an taobh eile, craoladh fharsaing air na meadhanan le brìgh matha san fhad-ùine airson cliù Bòrd na Gàidhlig)	Eu-comas lìbhrigeadh an aghaidh plana chorporra no dùilean nam ministear.	>25%

4.4 Tha an sgòr ag innse dè cho coltach 's a tha e gun nochd a' chunnart, agus tha e cuideachd a' gabhail a-steach sgèile airson pròiseactan sònraichte atharrachadh no raointean-obrach ùra.

Sgòr	Mìneachadh
1	Glè Bheag - Far a bheil tachartas neo-dhàicheil no glè mhì-choltach
2	Beag - Far am faod tachartas a thachair ach tha e nas coltaiche nach tachair e
3	Meadhanach Mòr - Far a bheil e coltach no dàicheil gun tachair tachartas
4	Mòr - Far a bheil e glè choltach gun tachair tachartas
5	Glè Mhòr - Far a bheil e gu bhith cinnteach gun tachair tachartas

4.5Far a bheil sgòr aig cunnart, gheibh e sgòr Glè Mhòr, Mhòr, Meadhanach Mòr no Beag.

Coltachd	1	2	3	4	5
5	B	MM	M	GM	GM
4	B	MM	M	M	GM
3	B	MM	M M	M	M
2	B	B	M M	MM	MM
1	B	B	B	B	B

buaidh

4.6 Nuair a chuir sinn Rangachadh Cunnartan ann tha sinn a' cleachdadh nan slat-tomhais a leanas airson dearbhachadh dè dh'fheumas sinn a dhèanamh. Tha seo a' dèanamh pàirt den miannachd chunnart againn.

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt 20-25	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt 12-16	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt 6-10	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt 1-5	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

4.7 Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:

Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairtchan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.
Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.
Gluais e - Thoirear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile
Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh
Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

5. DREUCHDAN AGUS DLEASTANASAN

5.1 Tha dleastanas aig a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean èifeachdach ann airson neo-theagmhaidheachd a sholarachadh air riaghladh chunnartan. Nì buill a' Bhùird sgrùdadh air a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail aig coinneamh a' bhùird gach ràith agus dearbh-aithnichidh iad roinn cunnairt ùra airson a' bhuidhinn.

5.2 Tha Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd (CSD) a' solarachadh taic dhan a' Bhòrd a thaobh cùisean riaghladh, stiùireadh agus cumail smachd air cunnart. Nì iad ath-sgrùdadh air a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail aig coinneamhan ràitheil, le fiosrachadh air meudachadh/lùghdachadh anns na cunnartan solaraichte.

5.3 Tha dleastanas aig an Sgioba Stiùiridh airson a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail a leasachadh agus airson gnìomhan a chur air dòigh gus chunnartan fheabhasachadh. Tha iad ainmichte fa leth agus tha dleastanasan aca airson cunnartan sònraichte. Tha dleastanas aca cuideachd airson leasachadh agus marasgladh a' chlàr-chunnairt obrachaidh aig an aon àm 's a tha iad a' cur air dòigh gnìomhan ainmichte, an aon rud ris a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail. Bu chòir dhaibh cuideachd fios a thoirt don Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd air cunnart ro-innleachdail ùr sam bith a thig am bàrr eadar nan coinneamh ACC.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1 PA

6. CLÀR-CHUNNAIRT OBRACHAIDH

6.1 Tha an clàr-chunnairt obrachaidh a' dearbh-aithneachadh nan cunnart ro coileanadh nan amasan obrachaidh. Thathar a' sealltainn air cunnartan anns an aon dòigh-measaidh ris a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail agus thèid na h-aon prionnsabalan a chleachdadh airson sealltainn air cunnartan. A-rithist, thèid gach cunnart a riarachadh gu ball an Sgioba Stiùiridh aig a bhios dleastanas air a shon. Thèid an clàr-chunnairt obrachaidh ath-ùrachadh aig coinneamhan an Sgioba Stiùridh gach mìos agus thèid aithisg dhan Chomataidh Sgrùdaidh agus an uair sin dhan a' Bhòrd.

7. LÈIRMHEAS

7.1 Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air miannachd chunnairt Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna agus bithear a' beachdachadh air leis a' Bhòrd airson dearbhachadh gu bheil a' mhiannachd fhathast iomchaidh airson amasan ro-innleachdail am fàire a' bhuidhinn sholarachadh an lorg factaran agus cuingealachdan taobh a-muigh agus taobh a-staigh.

Shona C NicIllinnein
Ceannard
07.05.2020

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.2

Tiotal a' Phàipeir	Clàr Mhì-Chinntean Ro-innleachdail	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein / Ailig Greumach	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha Eàrr-ràdh 1 – Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail	

1.0	**Adhbhar/Reason**
1.1	Tha am pàipear seo a' toirt iomradh air na mì-chinntean ro-innleachdail a dh'fhaodadh a bhith a' bualadh air obair na buidhne. Chaidh an clàr ùrachadh aig coinneamh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air 07/05/2020.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh/Background**
2.1	Bithear a' dèanamh sgrùdadh gu cunbhalach air na clàran de mhì-chinntean gach ràith aig coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus coinneamhan na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus gach mìos aig coinneamhan den Sgioba-stiùiridh gus dèanamh cinnteach gu bheil na clàran freagarrach a thaobh nam mì-chinntean a tha air an comharrachadh agus gus beachdachadh air na gnìomhan a thathar a' dèanamh gus rian a chumail air mì-chinntean agus gus mì-chinntean a lùghdachadh.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh / Main points**
3.1	Tha earrann ùr sa chlàr le mì-chinntean co-cheangailte ri Covid-19. Tha ceithir mì-chinntean air ainmeachadh; tha trì dhiubh ann a tha ùr agus dhà eile a bha air a' chlàr mar-thà. Chaidh na mì-chinntean na leanas suas: 2.3 Eaconamaidh 3.1 Foghlam Gàidhlig 3.2 Foghlam Gàidhlig 3.3 Slighe gu ionnsachadh 4.3 Inbhe na Gàidhlig Tha aon mì-chinnt air a dhol sìos: 5.3 Cliù na buidhne
4.0	**Moladh /Recommendation**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill: a) Beachdachadh air an ùrachadh mu dheireadh a chaidh a dhèanamh air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail agus air a' chlàr mhì-chinntean obrach. b) Beachdachadh air mi-chinntean feuch a bheil Buill den bheachd gum bu chòir dhuinn fiosrachadh ùr a chur ris na clàran mhì-chinntean c) An aonta a chur ris na clàran mhì-chinntean, a' gabhail a-steach molaidhean a thèid a dhèanamh a thaobh mì-chinntean a bharrachd nach eil air a' chlàr an-dràsta.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2

5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	n/a
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	n/a
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	n/a
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Amas a' Phlana Chorporra 4: Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**
	n/a
5.6	**Buaidhean air Cliù**
	n/a
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	n/a
5.8	**Buaidhean Laghail**
	n/a
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	n/a

CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt			A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt	
1. Covid-19															
1.1	**Buaidh Covid-19 air seann-dhaoine**	Call pàirt mhòr ginealach luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig aig a bheil beartas briathrachas agus eòlas cultarail, a' leantainn ri bun-chànain bochd.	A' dèanamh cinnteach gun tèid obair a dhèanamh sa bhad airson làn-mheudachadh co-thadhal air loidhne eadar seann-dhaoine agus òganaich.	**Dèilig ris:** Còmhla ri com-pàirtichean, a' brosnachadh conaltraidh thar ghinealach airson aonarachd nan seann-dhaoine lùghdachadh agus tar-aiseag cànain meudachadh.	Màr 2020	An Giblean 2020	3	4	12	ÙR	-	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
1.2	**Lùghdachadh san eaconomachd, a' leantainn ri ìre nas lugha de mhaoineachadh poblach agus feum a bharrachd airson maoineachadh ann an seirbhisean cùram èiginneach** (a bha 4.1 sa chlàr mu dheireadh)	Ìre nas lugha de mhaoineachadh airson leasachadh na Gàidhlig	A' dèanamh cinnteach gu bheil Feabhas Luach na prìomh lèir-smaoin ann am modh-obrach Bòrd na Gàidhlig.	**Dèilig ris:** Tha Bòrd na Gàidhlig a' leantainn a dh'obair air prionnsabalan Feabhas Luach. **Gabh ris** Ag ullachadh cnàmhan-sgeòil aig ìre àrd stèidhichte air prìomhachasan leasachaidh ri linn maoineachaidh lùghdaichte **Gabh cothrom:** A' co-obrachadh le buidhnean eile an roinn phoblach airson roghainn seirbheis co-roinnte a meudachadh agus beachdachadh air co-obrachadh a bharrachd	An Giblean 2019	An Giblean 2020	4	4	16	12	↑	4	4	16	Ceann Roinn an Ionmhais
1.3	**Chan urrainn do com-pàirtichean pròiseactan a lìbhreachadh (a chaidh maoineachadh le BnG)**	Ìre nas lugha de gnìomhachas anns a' Ghàidhlig; comas nas lugha airson nam prìomhachasan ro-innleachdail BnG lìbhrigeadh.	Co-obrachadh le com-pàirtichean airson beachdachadh air agus leasachadh roghainn eile.	**Dèilig ris:** A' leantainn le conaltradh gu tric leis na prìomh bhuidhnean maoinichte. Gabh cothrom: A' beachdachadh air, còmhla ri com-pàirtichean, roghainn eile no leasachaidhean ùra airson taic a chur ri lìbhrigeadh seirbhisean na Gàidhlig.	An Giblean 2020	An Giblean 2020	4	3	12	ÙR	-	4	4	16	Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
1.4	**Call luchd-obrach air sgàth 's tinneas**	Comas lùghdaichte obair BnG a dhèanamh agus buaidh air misneachd an luchd-obrach.	Pròg̀ram taic airson luchd-obrach ag obair bhon taigh.	**Dèilig ris:** Ag ath-sgrùdadh prìomhachasan a' bhuidhinn. A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd na prìomhachas airson luchd-obrach agus a' bhùird.	Màr 2020	An Giblean 2020	4	3	12	ÙR	-				Ceannard

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **20-25**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **12-16**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt **6-10**	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt **1-5**	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:
Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.
Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.

Gluais e - Thoirear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile
Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh

Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

Ùrachadh mu dheireadh: 11.05.2020

CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt			A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt	
2. Tha barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bhon Ghàidhlig aig obair, aig an taigh agus anns a' choimhearsnachd.															
2.1	**Tha coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig a' fàs nas aosta agus a' lùghdachadh**	Bidh dìth feachd-obrach a tha sgiolta gu h-eaconomach a' lùghdachadh cothroman airson tar-chur eadar-ghinealach agus cleachd	A' dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean a tha buntainn ri coimhearsnachdan luchd-labhairt na Gàidhlig ag amas ri òganaich a chumail agus tarraing a-steach.	**Deilig ris:** A' gabhail a-steach na Gàidhlig ann an leasachadh poileasaidhean agus a' cur ri co-chomhairleachadh phoblach. A' cur taic ri iomairtean a tha ag amas ri daoine a chumail agus a tarraing a-steach do choimhearsnachdan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach A' brosnachadh buidhnean gus faicinn gur e cothrom fuireach anns na h-eileanan a th' ann an obair bhon taigh airson òganaich.	Samh 2019	An Giblean 2020	3	3	9	9	-	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
2.2	**Cunntais-shluaigh na h-Alba 2021**	Bidh buaidh diùltach aig lùghdachadh leantaileach luchd-labhairt na Gàidhlig air sealladh a' phoblach agus luchd-poilitigs.	A' brosnachadh luchd-labhairt na Gàidhlig na sgilean Gàidhlig aca aithneachadh anns a' chunntais-shluaigh.	**Gabh ris:** Ro-innleachd conaltraidh gus daoine a bhrosnachadh nan sgilean Gàidhlig aca aithneachadh ann an cunntais-shluaigh na h-Alba. Ro-innleachd conaltraidh ann mus tig tòraidhean a' chunntais-shluaigh a-mach. **Gabh cothrom:** A' brosnachadh luchd-ionnsachaidh Duolingo pàirt a ghabhail ann am pròiseas a' chunntais-shluaigh.	Samh 2019	An Giblean 2020	3	3	9	9	-	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
2.3	**Eaconomachd**	Bidh maoineachadh lùghdaichte airson buidhnean poblach a' leantainn gu ìre nas lugha de chosg air a' Ghàidhlig.	A' co-obrachadh le buidhnean poblach gus an brosnachadh ann an cumail suas taic airson na Gàidhlig.	**Dèilig ris:** A' dèanamh cùise airson na Gàidhlig mar so-mhaoin eaconomaigeach A' leasachadh Planaichean Gàidhlig a ghluaiseas na prìomhachasan riatanach. A' cleachdadh Planaichean Gàidhlig gus buidhnean poblach a bhrosnachadh ann an cosg air Gàidhlig àbhaisteachadh anns na prìomh raointean mar foghlam. Gabh cothrom: A' cleachdadh a' phàipear a bhathar a bhith lìbhrigeadh gu CoHI airson na Gàidhlig mar cothrom atharrachaidh sgìreil ann an àrainneachdan eile.	Samh 2019	An Giblean 2020	4	4	16	12	↑	4	4	16	Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **20-25**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **12-16**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt **6-10**	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt **1-5**	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:

Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.

Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.

Gluais e - Thoirear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile

Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh

Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

Ùrachadh mu dheireadh: 11.05.2020

CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt			A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt	
3 Tha cothroman leasachaidh sgil na Gàidhlig airson daoine aig aois sam bith a' meudachadh agus tha iad nas ruigsinniche.															
3.1	Air sgàth 's cudrom air a' bhuidsead a' tighinn bho Covid-19, cha prìomhaich na UI Foghlam Gàidhlig a tha ann mar-thà.	Tha an àireamh de chlann aig a bheil sgilean Gàidhlig neo-choileanta airson àireamhan luchd-labhairt a chumail suas.	A' dèanamh cinnteach gu bheil daoine agus airgead gu leòr gus iarrtas a ruigsinn	**Dèilig ris / Gluais e:** Ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach ri fhaighinn nuair a tha feum orra. **Dèilig ris / Gluais e:** Ag obair còmhla ri colaistean, oilthighean agus solaraichean trèanaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil na cùrsaichean aca a' lìbhrigeadh luchd-obrach gu leòr gus iarrtas a ruigsinn. **Dèilig ris:** A' leantainn air le taic airson UI air dleastanasan nam Plana Gàidhlig agus tro chosnadh le l nàiseanta (GLAN, ADES msaa.)	Samh 2019	An Giblean 2020	4	4	16	12	↑	4	5	20	Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig
3.2	**Chan eil ùghdarrasan ionadail deònach Foghlam Gàidhlig a fàs.**	Tha an àireamh de chlann aig a bheil sgilean Gàidhlig neo-choileanta airson àireamhan luchd-labhairt a chumail suas.	A' dèanamh na cùise (ionmhasail agus foghlaim) airson foghlam na Gàidhlig.	**Dèilig ris:** Ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheil taic fiosrachaidh spionnadail airson cùis làidir. Rianan-smachd: A' leantainn air le taic airson UI air dleastanasan nam Plana Gàidhlig agus tro chosnadh le l nàiseanta (GLAN, ADES msaa.) **Gabh cothrom:** A' cleachdadh Siorrachd Àir a Tuath mar rannsachadh cùise gus ùghdarrasan eile brosnachadh.	Samh 2019	An Giblean 2020	4	4	16	12	↑	4	5	20	Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig
3.3	**Turas-ionnsachaidh neo-iomlan no Turas-ionnsachaidh aig nach eil tòiseach**	Bidh ìre nas lugha de dhaoine a' ruigsinn a' chomais aca a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig	A' dèanamh cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig fhathast na roghainn. A' dèanamh cinnteach gum faod a h-uile pàiste a' tòiseachadh ann foghlam Gàidhlig a leantainn gu àrd-ìre.	**Dèilig ris / Gluais e:** A' leantainn air le taic airson UI air dleastanasan nam Plana Gàidhlig agus tro chosnadh le lìonraidhean nàiseanta (GLAN, ADES msaa.) A' leantainn air le obair com-pàirteachas le LearnGaelic agus buidhnean nàiseanta mar Foghlam Alba agus an SQA.	Samh 2019	An Giblean 2020	4	4	16	12	↑	5	3	15	Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **20-25**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **12-16**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt **6-10**	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt **1-5**	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:
Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.
Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.

Gluais e - Thoirear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile
Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh

Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

Ùrachadh mu dheireadh: 11.05.2020

CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt			A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt	
			A' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-ionnsachaidh inbheach a dh'iarras fileantachd a' faighinn an cothrom sin a dhèanamh.	A' dèanamh conaltradh le ùghdarrasan ionadail gus dèanamh cinnteach gum faod an uiread 's a ghabhas de òganaich a dh'ionnsaicheas Gàidhlig sa bhun-sgoil leantainn orra leotha san àrd-sgoil. **Gabh cothrom:** Ag obair leis a h-uile com-pàirtiche gus cead ri goireasan air-loidhne brosnachadh airson luchd-ionnsachadh aig a h-uile aois. **Gluais e:** A' dèanamh cinnteach gu bheil stiùiriche ro-innleachdail ann airson dèanamh cinnteach gu bheil goireasan aig luchd-ionnsachaidh gus an toirt gu fileantas.											

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **20-25**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **12-16**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt **6-10**	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt **1-5**	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:
Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.
Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.

Gluais e - Thoirear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile
Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh

Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

Ùrachadh mu dheireadh: 11.05.2020

CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt			A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt	
4. Tha beachdan fàbharach aig barrachd daoine ann an Alba mu dheidhinn cànan agus cultar na Gàidhlig.															
4.1	**Cha mhair a' Ghàidhlig an t-sealladh fàbharach aice.**	Tha ìre nas lugha de dhaoine ag iarraidh a bhith an sàs le no ag ionnsachadh a' chànain	A' dèanamh cinnteach gu bheil soirbheas na Gàidhlig ann an bailtean agus cathraichean air shoillseachadh. A' soillseachadh luach a' chànain ann an coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig. A' dol an aghaidh teachdaireachdan diùltach agus mì-fhios.	**Dèilig ris:** A' cumail ro-innleachd conaltraidh luimneach gus na soirbheasan fhollaiseachadh agus dol an aghaidh mì-fhios. **Gluais e:** A' brosnachadh feadhainn eile a làn-mheudachadh altan naidheachd matha mun a' Ghàidhlig.	Samh 2019	An Giblean 2020	4	4	16	16	-	5	4	20	Ceannard
4.2	**Poileataigeachadh a' chànain**	Tha taic airson na Gàidhlig a' fàs pòlaraichte air poileasaidhean aontaichte nam pàrtaidhean poileataigeach.	A' leantainn air le conaltrach còmhla ris a h-uile partaidh poileataigeach air foras neo-phàirteasan.	**Dèilig ris:** A' dèanamh cinnteach nach tèid Gàidhlig a tarraing gu aon taobh pàirteasanach.	Samh 2019	An Giblean 2020	4	3	12	12	-	4	4	16	Ceannard
4.3	**Chan eilear a' faicinn gur e rud cudromach a th' anns a' Ghàidhlig**	Bhleith taic poblach agus poilitigeach airson na Gàidhlig	A' dèanamh rud àbhaisteach den a' Ghàidhlig anns a' bheatha Albannach	**Dèilig ris:** A' cur cuideam air an luach sòisealta agus eaconomaigeach a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba.	Samh 2019	An Giblean 2020	4	4	16	12	↑	4	4	16	Ceannard

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **20-25**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt **12-16**	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt **6-10**	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt **1-5**	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:

Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.

Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.

Gluais e - Thoirear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile

Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh

Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

Ùrachadh mu dheireadh: 11.05.2020

CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt			A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt	
5 Tha Bòrd na Gàidhlig a' leantainn a leasachadh mar a tha e a' fàs															
~~1~~	~~**Ìre nas lugha de maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba air sgàth 's Covid-19**~~ (air gluasad gu 1.2)	~~Chan fhaod Bòrd na Gàidhlig na dleastanasan aca a choileanadh.~~	~~A' dèanamh cinnteach gu bheil Feabhas Luach na prìomh lèir-smaoin ann am modh-obrach Bòrd na Gàidhlig.~~	~~**Dèilig ris:**~~ ~~Tha Bòrd na Gàidhlig a' leantainn a dh'obair air prionnsabalan Feabhas Luach.~~ ~~**Gabh ris**~~ ~~Ag ullachadh cnàmhan-sgeòil aig ìre àrd stèidhichte air prìomhachasan leasachaidh ri linn maoineachaidh lùghdaichte~~	~~Samh 2019~~	~~An Giblean 2020~~	~~4~~	~~4~~	~~16~~	~~12~~	~~-~~	~~4~~	~~4~~	~~16~~	~~Ceann Roinn an Ionmhais~~
- coinnichidh a' chomataidh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna. Bidh seo a' tachairt gu àbhaisteach ro choinneamh a' bhùird-stiùiridh, le ùine gu leòr son pàipearan a dhol air adhart do choinneamh a' bhùird-stiùiridh a' leantainn air coinneamh a' chomataidh. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh nuair a bhios seo iomchaidh na b(h)eachd.
- feumaidh dithis bhall den chomataidh aig a' char as lugha a bhith an làthair aig coinneamh airson cuòram.
- mar as trice, bidh an t-Oifigear Cunntachail, Ceann Roinn an Ionmhais, an Neach In-sgrùdaidh, agus riochdaire bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh an làthair aig coinneamhan comataidh.
- faodaidh a' chomataidh iarraidh air oifigear sam bith eile aig a' bhuidhinn a bhith an làthair gus cuideachadh leis na còmhraidhean aca air cùis shònraichte sam bith;
- faodaidh a' chomataidh iarraidh air duine sam bith no a h-uile duine a bhios mar as trice a' frithealadh coinneamhan na comataidh, ach nach eil nam buill, a' choinneamh fhàgail gus an gabh cùisean sònraichte a dheasbad ann an dòigh fhosgailte is fhosgarra;
- dh'fhaodte gun iarr am Bòrd no an t-Oifigear Cunntachail air a' chomataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh gus beachdachadh air cuspairean sònraichte air a bheil iad ag iarraidh beachdan na comataidh.

Riatanasan fiosrachaidh

Airson gach coinneamh, thèid na leanas a thoirt dhan chomataidh:

- aithisg le geàrr-chunntas air atharrachadh susbainteach sam bith ann an Clàr-chunnartan na buidhne;
- aithisg adhartais bhon Neach In-sgrùdaidh a' toirt geàrr-chunntas air:
  - obair a rinneadh (agus coimeas ris an obair a bha air a planadh);
  - prìomh cheistean ag èirigh às an obair In-sgrùdaidh;
  - freagairt an luchd-stiùiridh do mholadh sgrùdaidh sam bith;
  - atharrachaidhean susbainteach air a' phlana sgrùdaidh;
  - ceist sam bith a thaobh stòrasan a tha a' toirt buaidh air lìbhrigeadh amasan in-sgrùdaidh;
- aithisg adhartais bhon riochdaire bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh a tha a' toirt geàrr-chunntas air obair a rinneadh agus air na co-dhùnaidhean a tha a' tighinn am bàrr;

Meetings

The procedures for meetings are:

- the committee will meet at least four times a year. This will normally precede board meetings with sufficient time intervals for papers from the committee to be presented to the following board meeting. The Chair of the Committee may convene additional meetings, as he/she deems necessary;
- a minimum of two members of the committee will be present for the meeting to be deemed quorate;
- committee meetings will normally be attended by the Accountable Officer, the Head of Finance, the Internal Auditor, and a representative of External Audit
- the committee may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter;
- the committee may ask any or all of those who normally attend but who are not members to withdraw to facilitate open and frank discussion of particular matters;
-
- the Board or Accountable Officer may ask the committee to convene further meetings to discuss particular issues on which they want the committee's advice.

Information requirements

For each meeting the committee will be provided with:

- a report summarising any significant changes to the organisation's Risk Register;
- a progress report from the Internal Auditor summarising:
  - work performed (and a comparison with work planned);
  - key issues emerging from Internal Audit work;
  - management response to audit recommendations;
  - significant changes to the audit plan;
  - any resourcing issues affecting the delivery of Internal Audit objectives;
- a progress report from the External Audit representative summarising work done and emerging findings;

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.3 PT2

• aithisg adhartais bho Bhuidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh	• a progress report from the Improvement Plan Steering Group.
Nuair a bhios e iomchaidh, thèid na rudan a leanas a thoirt dhan comataidh cuideachd: • aithisgean le fios as ùr air obair na buidhne bhon Oifigear Chunntachail; • am Plana In-sgrùdaidh bliadhnail a tha a' mìneachadh nam Bun-riaghailtean agus na Ro-innleachd • Beachd agus Aithisg Bhliadhnail an Neach In-sgrùdaidh; • aithisgean dearbhachd càileachd air obair In-sgrùdaidh; • dreachd de chunntasan na buidhne; • an dreachd den aithris air riaghladh; • aithisg air atharrachadh sam bith air poileasaidhean cunntasachd; • An litir/aithisg stiùiridh aig an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh; • aithisg air moladh sam bith gus seirbheisean sgrùdaidh a chur a-mach gu tairgse; • aithisg air co-obrachadh eadar an Neach In-sgrùdaidh is an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh; • aithisg air na pròiseasan an aghaidh foill agus brìbearachd agus air mar a thathar a' coileanadh nam pròiseasan sin; • aithisgean bho thùsan eile taobh a-staigh nan "trì loidhnichean dearbhachd" anns an Fhrèam Dearbhachd aig Bòrd na Gàidhlig; • fiorsrachadh air mi-chinnt cudromach sam bith a bhios ag èirigh eadar coinneamhan a bhith air innse dhan chomataidh le sgioba stiùiridh.~~.~~	As and when appropriate, the committee will also be provided with: • business update reports from the Accountable Officer; • the annual Internal Audit Plan detailing Terms of Reference and Strategy • the Internal Auditor's Annual Opinion and Report; • quality assurance reports on the Internal Audit function; • the draft accounts of the organisation; • the draft governance statement; • a report on any changes to accounting policies; • External Audit's management letter/report; • a report on any proposals to tender for audit functions; • a report on co-operation between Internal and External Audit; • a report on the anti-fraud and anti-bribery arrangements and performance; • reports from other sources within the "three lines of assurance" in Bòrd na Gàidhlig's Assurance Framework; • any significant new risk arising to be advised to the committee by the Leadership Team on its occurence.

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.3 PT3

GNÀTH-RIAGHAILTEAN

AIRSON COINNEAMHAN FOIRMEIL

BÒRD-STIÙIRIDH BHÒRD NA GÀIDHLIG

STANDING ORDERS

FOR FORMAL MEETINGS OF

BÒRD NA GAIDHLIG'S BOARD

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd Stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **2019-12-11**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: 10-2020

A' Ghàidhlig is Beurla co-ionnan: xxxx

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.3 PT3

Clàr-innse/ Contents

Ro-ràdh	Preamble	3
Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh	Board Membership	3
Cuòram	Quorum	4
Cleachdadh na Gàidhlig	Use of Gaelic	5
Tiomnadh cumhachdan	Delegation	5
Clàr nan Coinneamhan	Schedule of Meetings	5
Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh	Board Agenda and Papers	6
Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte	Board Papers dealt with in Closed Session	8
Òrdugh nan Gnothaichean	Order of Business	9
Làthaireachd aig coinneamhan	Attendance at Meetings	9
Ceistean Bùird	Board Questions	9
A' stiùireadh choinneamhan	Chairing of meetings	10
Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh	Board Decisions	10
A' bhòtadh	Voting	12
Co-dhùnaidhean air an cur dheth	Deferred Decisions	13
Comhairle dhan bhòrd-stiùiridh	Advice to the Board	13
Clàr nan com-pàirtean - A' clàradh com-pàirt	Declarations of Interest - Making a Declaration	14
A' bhuaidh aig nochdadh com-pàirt	Effect of Declaration	14
Ceadan sònraichte	Dispensations	15
Geàrr-chunntasan a' Bhùird-stiùiridh	Board Minutes	15
A' cur bhall à dreuchd rè ùine	Suspension of Members	16
Dìomhaireachd	Confidentiality	17
Fiachanas pearsanta buill a' bhùird-stiùiridh	Personal liability of Board Members	17
A' cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean	Suspension and amendments of Standing Orders	18

	(Tha seo an sàs cuideachd airson coinneamhan Comataidh Bhòrd na Gàidhlig cuideachd mur a tèid an caochladh a ràdh ann am Bun-riaghailtean na Comataidh)	(Applies also to Bòrd na Gàidhlig's Committees unless stated otherwise in Committee Terms of Reference)
	Ro-ràdh	**Preamble**
1	Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh gus dleastanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("An Achd") a choileanadh	Bòrd na Gàidhlig was established to carry out the functions stated in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 ("the Act").
2	Tha am pàipear seo a' mìneachadh nan dòighean-obrach mionaideach airson a bhith a' ruith choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig. Tha na dòighean-obrach an seo an sàs airson coinneamhan comataidhean a' Bhùird cuideachd mar a bhios iomchaidh, ach a-mhàin ma bhios Comataidh a' cur a ghnàth riaghailtean fhèin air dòigh. Ma nithear seo, feumaidh iad a bhith air an aontachadh leis a' Bhòrd.	This paper sets out the detailed procedures that apply to the conduct of meetings of Bòrd na Gàidhlig's Board. The procedures also apply to meetings of the Committees of the Board as appropriate unless a Committee adopts its own standing orders, in which case they must be endorsed by the Board.
3	Tha na Gnàth Riaghailtean seo a bharrachd air na riatanasan a tha air am mìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na h-ullachaidhean anns na sgrìobhainnean a leanas: • Còd-giùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig (2002) • Achd Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach is msaa (Alba) (2000) • Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachdail (Alba) (2004) • Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) (2002) • Achd an Dìon Dàta (2018)	These Standing Orders are in addition to the requirements as set out in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and the provisions set out in the following documents: • Code of Conduct for Members of Bòrd na Gàidhlig (2002) • The Ethical Standards in Public Life etc. (Scotland) Act (2000) • Environmental Information (Scotland) Regulations (2004) • The Freedom of Information (Scotland) Act (2002) • The Date Protection Act (2018)
4	Thèid Buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a chur an dreuchd leis a' Mhinistear air a bheil Uallach agus bi ballrachd gun a bhith nas lugha na 5, no nas motha na 11, buill àbhaisteach. Thèid aon bhall a bharrachd a thaghadh leis a' Mhinistear air a bheil Uallach airson a bhith na C(h)athraiche.	Bòrd na Gàidhlig's Board members are appointed by the Responsible Minister, and the Board will consist of no fewer than 5, nor more than 11, ordinary members. An additional member is appointed by the Responsible Minister to be the Cathraiche (Chair).
	Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh	**Board Membership**
5	Nuair a bhios oifis a' Chathraiche bàn, feumaidh buill àbhaisteach a' bhùird-stiùiridh cuideigin ainmeachadh airson a bhith ann an cathair a' Bhùird gus an tèid cuideigin fhasdadh fo fho-pharagraf (1)(b) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.	Where the office of Cathraiche is vacant, the ordinary members must elect from amongst themselves a person to chair the Board until an appointment is made under sub-paragraph (1)(b) of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.3 PT3

	Faodaidh an Cathraiche iar-chathraiche ainmeachadh bho bhuill a' bhùird gus a bhith na c(h)athraiche mas e is nach urrainn don Chathraiche an dreuchd a choileanadh fad ùine ghoirid. 'S e dreuchd pro-tem a tha seo agus cha tèid e an àite an ullachaidh gu h-àrd.	The Cathraiche can nominate a vice-chair from amongst the board members to act as chair in the event that the Cathraiche is unable to carry out the role for a limited term. This is a pro-tem role and will not replace the provision above.
6	Tha buill Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig uile air an taghadh mar dhaoine fa leth agus chan ann mar riochdairean aig buidheann. Tha cho fad 's a bhios neach nam ball den bhòrd air a mhìneachadh ann an litir fastaidh a' bhuill.	All Bòrd na Gàidhlig Board members are appointed on an individual basis and not as representatives of organisations. Duration of appointments is as set out in a member's letter of appointment.
	Cuòram	**Quorum**
7	Is e cuòram Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mòr-chuid de bhuill làithreach a' Bhùird a tha comasach air co-dhùnadh a dhèanamh is aig nach robh ris a' choinneamh fhàgail mar thoradh air com-pàirt a nochdadh, a' gabhail a-steach an neach a tha na c(h)athraiche air a' choinneimh. Cha tèid co-dhùnadh sam bith a dhèanamh aig coinneamh aig bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mur eil cuòram ann. Thèid na daoine a tha an làthair agus nach robh an làthair a chlàradh ann an geàrr-chunntas gach coinneimh.	The quorum of Bòrd na Gàidhlig Board is a majority of members able to make the decision, having not been obliged to withdraw as a result of declaring an interest~~currently appointed members of the Board~~, including the person chairing the meeting. No decisions will be made at a meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board unless a quorum is present. All attendances and absences will be recorded in the minutes of any meeting.
8	Ann an cuid de shuidheachaidhean, thèid coinneamhan slàn a chumail air a' fòn, tro ghairmean co-labhairt no co-labhairt bhidio agus thèid am fòrmat aontachadh leis a' Chathraiche. Mar as trice, feumaidh daoine a bhith an làthair ach ann an suidheachaidhean air leth, agus le aonta a' Chathraiche, faodaidh Ball fa leth pàirt a ghabhail air a' fòn, tro cho-labhairt fòn, no co-labhairt bhideo. Cha bhiodh seo iomchaidh ach nuair a bhios suidheachaidhean sònraichte ann a bhiodh a' ciallachadh nach biodh e comasach dhan Bhall a bhith an làthair aig a' choinneimh. Ann an suidheachaidhean mar sin, bhiodh na Buill sin air am meas gu bheil iad an làthair agus mar phàirt den chuòram airson na coinneimh sin. Anns a h-uile suidheachadh, bhiodh an t-ùghdarras deireannach aig a' Chathraiche agus bhiodh e an urra ris a' Bhall rabhadh iomchaidh a thoirt seachad agus an teicneòlas iomchaidh a bhith ri fhaighinn aig àite na coinneimh. Ma tha Ball, gun adhbhar reusanta, air a bhith neo-làthaireach bho choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig airson ùine nas fhaide na 4	In some circumstances complete meetings will be held through telephone, conference call or video conference facilities and the format shall be decided by the Chair Participation will normally be in person but, exceptionally and with the agreement of the Chair of the meeting, an individual Member may participate by telephone, conference call or video conference. This would only apply where there are exceptional circumstances which would mean that the Member would otherwise be unable to attend the meeting. In such circumstances, such Members would be deemed to be present and to constitute part of the quorum for the purposes of that meeting. In all circumstances, the Cathraiche would have the final authority and would be dependent on the Member providing suitable notice and the availability of the appropriate technology at the meeting location. If a Member, without reasonable justification, has been absent from meetings of Bòrd na Gàidhlig's Board for a period longer than 4

	mìosan an dèidh a chèile no airson 3 coinneamhan an dèidh a chèile agus nach deach cead a thoirt seachad leis a' Chathraiche airson seo, bheir an Cathraiche comhairle dhan Mhinistear. ~~Thèid coinneamhan nas giorra a chumail tro fòn, gairm co-labhairt no goireasan co-labhairt bhidio~~	consecutive months or for 3 consecutive meetings and has not been given leave by the Cathraiche, the Cathraiche will advise the Minister. ~~Shorter meetings will be held through telephone, conference call or video conference facilities.~~
9	Faodar cuireadh a thoirt do bhuill Comataidhean nach eil nam buill de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, le toil a' Chathraiche, a bhith an làthair aig pàirt no aig làn choinneamh de Bhòrd Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no taisbeanaidhean a thoirt seachad dhan Bhòrd-stiùiridh. Cha bhi còir bhòtaidh aca ge-tà.	Members of Committees who are not members of Bòrd na Gàidhlig's Board may, at the discretion of the Cathraiche, be invited to attend part or all of Bòrd na Gàidhlig Board meetings or to make presentations to Bòrd na Gàidhlig's Board. They will not however be entitled to vote.
	Cleachdadh na Gàidhlig	**Use of Gaelic**
10	Thèid na h-ullachaidhean uile aig coinneamhan a' Bhùird agus a chomataidhean a chumail sa Ghàidhlig mura h-aontaich am Bòrd an caochladh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur ullachaidhean iomchaidh air dòigh mar as trice airson a bhith ag eadar-theangachadh ghnothaichean dhan Bheurla agus cànanan sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh bho àm gu àm ann an coileanadh an obair.	All proceedings of meetings of the Board and its committees shall be carried on in Gaelic unless the Board agrees otherwise. Bòrd na Gàidhlig shall normally make available appropriate arrangements for the translation of any proceedings into English and such other languages they may from time to time consider appropriate in the conduct of its business.
	Tiomnadh cumhachdan	**Delegation**
11	Dh'fhaodte gun tiomnaich Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cumhachdan do chomataidhean a' Bhùird, do bhuidhnean eile, no do dhaoine fa leth mar a bhios e a' meas iomchaidh. Co-dhùnaidh Bòrd na Gàidhlig an raon-ùghdarrais, ullachaidhean a thaobh na Cathrach aig coinneamhan, ballrachd, ìre nan cumhachdan tiomnaichte, agus riaghailt sam bith eile a tha a' dol leis an tiomnadh chumhachdan. Mur a tèid an caochladh a chur an cèill, bidh buidhnean agus daoine fa leth eile ag aithris gu dìreach gu Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig.	Bòrd na Gàidhlig's Board may delegate powers to Board Committees, other groups or individuals as it considers necessary. Bòrd na Gàidhlig shall decide the remit, Chair arrangements and membership, level of delegated authority, and any other rules which accompany the delegation. Unless otherwise directed, Committees, other groups and individuals will report direct to Bòrd na Gàidhlig's Cathraiche.
	Clàr nan Coinneamhan	**Schedule of Meetings**
12	Mus tòisich a' bhliadhna, aontaichidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cinn-latha agus àiteachan airson nan coinneamhan aca airson na bliadhna air thoiseach. Ruithidh an clàr-ama bhon Ghiblean gus am Màrt le coinneamh ann timcheall air aon uair gach trì mìosan. Thèid an clàr-ama airson coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh fhoillseachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus thèid an clàr-gnothaich agus na pàipearan a sgaoileadh do bhuill co-dhiù 10 làithean ro gach	Bòrd na Gàidhlig's Board will approve in advance of each calendar year, dates and venues for its meetings for the following year. The schedule will be from April to March with a meeting frequency of approximately once every three months. The forward schedule of Board meetings is published on Bòrd na Gàidhlig's website, and the agenda and papers will be issued to members at least 10 calendar days in

	coinneimh (ach a-mhàin ma tha an Cathraiche den bheachd gum biodh e na b' fheàrr a bhith a' sgaoileadh fear de na pàipearan no na pàipearan uile nas fhaisg air latha na coinneimh).	advance of each meeting (unless a later circulation is considered preferential by the Cathraiche for one or all of the papers).
13	Faodaidh an Cathraiche coinneamh shònraichte de Bhòrd na Gàidhlig a chur air dòigh nuair a tha e coltach gu bheil feum air beachdachadh air cuspair gu luath. Faodaidh Ball sam bith iarraidh gun tèid coinneamh shònraichte a chumail. Bidh an co-dhùnadh mu dheireadh am bu chòir seo a dhol air adhart leis a' Chathraiche, no mur eile iad ri fhaighinn, bho Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhaidh, a bhios cuideachd a' dearbhadh cò an luchd-obrach a bu chòir a bhith an làthair.	The Cathraiche may convene a special meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board when it appears that an item of business requires urgent consideration. Any Member may request that a special meeting be convened. The final decision on whether this proceeds rests with the Cathraiche or, in their absence, the Chair of the Audit and Assurance Committee, who will also determine which members of staff should attend.
	Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh	**Board Agenda and Papers**
14	Tha an clàr-gnothaich airson gach coinneamh de Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig air ullachadh agus air aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh airson a dhol air adhart dhan Chathraiche airson aonta. Thèid clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh a phostadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig às aonais nì sam bith airson seisean dùinte, seachdain ro choinneimh a' Bhùird-stiùiridh. Dh'fhaodte gun atharraich nithean air a' chlàr ron choinneimh, agus nochd atharrachaidhean air a' chlàr-ghnothaich air an làraich-lìn.	The agenda for each Bòrd na Gàidhlig Board meeting is prepared and cleared by the Leadership Team for approval by the Cathraiche. The Board agenda is posted on Bòrd na Gàidhlig's website minus any closed session items, one week prior to the Board meeting. Agenda items may change prior to the meeting, with any changes reflected on the website agenda.
15	Bu chòir àiteachan agus amannan nan coinneamhan feuchainn ris na rudan a leanas a lùghdachadh (far a bheil sin reusanta): • cosgaisean dìreach dhan sporan phoblach. • an tìde a bheir e (agus mar sin cosgaisean neo-dhìreach) do na daoine a bhios a' gabhail pàirt sa choinneimh. • a' bhuaidh a bheireadh e air lorg àrainneachdail Bhòrd na Gàidhlig, gu sònraichte an lorg càrboin aige. • agus bu chòir dhaibh cuideachd ruigsinneachd don phoball a mheudachadh.	Timings and locations of meetings should seek to minimise (within reason) the following: • the direct financial costs to the public purse. • the time commitment (and so indirect financial cost) involved for all participants. • the impact on Bòrd na Gàidhlig's environmental footprint, and in particular its carbon footprint. • and maximise accessibility to the public.
16	Bidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ~~cuideachd~~ ag amas air co-dhiù aon tadhal coimhearsnachd a chumail gach bliadhna~~, agus dh'fhaodte gun tèid coinneamh a chumail ann an àite seach Inbhir Nis no Glaschu~~. Thèid seo a thoirt fa-near air a' chlàr-ama airson coinneamhan ri teachd.	Bòrd na Gàidhlig's Board will ~~also~~ aim to have at least one community visit a year. ~~which may involve a meeting location other than Inverness or Glasgow.~~ This will be noted on the forward schedule.

17	Thèid òrdugh nan nithean air clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh aontachadh leis a' Chathraiche/Ceannard agus bheir iad aire do na h-ullachaidhean siubhail airson luchd-obrach agus buill a tha an dùil a bhith an làthair cho fad 's a ghabhas seo dèanamh.	The running order of items on the Board agenda will be agreed with the Cathraiche/Ceannard and as far as possible will take into account the travel arrangements for staff and members who plan to attend.
18	Bidh an Sgioba Stiùiridh a' beachdachadh air agus ag aontachadh phàipearan dhan Bhòrd mus tèid an cur gu Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma tha pròiseasan riaghlaidh an sàs.	Board papers are considered and approved by the Leadership Team prior to submission to Bòrd na Gàidhlig's Board unless other governance processes are in place.
19	Bidh sgioba rùnaireachd a' Bhùird-stiùiridh a' cur ri chèile, a' sgaoileadh, agus far a bheil sin a dhìth, a sgrìobhadh phàipearan airson nan nithean a chaidh aontachadh airson Clàr na coinneimh, ach a-mhàin ma chaidh aontachadh le Cathraiche na coinneimh nach eil pàipear sam bith a dhìth.	The Board secretariat team will electronically collate, circulate and, where necessary, provide papers for the agreed Agenda items at a meeting, unless it has been previously agreed with the Chair of the meeting that no paper is required.
20	Thèid pàipearan a chur gu na daoine a tha gu bhith an làthair aig a' choinneimh gu h-eileagtronaigeach co-dhiù 10 latha ron choinneimh.	Papers will be electronically sent to the meeting attendees at least 10 days prior to the meeting.
21	Mur eil na pàipeirean deiseil airson sgaoileadh 10 làithean ron choinneimh, as dèidh co-chomhairle le Cathraiche na Coinneimh agus leis a' Cheannard, dh'fhaodte gum post sgioba rianachd a' Bhùird-stiùiridh na pàipearan nas anmoiche, gun tèid am pàipear no na pàipearan a chur sìos aig a' choinneimh fhèin, no gun tèid an nì/na nithean a thoirt far Clàr-gnothaich na coinneimh. Dh'fhaodte nach tèid cumail ris na clàran-ama sin ma thèid coinneamhan sònraichte aontachadh le rabhadh goirid, ach thèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus pàipearan a chur a-mach ron choinneimh	If papers are not available for dispatch 10 days prior to the meeting, the Board secretariat team may, after consultation with the Chair of the meeting and the Ceannard, make a late posting, or table the paper(s) at the meeting, or withdraw the item(s) from the Agenda of the meeting. Occasions when these timescales may not be adhered to are if Special meetings are agreed at short notice, every attempt however will be made to dispatch papers in advance of the meeting
22	Faodar nithean air clàr-gnothaichean a bhith air an comharrachadh mar Fhosgailte, Dùinte no Prìobhaideach. Mar as trice, thèid coinneamhan a' Bhùird a chumail ann an seisean Fosgailte. Ach dh'fhaodte gum bi nithean air a' chlàr a tha air an comharrachadh mar Dùinte no Prìobhaideach. Dh'fhaodte gun tèid nithean seisean Fosgailte a chumail gu poblach. Chan fhaod am poball a bhith an làthair aig nithean seisean Dùinte agus dh'fhaodte gum bi farsaingeachd de dh'oifigearan air an riochdachadh cuideachd. Bidh an Ceannard	Board meeting agenda items may be categorised Open, ~~or~~ Closed or private. Board meetings will normally be held in Open session. However there may be agenda items categorised as Closed or private. Open session items may be considered in public. Closed session items will exclude the public and may also have a range of executive representation. The Ceannard will attend both open and closed sessions unless absence is agreed with the Chair. Private

	an làthair an dà chuid aig seiseanan fosgailte agus dùinte ach a-mhàin ma thèid aontachadh leis a' Chathraiche nach bi i/e an làthair. Bidh buill a' bhùird-stiùiridh a-mhàin an làthair airson seiseanan prìobhaideach agus far a bheil seo a dhìth, thèid ball ainmeachadh mar sgrìobhaiche.	session items will be board members only and where necessary, include a nominated scribe~~Closed session items will be attended by Board members only and where necessary, include a nominated scribe~~.
23	Thèid an clàr foirmeil de choinneamh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig taobh a-staigh 10 latha bho chaidh clàr-gnothaich a' Bhùird aontachadh aig an ath-choinneimh aig a' Bhòrd-stiùiridh.	The formal record of Bòrd na Gàidhlig's Board meeting will be published, in Gaelic and English, on Bòrd na Gàidhlig's website within 10 days following approval of the Board minute at the following Board meeting.
24	Faodaidh buill a' bhùird-stiùiridh iarraidh gun tèid nì sam bith a dheasbad ann an seisean dùinte; thèid seo a dheasbad leis a' Chathraiche agus bidh e a rèir toil a' Chathraiche. Mas e is gun tèid nì a ghabhail ann an seisean dùinte, feumaidh adhbhar iomchaidh a bhith air a thoirt seachad air a shon. Cha tèid an gearr-chunntasan seiseanan dùinte fhoillseachadh air-loidhne.	Board members are permitted to request any item to be discussed in closed session; this will be discussed in conjunction with the Cathraiche and at their discretion. Should an item of business be taken in closed session, then a valid reason must be given. Closed session minutes will not be published to the website.
	Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte	**Board Papers dealt with in Closed Session**
25	Thathar a' gabhail ris gun tèid beachdachadh air pàipearan airson Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an Seisean Fosgailte ach a-mhàin ma tha adhbhar làidir ann airson dìomhaireachd. Gheibhear stiùireadh bho Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail 1994 agus Achd Dìon Dàta 2018 a thaobh dè na pàipearan ris am bu chòir dèiligeadh ann an seisean dùinte. Nì an Cathraiche co-dhùnaidh air seo ann an conaltradh leis a' Cheannard.	There is a presumption that Bòrd na Gàidhlig's Board papers will be considered in Open Session unless there are strong grounds for confidentiality. The Freedom of Information (Scotland) Act 2002 is used, along with the Environmental Information Regulations 1994 and the Data Protection Act 2018, to guide which papers should be dealt with in closed session. Decisions on this are made by the Cathraiche in consultation with the Ceannard.
26	Am measg pàipearan a' Bùird-stiùiridh a dh'fhaodadh a bhith air an deasbad ann an Seiseanan (le ùmhlachd do bheachdan a' chathraiche agus a' Cheannaird) tha pàipearan a thaobh ceistean sgiobachd agus luchd-obrach. Bidh na h-adhbharan airson a bhith a' dèiligeadh ri pàipearan anns an dòigh seo air a mhìneachadh anns a' phàipear-aghaidh airson a' phàipeir sin.	Board papers which may be dealt with in Closed Session (subject to the views of the Cathraiche and Ceannard) include papers relating to personnel and staffing issues. The reasons for papers being dealt with in this way will be included in the cover page of the appropriate paper.
27	Ron choinneimh, faodaidh an Cathraiche no Ball eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig moladh gun tèid beachdachadh air nì no pàirt de nì air a'	Prior to the meeting the Cathraiche or other Bòrd na Gàidhlig Board member(s) can move that an item, or part of an item, should be

	chlàr aig Seisean Dùinte den choinneimh. Tha seo a rèir toil a' Chathraiche agus cha ghabh a cheadachadh ach a-mhàin ann an suidheachaidhean air leth.	considered in Closed Session of the meeting. This is at the discretion of the Cathraiche and will only be permitted in exceptional circumstances.
	Òrdugh nan Gnothaichean	**Order of Business**
28	Thèid gnothach a' Bhùird aig a h-uile coinneamh air adhart a rèir a' chlàir-ghnothaich a chaidh a thoirt a-mach airson na coinneimh sin ach a-mhàin ma tha an Cathraiche air an caochladh a chur an cèill; faodaidh an Cathraiche òrdugh nan gnothaichean atharrachadh aig àm sam bith a rèir a thoil fhèin no às dèidh iarrtais bho bhall/bhuill.	The business of the Board at all meetings will proceed in accordance with the agenda issued for that meeting unless otherwise directed by the Cathraiche who may at his/her discretion or at the request of a member(s), alter the order of business at any stage.
29	Aig a h-uile coinneamh àbhaisteach no sònraichte, cha tèid beachdachadh air gnothach sam bith ach a-mhàin gnothaichean air a' chlàr-ghnothaich ach a-mhàin far a bheil an Cathraiche den beachd gum bu chòir beachdachadh air nì aig a' choinneimh mar thoradh air suidheachadh sònraichte.	At all ordinary or special meetings, no business other than that on the agenda will be considered except where by reason of special circumstances, the Cathraiche is of the opinion that the item should be considered at the meeting.
	Làthaireachd aig coinneamhan	**Attendance at Meetings**
30	Bidh a' chòir aig a' Cheannard a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus aig coinneamhan de na Comataidhean, ach a-mhàin airson pàirtean de choinneamhan nuair a thèid aontachadh le buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gum bu chòir a' chùis a bhith air a deasbad le buill a-mhàin, mar eisimpleir far am bithear a' bruidhinn air tuarastal no coileanadh a' Cheannard.	The Ceannard shall have the right to attend all Bòrd na Gàidhlig' Board meetings and meetings of the Committees, except for parts of meetings when agreed by Bòrd na Gàidhlig's Board members that the matter under discussion should involve members only, for example where the Ceannard's remuneration or performance is being discussed.
31	A bharrachd air a' Cheannard, bidh gach ball den Sgioba Stiùiridh a' frithealadh coinneamhan Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma thèid iarraidh orra gun a bhith an làthair no ma thèid an leisgeulan a ghabhail. Bidh luchd-obrach eile an làthair airson nithean sònraichte air a' chlàr-ghnothaich nuair a bhios seo iomchaidh.	In addition to the Ceannard, all members of the Leadership Team will, except when requested or excused by the Cathraiche, attend Bòrd na Gàidhlig's Board meetings. Other members of staff will attend for particular agenda items as necessary.
32	Faodaidh Ministearan Albannach no an riochdairean a bhith an làthair aig coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no a chomataidhean agus pàirt a ghabhail annta, ach chan fhaod iad bhòtadh.	Scottish Ministers or their representatives may attend and take part in either full Board or committee meetings of Bòrd na Gàidhlig, but such representative is not entitled to vote.
	Ceistean Bùird	**Board Questions**

33	Faodaidh ball sam bith ceist a chur air a' Chathraiche aig coinneamh sam bith de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mu ghnothach buntainneach agus iomchaidh sam bith a tha ag èirigh bhon chlàr-ghnothaich.	Any member may put a question to the Cathraiche at any meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board concerning any relevant and competent business arising from the agenda.
34	Faodaidh buill fios a thoirt chun a' Chathraiche ron choinneimh mu cheistean a tha iad ag iarraidh a thogail nach eil co-cheangailte ri ceistean air a' chlàr-ghnothaich. Bu chòir seo a dhèanamh ann an sgrìobhadh ma ghabhas seo dèanamh. Co-dhùnaidh an Cathraiche, ann an conaltradh leis a' Cheannard, am bu chòir dèiligeadh ris a' cheist aig a' choinneimh agus bheir iad fios air ais dhan bhall mun cho-dhùnadh. Far an gabh a dhèanamh, thèid dèiligeadh ri ceistean ann an Seisean Fosgailte. Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha ceist a' dèiligeadh ri cuspair dìomhair no doirbh, dh'fhaodte gun tèid dèiligeadh ris ann an Seisean Dùinte. Bidh seo a rèir toil a' Chathraiche ann an co-chonaltradh leis a' Cheannard.	Members can also notify the Cathraiche in advance of the meeting of questions that they wish to raise other than those relevant to agenda items. Wherever possible this should be done in writing. The Cathraiche, in consultation with the Ceannard, will determine whether the question should be dealt with during the meeting, and inform the member accordingly. Wherever possible, questions will be dealt with in the Open Session. Exceptionally, where a question deals with a sensitive or confidential issue, it may be dealt with in Closed Session. This will be at the discretion of the Cathraiche in consultation with the Ceannard.
35	Nuair a thèid puing òrdugh a thogail aig coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, 's e riaghladh a' Chathraiche an co-dhùnadh mu dheireadh.	When a question of order is raised at a meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board, the Cathraiche's ruling on it will be final.
	A' stiùireadh choinneamhan	**Chairing of meetings**
36	Aig coinneamh a' Bhùird, bidh Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig anns a' chathair mas e is gu bheil e/i an làthair. Mur eil an Cathraiche gu bhith an làthair, mar as trice, dh'innseadh e/i dè am ball eile a bhiodh anns a' chathair. Mur eil comhairle ann bhon Chathraiche, taghaidh na buill Bùird-stiùiridh a tha an làthair aon de na bhuill airson a bhith an ceann na coinneimh tro bhòtadh mòr-chuid.	At a meeting of the Board, the Bòrd na Gàidhlig Cathraiche, if present, will preside. In the absence of the Cathraiche, he/she will normally indicate which other member should preside. If no advice from the Cathraiche is available, the Board members present will choose, by a majority vote of those present, one of their number to preside.
37	Nì an Cathraiche na leanas: • cumar smachd agus nithear cinnteach gu bheil cothrom gu leòr aig buill a' Bhùird-stiùiridh na beachdan aca a chur an cèill mu chuspair sam bith a thathar a' deasbad; • nthear co-dhùnaidhean air cùisean òrdugh, raon-ùghdarrais agus buntainneachd; • co-dhùnar dè an t-òrdugh anns am bu chòir do bhuill a tha airson bruidhinn sin a dhèanamh; agus	The Cathraiche will: • preserve order and ensure that members of the Board have sufficient opportunity to express their views on any matter under discussion; • determine all matters of order, competency and relevancy; • determine in which order members wishing to speak should do so; and

	• co-dhùnar a bheil bhòt a dhìth gus nach eil agus mar a nithear i • leanar poileasaidhean agus dòighean-obrach iomchaidh Bhòrd na Gàidhlig	• determine whether or not a vote is required and how it is to be conducted. • adhere to relevant Bòrd na Gàidhlig policy and procedure
	Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh	**Board Decisions**
38	Mar as trice, thèid co-dhùnaidhean Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a ghabhail le co-aontachd am measg nam ball a tha an làthair. Tha 'ball a tha an làthair' a' ciallachadh ball a tha an làthair aig a' choinneimh fhèin no a tha a' gabhail pàirt tro cheangail fòn no co-labhairt bhideo tron deasbad air an nì air a' chlàr agus a tha air geàrr-chunntas sam bith a chluinntinn a rinn an Cathraiche no ball ainmichte den Sgioba Stiùiridh. Ma dh'fhàgas ball a' choinneamh gu tràth, bidh iad air an comharrachadh mar neo-làithreach airson co-dhùnadh sam bith a chaidh a ghabhail às dèidh dhaibh falbh.	Decisions of Bòrd na Gàidhlig's Board will usually be by consensus of attending members. An attending member is one who is either present in person or takes part by telephone or video conference link throughout the discussion of the agenda item and has heard any summing up by the Cathraiche, or a nominated member of the Leadership Team. A member who leaves a meeting prematurely will be treated as a non-attending member for the purpose of any decision taken after the time of departure.
39	Tha uallach corporra air buill uile a' Bhùird-stiùiridh airson co-dhùnaidhean a ghabh am Bòrd-stiùiridh. Mar sin, feumaidh buill gabhail ri co-dhùnadh coitcheann a' Bhùird-stiùiridh (agus taic a chumail ri seo gu poblach), no feumaidh iad an t-àite air a' Bhòrd a leigeil seachad.	Board Members share corporate responsibility for decisions taken by the Board as a whole. Members must therefore either accept (and publicly support) the collective decision of the Board or resign.
40	Faodaidh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an t-eas-aonta aige/aice ri co-dhùnadh a' bhùird a chlàradh cho fad 's a bha i/e an làthair aig a' choinneimh far an deach beachdachadh air a' chùis seo agus cho fad 's a dh'iarras am ball gun tèid an t-eas-aonta aige/aice a chlàradh gun dàil às dèidh an co-dhùnadh a bhith air a dhèanamh. Ma tha ball ag iarraidh atharrachadh a mholadh air gluasad bhon Chathraiche no bho bhall/bhuill mus tèid co-dhùnadh a ghabhail, bu chòir dhaibh 1) neach-taic iarraidh airson an atharrachaidh fhoirmeil sin agus ma gheibhear sin, 2) bhòt fhaighinn bho mhòr-chuid de bhuill a' Bhùird-stiùiridh.	A member of Bòrd na Gàidhlig's Board may have his or her dissent recorded to a decision of the Board provided that she/he has attended the meeting at which the matter was considered and provided that the member asks to record his/her dissent immediately after the decision is concluded. Any member that wants to actually propose an adjustment to the Cathraiche or member(s) motion prior to a decision being taken should 1) seek a seconder for that formal amendment and if that is secured 2) thereafter secure a majority vote of Board members.
41	Thèid beachdan sgrìobhte mu nithean air a' chlàr-gnothaich a thèid a chur a-steach le gach ball den Bhòrd-stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig nach eil an làthair a chuairteachadh gu buill a' Bhùird-stiùiridh agus bidh an Cathraiche (no luchd-taic	Written comments on agenda items submitted by all non-attending Bòrd na Gàidhlig Board members will be circulated to Board members and referred to by the Cathraiche (or designated support such as

	ainmichte mar eisimpleir rùnaireachd a' Bhùird) a' toirt iomradh orra aig àm iomchaidh rè na coinneimh.	the Board secretariat) at the appropriate point in the meeting.
42	Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha co-dhùnadh a dhìth bho Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an cabhag agus far nach gabhadh coinneamh a chur air dòigh, thèid dèiligeadh ris a' chùis tro chonaltradh sgrìobhte. Thèid an co-dhùnadh gus seo a dhèanamh a ghabhail leis a' Chathraiche. Ann an suidheachaidhean mar seo, cuiridh na buill an cuid bheachdan chun a' Chathraiche ann an sgrìobhadh. Thèid an co-dhùnadh a dhaingneachadh aig an ath choinneimh de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus thèid a chlàradh anns a' gheàrr-chunntas.	Exceptionally, when a Bòrd na Gàidhlig Board decision is required urgently and it would not be feasible to convene a meeting, the matter will be dealt with by correspondence. The decision to do this will be made by the Cathraiche. In such circumstances members will send their views to the Cathraiche in writing. The decision will be ratified at the next Bòrd na Gàidhlig Board meeting and recorded in the minutes.
	A' bhòtadh	**Voting**
43	Thèid co-dhùnadh a dhèanamh tro bhòt anns na suidheachaidhean a leanas: • Nuair a tha an Cathraiche a' faicinn gu bheil cuid de na buill ag eas-aontachadh ri moladh no a tha air draghan a nochdadh mu dheidhinn agus nach eil co-aonta ann. • Nuair a dh'iarras ball gun tèid bhòt a chumail agus nuair a bheir co-dhiù aon bhall eile taic ris a' mholadh seo. • Ann an suidheachadh sam bith eile, far a bheilear den bheachd, a rèir toil a' Chathraiche, gum bu chòir bhòt a bhith ann mus tèid co-dhùnadh a ghabhail.	Decisions will be reached by vote on the following occasions: • When the Cathraiche detects that there is a body of opinion among the members who either disagree with a proposal or have expressed reservations about it and no clear consensus has emerged. • When a member requests a vote to be taken and this is supported by at least one other member in attendance. • Any other circumstance where, at the Cathraiche's discretion, it is felt that a decision should be preceded by a vote.
44	Cha bhi còir bhòtaidh ach aig buill a tha an làthair, mar a tha air a mhìneachadh ann an Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh. Bidh aon bhòt aig gach Ball, a' gabhail a-staigh a' Chathraiche, ach a-mhàin ann an suidheachadh far a bheil bhòt co-ionnan ann. Bidh bhòt-sheulachaidh a bharrachd aig a' Chathraiche anns an t-suidheachadh sin.	Only attending members, as defined in Board Decisions, will be eligible to vote. Each Member, including the Cathraiche, will be entitled to one vote except in the case of an equality of votes when the Cathraiche will have an additional casting vote.
45	Mar as trice, bithear a' bhòtadh tro bhòt làimhe. Le cead a' Chathraiche, no ma ~~thachras~~ tha ball sam bith a ~~tha~~ a' togail gearan mu bhòt a bhith air a ghabhail tro bhòt làimhe, agus ma tha mòr-chuid de na buill a tha an làthair a' toirt taic don ghearan, thèid a' bhòt a chumail tro bhaileat dìomhair. Anns na suidheachaidhean far an tèid baileat dìomhair a chumail, bidh am Manaidsear	Votes will normally be taken by show of hands. At the discretion of the Cathraiche, or in the event of any member objecting to a vote being taken by a show of hands and a majority of attending members supporting the objection, the vote will be taken by secret ballot. In the circumstances where a secret ballot is to be held, the Operations

	Gnìomhan a' cur a-mach agus a' cruinneachadh phàipearan baileat, a' cunntadh nam bhòtaichean agus às dèidh dhaibh sin a bhith air an dearbhadh le Ceann an Ionmhais, no mur eil iad an làthair, de bhall eile den Sgioba Stiùiridh, an toradh dhan Bhòrd-stiùiridh.	Manager will issue and collect ballot papers, count the votes and after these have been confirmed by the Head of Finance, or in their absence another attending member of Leadership Team, announce the result to the Board.
46	Clàraidh geàrr-chunntas na coinneimh toraidhean a' bhòt, a' toirt fa-near àireamh agus ainmean nam ball a tha a' bhòtadh airson agus an aghaidh a' mholaidh agus ball sam bith nach do bhòt. Mas e is gun tèid baileit a chumail gu dìomhair, cha tèid na h-ainmean a chlàradh anns a' chlàr-gnothaich.	The minutes of the meeting will record the results of voting, noting the number and names of members voting for and against the proposal and any abstentions. The minutes will not record the names in the event that a ballot is held in secret.
	Co-dhùnaidhean air an cur dheth	**Deferred Decisions**
47	Faodaidh am Bòrd-stiùiridh co-dhùnadh a chur dheth air nì air a' chlàr-gnothaich gus am faigh e barrachd fiosrachaidh, roghainnean eile airson co-dhùnaidhean, no airson adhbhar sam bith eile. Thèid an t-aonta gus dàil a chur air co-dhùnadh a chlàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh cho math ris an adhbhar airson seo, agus bidh dreachd clàr-ama ann airson a bhith a' toirt na cùise air ais dhan bhòrd-stiùiridh airson deasbad a bharrachd agus airson co-dhùnadh.	The Board may decide to defer a decision on an agenda item so that it can be provided with more information, additional decision options or for any other reason. The decision to defer, with the reasons, will be recorded in the minutes of the meeting along with the indicative timescale for returning the matter to the Board for further discussion and decision.
	Comhairle dhan bhòrd-stiùiridh	**Advice to the Board**
48	Gus co-dhùnaidhean a ghabhail aig coinneamhan, gabhaidh am Bòrd comhairle mar a bhios iomchaidh. Mar as trice, bidh seo bhon Cheannard bho bhuill eile den Sgioba Stiùiridh no den luchd-obrach a tha an làthair. Anns an dreuchd aca mar an t-Oifigear Cunntachail aig Bòrd na Gàidhlig, tha dleastanas sònraichte aig a' Cheannard a bhith a' toirt comhairle dhan Bhòrd-stiùiridh air ceistean iomchaidheachd, eaconamaidh, tàbhachd agus èifeachdas. Faodaidh am Bòrd comhairle a shireadh bho a chomataidhean, no bho thùs sam bith eile air an taobh a-staigh no an taobh a-muigh mar a bhios e a' meas iomchaidh.	In reaching decisions at meetings, the Board will take advice as appropriate. This will generally be from the Ceannard or such other serving member of the Leadership Team or staff present. The Ceannard in their capacity as Bòrd na Gàidhlig's Accountable Officer has a specific role in advising the Board on matters of propriety, economy, effectiveness and efficiency. The Board may also seek advice from its Committees, or any other internal or external source as it regards necessary.
49	Ann an suidheachaidhean nuair a bhòtas am Bòrd-stiùiridh an aghaidh comhairle bhon Cheannard, a' gabhail a-steach comhairle bhon Cheannard na d(h)reachd mar Oifigear Cunntachail, agus far a bheil an Ceannard a' faireachdainn nach gabhadh an co-dhùnadh air a bheil a' beachdachadh a dhìon air beulaibh	In circumstances where advice from the Ceannard is overruled by the Board, or in their formal capacity as Accountable Officer, where the Ceannard feels that the action contemplated could not be defended before the Scottish Government and/or Scottish Parliament, the Ceannard may require the

	Riaghaltas na h-Alba agus/no Pàrlamaid na h-Alba, dh'fhaodte gun toir an Ceannard air a' Chathraiche stiùireadh sgrìobhte a thoirt dha/dhi air a' chuspair. Thèid stiùireadh mar seo a thoirt gu aire Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus an t-Oifigear Cunntachail Roinneil ann an Riaghaltas na h-Alba.	Cathraiche to give him/her a written instruction on the matter. Such an instruction will be drawn to the attention of the Auditor General for Scotland and the Departmental Accountable Officer in the Scottish Government.
	Clàr nan com-pàirtean - A' clàradh com-pàirt	**Declarations of Interest - Making a Declaration**
50	Feumaidh buill fa leth beachdachadh aig an ìre as tràithe a bheil com-pàirt aca ri nochdadh ann an cùis sam bith a tha gu bhith air a dheasbad. Bu chòir dhaibh beachdachadh air a bheil clàran-gnothaichean airson coinneamhan a' togail ceist sam bith a thaobh nochdadh chom-pàirtean, agus mur eil iad cinnteach, faodaidh iad bruidhinn ri Oifigear nan Inbhean, no le Coimisean nan Inbhean. Feumar nochdadh com-pàirt a dhèanamh cho luath 's a ghabhas aig coinneamh nuair a tha a' chom-pàirt sin ag èirigh. Mas e is gum mothachair gu bheil feum air com-pàirt a nochdadh nuair a thathar a' deasbad cùis, feumaidh am ball a' chom-pàirt aca a nochdadh cho luath is a bheir iad am aire gum feum iad sin a dhèanamh.	Individual members must consider at the earliest stage possible whether they have an interest to declare in relation to any matter that is to be considered. They should consider whether agendas for meetings raise any issue of declaration of interest, and if in doubt may consult with Standards Officer, or with the Standards Commission. A declaration of interest must be made as soon as practicable at a meeting where that interest arises. If the need for a declaration of interest is identified only when a particular matter is being discussed the member must declare the interest as soon as they realise it is necessary to do so.
51	Bu chòir an aithris bheòil a tha a' nochdadh com-pàirt a bhith a' comharrachadh de an nì air a' chlàr-ghnothaich ris a bheil e ceangailte. Bu chòir dhan aithris tòiseachadh leis na faclan "tha mi a' nochdadh com-pàirt". Feumaidh an aithris a bhith fiosrachail gu leòr gus an tuig na daoine an làthair aig a' choinneimh dè seòrsa com-pàirt a th' ann, ach chan fheumar cunntas mionaideach a thoirt seachad den chom-pàirt.	The oral statement of declaration of interest should identify the item or items of business to which it relates. The statement should begin with the words "I declare an interest". The statement must be sufficiently informative to enable those at the meeting to understand the nature of the interest but need not give a detailed description of the interest.
	A' bhuaidh aig nochdadh com-pàirt	**Effect of Declaration**
52	Le bhith a' foillseachadh com-pàirt ionmhasail tha e a' toirmeasg com-pàirteachadh sam bith ann an deasbad agus bhòtadh. Ann a bhith a' nochdadh com-pàirt neo-ionmhasail tha feum air breithneachadh a bharrachd leis a' bhall bhuntainneach. Feumaidh iad beachdachadh air a' cheangal eadar na com-pàirtean a chaidh ainmeachadh agus a' chùis shònraichte air a bheilear a' beachdachadh agus air	Declaring a financial interest has the effect of prohibiting any participation in discussion and voting. A declaration of a non-financial interest involves a further exercise of judgement by the member concerned. They must consider the relationship between the interests that have been declared and the particular matter to be considered and relevant individual circumstances surrounding the particular matter.

	suidheachaidhean fa leth mun chùis shònraichte a tha buntainneach.	
53	Aig a' cheann thall, 's e an deuchainn as dearbhachaile, am biodh ball den phoball agus iad reusanta, le fios aca air an t-suidheachadh shònraichte agus air an fhiosrachadh bhuntainneach uile aca, den bheachd gum faodadh com-pàirt a' bhuill buaidh a thoirt air an dreuchd aca mar bhall de Bhòrd na Gàidhlig agus mar sin gum biodh e ceàrr pàirt a ghabhail ann an deasbad no co-dhùnadh sam bith. Ma tha ball, le cogais, den bheachd nach biodh an làthaireachd leantainneach aca a' fàiligeadh na deuchainn seo, chan fheumadh nochdadh com-pàirt neo-ionmhasail stad a chur orra bho bhith an sàs ann an deasbad no bhòtadh. Mur eil iad cinnteach gun gabh an slat-tomhais neo-chlaon seo a chur an sàs, cha bu chòir dhaibh pàirt sam bith a ghabhail san deasbad agus bu chòir dhaibh an seòmair-coinneachaidh fhàgail gus am bi deasbad air an nì sin deiseil.	In the final analysis the conclusive test is whether, in the particular circumstances of the item of business, and knowing all the relevant facts, a member of the public acting reasonably would consider that the member might be influenced by the interest in their role as a member of Bòrd na Gàidhlig and that it would therefore be wrong to take part in any discussion or decision-making. If a member, in conscience, believes that their continued presence would not fall foul of this test, then declaring a non-financial interest need not preclude their involvement in discussion or voting. If they are not confident about the application of this objective yardstick, they must play no part in the discussion and must leave the meeting room until discussion of the particular item is concluded.
	Ceadan sònraichte	**Dispensations**
54	Ann an glè bheag de shuidheachaidhean, gabhaidh cead sònraichte a thoirt seachad le Coimisean nan Inbhean a thaobh com-pàirtean ionmhasail no neo-ionmhasail a bhiodh a' cur casg air ball bho bhith a' gabhail pàirt air cùisean a' tighinn air beulaibh Bòrd-stiùiridh agus a Chomataidhean, mur a robh an cead sònraichte seo. Beachdaichidh Coimisean nan Inbhean air iarrtasan airson ceadan sònraichte agus bu chòir iarrtasan a dhèanamh cho luath 's a ghabhas gus am bi tìde gu leòr beachdachadh gu ceart air an iarrtas ron choinneimh far a bheilear ag iarraidh cead sònraichte. Cha bu chòir ball pàirt a ghabhail ann am beachdachadh air a' cheist sin gus an tèid an t-iarrtas aontachadh.	In very limited circumstances dispensations can be granted by the Standards Commission in relation to the existence of financial and non-financial interests which would otherwise prohibit a member from taking part and voting on matters coming before Bòrd na Gàidhlig's Board and its Committees. Applications for dispensations will be considered by the Standards Commission and should be made as soon as possible in order to allow proper consideration of the application in advance of meetings where dispensation is sought. A member should not take part in the consideration of the matter in question until the application has been granted.
	Geàrr-chunntasan a' Bhùird-stiùiridh	**Board Minutes**
55	Thèid na geàrr-chunntasan a ghabhail le rùnaireachd air a stiùireadh leis a' Mhanaidsear Gnìomhan; ach a-mhàin airson seiseanan Dùinte, thèid geàrr-chunntasan fa leth a ghabhail le neach iomchaidh air a thaghadh leis a' Chathraiche. Leis na pàipearan a chaidh a thoirt dhan choinneimh, bu chòir na geàrr-chunntasan a	Minutes of all meetings will be taken by a secretariat organised by the Operations Manager; the exception will be Closed Sessions that will be minuted separately by an appropriate individual determined by the Cathraiche. Taken in conjunction with the papers presented to the meeting, the

	bhith na chlàr fìrinneach den choinneamh, le fiosrachadh gu leòr gus a bhith mar phàirt den t-slighe sgrùdaidh a thaobh nan cùisean air an deach beachdachadh agus na co-dhùnaidhean a rinn Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig. Bidh uallach air an neach a tha na chathraiche air a' choinneimh dèanamh cinnteach gun tèid gnìomhan a chaidh aontachadh aig a' choinneimh Dùinte a thoirt dhan rùnaireachd taobh a-staigh còig latha obrach bhon choinneimh gus an tèid an clàradh mar phàirt den t-Seisean Dhùinte (geàrr-chunntasan àbhaisteach).	minutes should provide a correct record of the meeting, in sufficient detail to comprise an audit trail of issues discussed and decisions taken by Bòrd na Gàidhlig's Board. The person chairing the meeting will be responsible for ensuring that actions agreed at the Closed meeting are passed on to the secretariat within five working days of the meeting so that they will be recorded as part of the Closed Session (standard minutes).
56	Thèid dreachd geàrr-chunntas na coinneimh aontachadh airson chuairteachadh do bhuill mar 'Geàrr-chunntasan neo-dhearbhaichte' leis a' Chathraiche is Ceannard taobh a-staigh 3 sheachdain bhon latha a chaidh coinneamh a' Bhùird-stiùiridh a chumail. Faodaidh Buill atharrachaidhean a mholadh ann an sgrìobhadh no an togail aig an ath choinneimh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig. Bidh an Cathraiche agus an Ceannard ag eadar-bhreithneachadh air cùisean far a bheil eas-aonta ann.	The draft minutes of a meeting shall be approved for circulation as 'Unconfirmed Minutes' to members by the Cathraiche and Ceannard within 3 weeks of the date of the Board meeting. Members can propose amendments in writing or raise these at the following Bòrd na Gàidhlig Board meeting. The Cathraiche and Ceannard will arbitrate over matters of dissent.
57	Thèid an geàrr-chunntas a 'dhearbhadh' gu foirmeil aig an ath choinneamh den Bhòrd-stiùiridh às dèidh na coinneimh mu bheil an geàrr-chunntas, thèid seo a dhaingneachadh leis a Chathraiche agus thèid a shoidhnigeadh mar chlàr fìrinneach. Thèid an clàr-ghnothaich airson an t-Seisean Fhosgailte a chur air làraich-lìn Bhòrd na Gàidhlig an uair sin.	Minutes will be formally 'Confirmed' at the next meeting of the Board after the meeting to which they refer, verified by the Cathraiche, and signed as a correct record. Minutes for the Open Session will then be placed on Bòrd na Gàidhlig's website.
58	Foillsichidh Bòrd na Gàidhlig Geàrr-chunntasan anns a' Ghàidhlig, anns a' Bheurla agus ann an cànan sam bith eile a chuidicheadh le bhith a' coileanadh a obair gu h-èifeachdach.	Bòrd na Gàidhlig shall publish Minutes in Gaelic, English and such other languages as would assist in the efficient conduct of its business.
	A' cur bhall à dreuchd rè ùine	**Suspension of Members**
59	Ma 's e is gun dèan ball sam bith de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig dìmeas air òrdugh no ùghdarras a' Chathraiche aig coinneamh sam bith, no ma bhios e/i ri dol a-mach a bhios oilbheumach no a chuireas bacadh air a' choinneimh, agus ma bheir an Cathraiche seo gu aire na coinneimh, faodaidh am Bòrd am ball a chur a-mach airson a' chòrr den choinneimh, às	In the event of any member of Bòrd na Gàidhlig's Board disregarding the order or authority of the Cathraiche at any meeting, or being guilty of obstructive or offensive conduct at any meeting, and the Cathraiche calling the attention of the meeting to the same, the Board, may on the motion of any member, duly seconded and supported by

	dèidh gluasad bho bhall sam bith, a gheibh neach-taic agus le taic bhon mhòr-chuid de na buill a tha an làthair. Cha bhi deasbad ceadaichte air gluasad den t-seòrsa seo.	the vote of a majority of the members present and voting, suspend such member so offending for the remainder of the sitting. No debate shall be allowed on such a motion.
	Dìomhaireachd	**Confidentiality**
60	Faodaidh buill an roghainn fhèin a chleachdadh mu bhith a' beachdachadh air gnothaichean bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig le pàrtaidhean eile às dèidh na coinneimh.	Members may use their discretion in discussing items of Bòrd na Gàidhlig Board business with other parties following the meeting.
61	Airson cùisean ris an tèid dèiligeadh ann an Seisean Dùinte chan fhaodar nàdar agus susbaint a' ghnothaich fhoillseachadh, no a dheasbad le, neach sam bith ach buill eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus luchd-obrach an bha an làthair gus an cur an Cathraiche an caochladh an cèill.	For issues dealt with in Closed Session, the nature and content of the business must not be divulged to, or discussed with, anyone other than fellow Bòrd na Gàidhlig Board members and staff in attendance until the Cathraiche states otherwise.
62	Bu chòir buill aonta fhaighinn bhon Chathraiche, no mur eil iad ri fhaighinn, bhon Cheannard mus dèan iad aithris phoblach sam bith (a' gabhail a-steach aithrisean do na meadhanan no agallamhan a thèid a chraoladh) às leth Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.	Members should get the prior approval of the Cathraiche, or in their absence, the Ceannard, before making public statements (including statements to the Press and broadcast interviews) on behalf of Bòrd na Gàidhlig's Board.
	Fiachanas pearsanta buill a' bhùird-stiùiridh	**Personal liability of Board Members**
63	Nan rachadh cùisean laghail a togail le treas-phàrtaidh tha e buailteach gum biodh seo air a thogail an aghaidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gu h-iomlan, ach ann an suidheachaidhean neo-àbhaisteach, dh'fhaodte gun rachadh cùisean a thogail an aghaidh a' Chathraiche no buill fa leth eile den Bhòrd. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a bhith cunntachail gu pearsanta ma nì e no i aithris mheallta no dhearmadach a dh'adhbharaicheas call do threas-phàrtaidh.	While any legal proceedings initiated by a third party are most likely to be brought against Bòrd na Gàidhlig's Board as a whole, in exceptional cases proceedings may be brought against the Cathraiche or other individual Board members. For example, a Bòrd na Gàidhlig Board member may be personally liable if he or she makes a fraudulent or negligent statement that results in loss to a third party.
64	Ach, a rèir a' bharantais-dìona choitchinn a tha an Riaghaltas a' moladh do bhuill NDPB, cha bhi aig ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a tha air a bhith ag obair gu h-onarach agus le deagh rùn ri pàigheadh airson buailteachd chatharra phearsanta sam bith a thig orra ann a bhith a' dèanamh obair a' Bhùird, no aithris gun robh iad	However, in accordance with the standard indemnity recommended for NDPB members by the Government, a Bòrd na Gàidhlig Board member who has acted honestly and in good faith will not have to meet out of his or her own personal resources any personal civil liability which is incurred in the execution or

	a’ dèanamh obair a’ bhùird, bho na stòrasan pearsanta aice/aige fhèin, ach a-mhàin far a bheil am ball air a bhith dearmadach.	purported execution of his or her Board function, save where the member has acted recklessly.
	A’ cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean	**Suspension and amendments of Standing Orders**
65	Dh’fhaodte gun tèid na Gnàth-riaghailtean seo atharrachadh, ais-ghairm no gun tèid cuir riutha le Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a-mhàin agus dh'fheumadh atharrachadh sam bith den t-seòrsa seo aonta fhaighinn bhon mhòr-chuid de na buill a tha an làthair aig coinneamh.	These Standing Orders may be varied, revoked or added to by only Bòrd na Gàidhlig’s Board itself and any such alterations will require the consent of the majority of members present at a meeting.
66	Feumar comharrachadh aig a’ choinneimh mu dheireadh den bhòrd-stiùiridh gu bheilear an dùil moladh gun tèid na gnàth-riaghailtean atharrachadh. A dh’aindeoin seo, chan fhaodar Gnàth-riaghailt sam bith atharrachadh no a chur dhan dàrna taobh mas e is gun rachadh seo an aghaidh ullachadh reachdail no stiùireadh sam bith bho Mhinistearan na h-Alba.	Notice of the intention to bring forward proposed amendments to standing orders must be signified at the previous board meeting. Notwithstanding this provision, no Standing Order may be suspended or amended where this would contravene any statutory provision or direction made by Scottish Ministers.

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.4

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	13.4

Tiotal a' Phàipeir	Buaidh Treànaidh aig BnG	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	18/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Buaidh Trèanaidh	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Bhòrd-stiùiridh mun bhuaidh a th' air a bhith aig trèanadh is leasachadh air a' bhuidhinn tro 19/20
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha an aithisg a' toirt seachad fiosrachadh air cùisean àbhaisteach aig buidheann sam bith – na toraidhean is a' bhuaidh a tha a' tighinn às an treànadh is leasachadh a chaidh a dhèanamh.
2.2	Tha gnìomh sa phlana leasachaidh gum bu chòir dhan Bhòrd-stiùiridh aithisg mionaideach fhaighinn air trèanadh. Tha siostaman againn agus tha leudachadh a dhith gus am biodh iad aig an ìre a bhiodh a dhìth gus sin a dhèanamh. Am bliadhna-sa bha adhartas anns na siostaman seo is thathar an dùil gun tèid barrachd a dhèanamh a thaobh dàta is àireamhan a bharrachd air buaidh is toraidhean.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha iomradh air dòighean-lìbhreagadh trèanaidh is leasachaidh agus air na cuspairean as motha a chaidh a dhèanamh tron bhliadhna.
3.2	Tha fiosrachadh ann mu na ro-innleachdan, poileasaidhean is siostaman agus chaidh measadh a dhèanamh orra leis an luchd in-sgrùdaidh, Wylie Bissett, agus bha an aithisg, Measadh Coileanadh (luchd-obrach), aig ìre math, leis na 4 molaidhean airson adhartais a chaidh a chur an gnìomh mar-thà.
3.3	Tha siostam air-loidhne People HR aig a' bhuidhinn is thèid sin a chleachdadh ann an dòighean eadar-dhealaichte gus na siostaman airson cruthachadh dàta a neartachadh.
4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.4

5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhais ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Cha bhi buaidh a bharrachd air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Bidh an aithisg seo a' neartachadh nan siostaman trèanaidh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Oigridh	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	-
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	-
5.7	**Buaidhean Laghail**
	-
5.8	**Buaidhean air Co-ionannas**
	-

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.4 PT1

Buaidh trèanaidh aig Bòrd na Gàidhlig 19/20

1. Inntrigeadh

Ann am bliadhna 19/20 chaidh pròg̀ram trèanaidh is leasachaidh a libhrigeadh do bhuill a' bhùird-stiùiridh is do luchd-obrach. Sa phàipear seo, tha iomradh air na buaidh farsaing a fhuair a' bhuidheann bho chosg ùine is airgead air iomadh gnìomhan co-cheangailte ri leasachadh na buidhne.

2. Siostaman

Tron bhliadhna, chaidh siostaman ùra a chur air bhonn agus siostaman a bh' againn a' neartachadh gus am biodh e nas fhasa feumalachdan trèanaidh is leasachaidh aithneachadh, coileanadh agus measadh.

'S e na prìomh ro-innleachdan, poileasaidhean is siostaman:

- Ro-innleachd airson ar Daoine
- Poileasaidh Ionnsachaidh is Leasachaidh
- Poileasaidh airson Measadh Coileanaidh
- Planaichean Obrach Pearsanta
- Plana Trèanaidh
- Foirm Measaidh as dèidh Trèanaidh

Chaidh measadh a dhèanamh air cuid den siostaman seo le luchd in-sgrùdaidh ann am Màrt 2020 is bha 4 molaidhean aca airson leasachaidhean a dhèanamh. Bidh obair leasachaidh a' cumail a dhol gus na siostaman sin a neartachadh ann an 20/21.

3. Seòrsa trèanadh a thèid a chleachdadh

Tha sinn a' cleachdadh iomadh modh lìbhrigidh gus trèanadh is leasachadh a libhrigeadh sa bhuidhinn. Nam measg, tha na leanas:

- Cùrsaichean (goirid is fada-ùine)
- Preantasachd
- Bùithtean-obrach
- Làthaireachd aig coinneamhan
- *Mentors*
- *Coaching*
- Co-obrachadh le oifigearan/buidhnean eile
- Co-labhairtean (aig BnG is aig buidhnean eile)
- Goireasan air loidhne
- Ionnsachadh air am fèin-stiùireadh

4. Fòcas trèanaidh is leasachaidh

Thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad tha fòcas trèanaidh foirmeil air a bhith air leasachadh riaghlaidh sa bhuidhinn. Bha seo a' tachairt aig ìre a' bhùird-stiùiridh is sgioba stiùiridh. Chaidh seo a dhèanamh tro chùrsaichean air cuspairean sònraichte (eg. ùidhean is Còd Ghiùlain agus SPFM) agus pròg̀ram leasachadh àrd-mhanaidsearan air a ruith le luchd-comhairleachaidh, Harvey McMillan.

Tha pròg̀ram leasachaidh neo-fhoirmeil air a bhith a' ruith, le seiseanan air cuspairean eadar-dhealaichte co-cheangailte ri obair Bhòrd na Gàidhlig, poileasaidhean ba buidhne, dleastanasan reachdail, sgilean Gàidhlig agus teicneolas is siostaman a tha sinn a' cleachdadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.4 PT1

Tha tòrr leasachadh proifeasanta leantainneach a' dol sa bhuidheann a tha stèidhichte air ionnsachadh bho dhaoine eile sa bhuidhinn agus a bhith an làthair aig coinneamhan no co-labhairtean.

5. Buaidh trèanadh is leasachadh

Tha a' bhuidheann air iomadh buannachd fhaighinn às a' phrògram leasachaidh a thachair sa bhliadhna a chaidh seachad.

Tha trì ìrean far a bheil buaidh ri fhaicinn:

- Thairis na buidhne air fad
- Ann an sgiobaidhean
- Fa-leth

Tha a' bhuidheann air tòrr atharrachaidhean a chur an gnìomh sa bhliadhna a chaidh seachad (faic BnG-01-2021-13.1) agus bha trèanadh is leasachadh deatamach gum biodh e comasach na h-atharrachaidhean seo a dhèanamh. Aig àrd-ìre, tha adhartas air a bhith ann ann an sgilean, eòlas is misneachd aig buill is oifigearan ann am Bòrd na Gàidhlig.

Tha prògram atharrachaidh a' dol air adhart is tha an t-ionnsachadh tron bhliadhna a' ciallachadh gu bheil sin a' tachairt; chan eil seo ag ràdh nach eil rudan ann a dh'fhaodadh a bhith air a dhèanamh na b' fheàrr ach tha seo a' cur ri ionnsachadh is leasachadh.

Tha barrachd obair-thar-sgiobaidhean a' dol a-nise, a tha a' ciallachadh gu bheil a' bhuidheann nas comasaich, nas eòlaiche agus nas èifeachdach ann an libhrigeadh nan dleastanasan againn. Bha taic ann airson seo a chur an gnìomh tro dhaoine ag ionnsachadh bho chàch sa bhuidheann agus cuideachd, dèonach taic a thoirt do dhaoine eile a thaobh eòlais is sgilean a th' aca.

Aig ìre pragtaigeach, bha na sgilean is eòlas a fhuair buill is luchd-obrach tron bhliadhna a' cur taic ri gluasad bhon a bhith stèidhichte sna h-oifisean againn gus a bhith comasach a bhith ag obair bhon taigh agus an obair againn a chumail a' dol, le iomairtean eadar-dhealaichte a chur air dòigh sna dà mhìos a chaidh seachad. Tha prògram riaghlaidh a' ruith mar bu chòir, le coinneamhan a' bhùird-stiùiridh is comataidhean agus sgioba stiùiridh a' dol a-rèir a' chlàir againn.

Cuideachd, bha na sgilean seo a' ciallachadh gun robh e comasach dhuinn co-labhairt luchd-obrach dà latha a chumail sa Ghiblean, le gach neach a' gabhail pàirt agus a' cur ris an ionnsachadh is leasachadh a chaidh a libhrigeadh tron phrògram sin. Chaidh seisean a chumail air neartachadh slàinte inntinn, cuspair air leth cudromach anns an suidheachadh seo.

Tha am preantasachd a' cur taic ri '*succession planning*' agus agus a' toirt cothrom ann siostaman ùra is dòighean-smaoineachaidh ùra a thoirt a-steach dhan bhuidheann. Tha seo a' cur ri leasachadh siostaman is sgilean aig daoine eile sa sgioba, a' ciallachadh barrachd èifeachdas ann an dòighean-obrach.

6. Na h-ath ceumannan

Tha e soilleir gun deach tòrr trèanadh is leasachadh a chur an gnìomh ann an 19/20 is gun deach siostaman a chur air dòigh airson neartachadh cultar leasachaidh sa bhuidhinn. Ann an 20/21 tha obair air thòiseachadh, is thèid barrachd a dhèanamh, gus na siostaman sin a neartachadh agus a dhèanamh nas èifeachdach.

Seisean Dùinte
Cuspair 13.5

A' freagairt ri	Coinneamh a Bhùird Stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	21/04/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	13.5

Tiotal a' Phàipeir	Slàinte, Sàbhailteachd agus Sùnnd	
Moladh do Bhuill	Airson aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	12/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Aithisg Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Chomataidh air slàinte is sàbhailteachd aig Bòrd na Gàidhlig.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha dleastanas air buill a' bhùird-stiùiridh a dhearbhadh gu tèid a h-uile oidhirp a dhèanmh gus dìon a thoirt dhan luchd-obrach tro phoileasaidh is siostaman airson slàinte is sàbhailteachd aig an ìre as àirde.
2.2	Chaidh poileasaidh ùr aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh san t-Sultain 2019. Tha a' bhuidheann a' cleachdadh companaidh Peninsula gus taic a chumail rithe airson nan dleastanasan seo a choileanadh.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Cha robh tubaist aig ìre 'reportable' aig BnG ann an 19/20.
3.2	Cha deach tubaist sam bith a chlàradh san leabhar a tha sinn a' cumail airson tubaistean cho fad 's a tha fios againn. (Leis nach eil sinn san oifis far a bheil an leabhar, cha b' urrainn dhuinn sin a dhearbhadh ach chan eil cuimhne aig Manaidsear na h-Oifis a tha os cionn slàinte is sàbhailteachd no aig a' Cheannard air tubaist san leabhar.)
3.3	Tron bhliadhna 19/20, chuir a' bhuidheann fòcas air slàinte-inntinn. Gus taic a chumail ris an sgioba, uair sam bith a bhios teachdaireachd doirbh a' dol a mach, bidh iomradh air taic bho sgioba HR no bhon t-seirbheis taice againn, Health Assured. A bharrachd air sin, chaidh seirbhis a bharrachd a thrusadh le Highland Trauma Services gus taic a chumail, gu dìomhair, do dhuine sam bith air an robh dragh mu aithisg Deloitte a chaidh a chur air bhog agus mu atharrachaidhean sa bhuidheann. Ruith Highland Trauma Services seisean leasachaidh leis an sgioba air 14mh Faoilleach 2020 is tha dithis a' cleachdadh na seirbhis aca.

Seisean Dùinte
Cuspair13.5

3.4	Tron bhliadhna a bharrachd air poileasaidh slàinte is sàbhailteachd, chaidh na poileasaidhean co-cheangailte ri slàinte is sàbhailteachd a leanas aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh: • Poileasaidh airson Droch Aimsir • Poileasaidh mu bhith a' cleachdadh post-d is an eadar-lìn • Poileasaidh Obair Aonair
3.5	COVID-19 Ged a thachair seo às dèidh deireadh na bliadhna 19/20, tha e iomchaidh iomradh a thoirt air an obair a tha a' dol an-dràsta gus dèiligeadh ris an t-suidheachadh far a bheil a h-uile neach-obrach ag obair bhon taigh. Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gun robh e deatamach gum biodh an sgioba air fad ag obair bhon taigh Dimàirt 24mh Màrt 2020. Thòisich sin an ath latha. On uair sin, tha a' bhuidheann air a bhith trang le taic eadar-dhealaichte gus slàinte is sàbhailteachd dhaoine a dhìon. 'S e iad seo na gnìomhan: • Stiùireadh – a' cleachdadh stiùireadh bhon Riaghaltas agus NHSInform; • Conaltradh cunbhalach – an dà chuid, foirmeil – m.e. Dè tha Dol gach seachdain, pasgan sònraichte air SharePoint le fios, co-labhairt luchd-obrach - is neo-fhoirmeil – Cupa Tì còmhla dà thuras gach seachdain; • Taic le uidheamachd, m.e sgrìon mhòr, luch shònraichte, lumbar support; • Taic le measadh a bheil daoine ag obair gu sàbhailte (posture, is msaa.) • Taic le slàinte inntinn – fiosrachadh air goireasan taic, m.e. https://www.mind.org.uk/information-support/coronavirus/ agus trèanadh (webinar aig HealthAssured deatamach airson a h-uile duine); seisean eile bho Highland Trauma Services ann an cola-deug; • Stiùireadh a thaobh sùbailteachd ann an uairean-obrach agus a' cleachdadh poileasaidh fòrladh sònraichte. Ma mhaireas an suidheachadh far a bheil a h-uile duine ag obair bhon taigh barrachd is 6 seachdainean, thèid measadh a dhèaanamh a-rithist air dòighean eadar-dhealaichte gus a h-uile duine a chumail sàbhailte.
4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fiosrachadh sa phàipear seo. Aonta a thoirt don phàipear.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Bidh buaidh air ionmhas le ceannachd uidheamachd is taic a bharrachd is thèid clàr a chumail air dè chaidh a chosg air sgath Covid-19. Tha na cosgaisean eile sa bhuidseat co-dhiù.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Leis na ceumannan a tha air an gabhail, thathar an dòchas gum bi deagh bhuaidh air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Tha na ceumannan seo a' toirt buaidh air trèanadh.

Seisean Dùinte
Cuspair 13.5

5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☐		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Mur robh a' bhuidheann a' dèanamh na h-obrach seo, thigeadh droch chliù air a' bhuidhinn.
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Iomradh sa phàipear
5.7	**Buaidhean Laghail**
	Tron obair seo, tha a' bhuidheann a' cumail ris an lagh.
5.8	**Buaidhean air Co-ionannas**
	-

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.6

Report to	Bòrd na Gàidhlig Board Meeting
Meeting Date	26/05 /2020
Location:	Online
Agenda Item No.	13.6

Title of Paper	Data Protection Officer – Introduction	
Recommendation to Members	For Information	
Presented by:	Liz Taylor, Tkm Consulting	
Governance Route for Report	**Meeting Date**	**Report classification**
Appendix Attached		

1.0	**Purpose**
1.1	The purpose of this paper is to provide the board with a brief introduction to Bòrd na Gàidhlig's newly appointed Data Protection Officer (DPO), a service being provided by Tkm Consulting (Tkm).
2.0	**Background**
2.1	Under data protection law (the General Data Protection Regulation (GDPR)), Bòrd na Gàidhlig is legally required to appoint a DPO as it is a public sector organisation, and this role is required to report into the board. This paper introduces the role and outlines the reporting the board can expect at future meetings.
3.0	**Main Report/Detail**
3.1	Tkm has worked with Bòrd na Gàidhlig in some capacity since 2013 and has previously delivered an action plan to assist the organisation with preparing for the GDPR. The organisation has completed work in a number of key areas and should be in a relatively good position with regards to compliance with data protection legislation although there are likely to be some gaps that require addressing. The tasks of the DPO are prescribed by legislation. A plan of action to ensure each of the legal requirements are addressed will be developed in consultation with Bòrd na Gàidhlig's contract manager, prioritising the highest potential risks of non-compliance. Initial discussions have taken place and identified the following as potentially high priority areas: • Defining the various roles with accountability for data protection compliance as well as essential components of compliance such as information security; • A data protection training programme that reflects the various competency requirements across the organisation. This will include training for the board and is likely to be integrated with records management training for the majority of staff. One area that is a priority to cover are the practical requirements for breach reporting and work will begin on this over the next couple of months; • A programme to monitor compliance with the legislation, which is required by the GDPR and requires to be implemented; • A review of contractual documentation to ensure the necessary data processing agreements are in place with any supplier processing personal data on Bòrd na Gàidhlig's behalf; • Retention of information. Although retention schedules were agreed some time ago, they have yet to be implemented within SharePoint. This is discussed in the paragraph below.

3.2 In addition to providing DPO services, Tkm is also assisting with records management and freedom of information compliance. A major project is currently being delivered that will substantially improve a number of information governance issues within SharePoint including the retention of information. Work remains ongoing on this project although has been delayed due to the current working situation. It is anticipated that the project will be complete by the end of the year. Bòrd na Gàidhlig's publication scheme (required by FOI legislation) is currently being updated and it is envisaged this will be published by the end of May 20.

3.3 It is intended to report to the board 3 times per year with at least one of those reports being with the DPO in attendance at the meeting. The DPO is planning to provide training to the board at the earliest opportunity although this is likely benefit from face to face delivery.
Future reports will provide:

- A summary of the action plan and progress with high priority tasks;
- Information about any personal data breaches or complaints in the preceding period;
- Any other significant compliance matters that should be brought to the attention of the board.

4.0 Recommendation

4.1 The board are asked to note the contents of this paper. Feedback or comments on any part of the paper including the proposals for updating the board in the future are welcome.

5.0 Key Strategic Implications

5.1 Financial Implications
There are currently not thought to be any significant financial implications of compliance although a budget is likely to be required for training provision.

5.2 Personnel Implications
There are no specific personnel implications although it should be noted that the SharePoint project will continue to require significant input from staff.

5.3 Training Implications
Training implications have been detailed above. A proposed training programme will be presented at the next board meeting.

5.4 Links to Strategic and Corporate aims
Aim 4: That Bòrd na Gàidhlig continues to develop the way it works.

5.5 Links to National Performance Framework

Purpose		Our Values	
Focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to prosper by contributing to wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth		We are an organisation that treats our people with kindness, respect and compassion, respects the rule of law, and operates in an open and transparent way	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Human Rights	☒	Children	☐
Culture	☐	Community	☐
Environment	☐	Poverty	☐
Health	☐	International	☐
Education	☐	Economy	☐
Successful and innovative businesses			☒

5.6 Reputational Implications
No current reputational risks that require reporting to the board have been identified.

5.7 Health & Safety Implications
N/A

5.8 Legal Implications

	It is possible that there are current non-compliance risks for data protection although there are not thought to be any high risk issues. The legal implications arising from data protection risks will be discussed in more detail in a future paper.
5.9	**Equalities Implications** N/A

Seisean Fosgailte
Cuspair 14.0

A' freagairt ri	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	26/05/2020
Àite:	Air loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	14.0

Tiotal a' Phàipeir	Plana Obrach a' Bhùird Stiùiridh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	13/05/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- Eàrr-ràdh 1 – Plana Obrach a' Bhùird Stiùiridh	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Is e adhbhar na h-aithisge seo plana obrach a thoirt dhan Bhòrd Stiùiridh a tha a' mìneachadh nam prìomh nithean air am feumar beachdachadh mar phàirt den chlàr-obrach airson na bliadhna.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha e cudromach gum bi plana obrach aontaichte aig a' Bhòrd Stiùiridh airson na bliadhna air thoiseach. Thèid sùil a chumail air a' phlana obrach tron bhliadhna.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air a' phlana obrach an cois seo agus aontachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an fheachd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Amas Corporra: 4 Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Buaidhean air Cliù**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air cliù na buidhne.
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.7	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.8	**Buaidhean air Co-ionannanachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 14

AM BÒRD STIÙIRIDH AIG BÒRD NA GÀIDHLIG
Plana Obrach 2020/21 (Dreachd 30/04/2020)

BÒRD NA GÀIDHLIG BOARD
Work Plan 2020/21 (Draft 30/04/2020)

		MÌOS - MONTH	02 2020	03 2020	04 2020	05 2020	06 2020	07 2020	08 2020	09 2020	10 2020	11 2020	12 2020	01 2021	02 2021	03 2021
		Ceann-latha Coinneamh a' Bhùird – Board Meeting Date	**26**			**26**				**23**			**02**		**24**	
A h-uile Coinneamh Puingean Stèidhichte **All meetings Standing Items**	Cùisean Tòiseachaidh / Fàilte	Introduction / Welcome	√			√				√			√		√	
	Geàrr-chunntas na Coinneimh mu Dheireadh	Minute of Previous Meeting	√			√				√			√		√	
	Clàr Ghnìomhan	Action Log	√			√				√			√		√	
	Aithisg Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh	Improvement Plan Steering Group	√			√				√			√		√	
	Aithisg air Plana Gnìomh	Operational Plan Progress Report	√			√				√			√		√	
	Aithisg Ionmhais	Finance Report	√			√				√			√		√	
	Clàran Mi-chìnntean	Risk Management	√			√				√			√		√	
	Geàrr-chunntasan nan comataidhean is a' bhuidheann obrach	Committee and Working Group Minutes	√			√				√			√		√	
	Aithisg a Cheannard	CEO Report	√			√				√			√		√	
	Sùil air a Phlana Obrach	Workplan Review														
Prìomhachasan Ro-innleachdail **Strategic Priorities**	Plana Corporra	Corporate Plan											√		√	
	Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig	National Gaelic Language Plan								√			√		√	
	Adhartas nas Luaithe	Faster Rate of Progress				√				√			√		√	
Puingean Cunbhalach Bliadhnail **Annual Cyclical Items**	Plana Gnìomh	Operational Plan	√													
	Buidseat na Bliadhna	Annual Budget	√													
	Plana Ionmhais airson Teirm Meadhanach	Mid-term Financial Plan	√			√										
	Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan	Annual Report & Accounts	√							√						
	Aithisg an Luchd-Sgrùdaidh on Taobh a Muigh	External Audit Reporting								√						
	Aithisg Oifigear nan Inbhean	Standards Officer Report	√													
	Aithisg Luchd-obrach	Staffing Report				√										
	Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd	Health & Safety Report				√										
	Èifeachdas a' Bhòrd-stiùiridh	Review of board effectiveness				√										
	Plana Luchd-obrach	Workforce Plan	√													
	Plana trèanaidh	Training Plan	√													
	Aithisg Adhartais air a' Phlana Leasachaidh	Progress Report on Improvement Plan	√													
	Pròg̀ram coinneamhan a' bhòrd-stiùiridh	Calendar of board & committee meetings											√			
	Fosgailteachd	Openness & transparency	√													
	Maoineachadh nam Buidhnean Gàidhlig	Funding Gaelic Organisations	√													
	Aithisg air Planaichean Gàidhlig	Gaelic Language Plans Report				√										
Puingean Ad Hoc																